

[C 1]

[Blank]

[C 2]

[Blank]

[C 3]

<eng>DAIN IAIN GHOBHA.

Morison's Poems.

George Henderson

VOL. II.  
1896

A. SINCLAIR,  
GLASGOW.

[DA 1]

[Blank]

[DA 2]

[Blank]

[DA 3]

DAIN IAIN GHOBHA:  
THE POEMS OF  
JOHN MORISON.

Collected and edited with a Memoir  
BY  
GEORGE HENDERSON,  
M.A. Edin., Ph. Doc. Vienna,  
Honorary Scholar of Jesus College, Oxford.

VOL. II.

GLASGOW:  
ARCHIBALD SINCLAIR, 10 BOTHWELL STREET  
EDINBURGH:  
NORMAN MACLEOD, THE MOUND.

MDCCCXCVI.

[DA 4]

ARCHIBALD SINCLAIR,

PRINTER AND PUBLISHER,  
CELTIC PRESS, GLASGOW.

[DA 5]

AN CLÀR.

TAOBH

Am Fear Nuadh-Pòsda,

A' Mhisg,<sup>1</sup>

17

Seisean Shrannna,

An Sgiobaireachd,<sup>24</sup>

33

Am Mellenium,

38

Marbhrann Do Dhomhnall Munro,

61

Fonn Air Domhull Munro,

84

Am Focal,

87

Tàladh,

93

Dàn,

98

Bruaidlean,

101

Sochairean Sluagh Dhé,

116

Comhradh, Earrann I,

129

Comhradh, Earrann II,

147

Seboa,

171

[DA 6]

An Daoi agus An Saoi, Earrann I,	194
An Daoi agus An Saoi, Earrann II,	211
An Daoi agus An Saoi, Earrann III,	229
Fodh Champar, Earrann I,	
248	
Fodh Champar, Earrann II,	264
Fodh Champar, Earrann III,	
273	
Marbhrann Do Mhairi Morison,	283
Buanaichean Bhòais,	
287	
Do'n Mhisg,	290
Tàladh,	
	299
Oran Aoiridh,	
	301
Luinneag,	
	303
Cumha le Mac-Ill-Ios',	
305	
Cliù Iain Ghobha,	
	316
ANN AM BEURLA.	
Introduction,	
	i-xlvi
Loan-Words,	
	323
Glossary,	
	328
Dialect,	
	348

[Intro 1-46]

INTRODUCTION.

[Beurla]

[TD 1]

<gai>AM FEAR NUADH POSDA.

"Agus a ta an Spiorad agus a' bhean nuadh-phòsda ag ràdh, Thig. Agus abradh an ti a chluinneas, Thig. Agus an neach air a bheil tart thigeadh e. Agus ge b'e neach leis an àill, gabhadh e uisge na beatha, gu saor."—Taisb. Eoin xxii. 17.

I.

O Israel ghràsmhoir!  
Cè co sona s a ta thu  
An uair a fhuair thu 'm bann gràidh ri  
t' Fhear Pòsd.

II.

An uair bu mharbh thu na t' euceirt  
Us boladh searbh bha ro bhreun dhiot,  
Cha do thearbadh uat deadh ghean  
t' Fhir Pòsd.

III.

Thug am peacadh dhiot iomhaigh  
Na fior naomhachd chuir Dia ort,  
Cha do mhill siud gràdh siorruidh  
t' Fhir Pòsd.

[TD 2]

IV.

Thug do thoillteanas sios thu  
Chum na h-ifrinn is iochdraich,  
Ach o ghlòir chaidh ga d' iarruidh  
t' Fhear Pòsd.

V.

An uair bu mharbh ann san uaigh thu  
Fodh na bhàs s tu lan truailleachd,  
Shil na deoiribh o ghruidhibh  
t' Fhir Pòsd.

VI.

Cha robh aon ann san uair sin  
Riut a mhaothaich gu t' fhuasgladh  
Chum do shaoradh o'n uaigh ach  
t' Fhear Pòsd.

VII.

Cha b'e t' fhireantachd fhior-ghlan-s'  
A chuir sgaile no dion ort,  
Ach bhi 'n co-cheangal siorruidh  
t' Fhir Pòsd.

VIII.

An uair thug bàs uaith air falbh thu,  
Mar fo fhòidibh na talmhainn,  
B'e t' fhear ghairm o na mairbhibh  
t' Fhear Pòsd.

[TD 3]

IX.

An uair bu trom bha do chuibhreach,  
Thu fo shlabhruidhean druidheal  
B'e fear t' fhuasglaidh á claoideadh  
t' Fhear Pòsd

X.

Bha do bhoighre co laidir,  
Bha do chluaisibh gun chlaisneachd  
Gus an cuail thu Ephrata  
t' Fhir Pòsd.

XI.

An uair nach b' leir dhut gu amhrac  
Do chos cheum gu 'n do shèall e,  
Dh' fhosgladh d' shuilean bha dall le  
t' Fhear Pòsd.

XII.

An uair bha t' anam air fhuadrach  
Cha robh aon a thug luaigh ort  
Chum do shaoradh le truas ach  
t' Fhear Pòsd.

XIII.

An uair a thilgeadh gu truaigh thu  
Us tu na d' fhuil air do thruailleadh,  
Riut gun suil ghabhadh truas ach  
t' Fhear Pòsd.

[TD 4]

XIV.

Us tu le d' shalchar co suarach  
Co ro anabarrach fuathar  
Gu 'n do għlanadha do shnuadh le  
t' Fhear Pòsd.

XV.

San raon fhosgailt bu truagh thu  
Fo 'n éigh reòta s fo 'n fhuar dheallt,

Is e "mair beo" thuirt gu luath riut  
t' Fhear Pòsd.

XVI.

Us tu na d' shalchar ga d' smàgairt  
Agus t' imleag neo-ghearrta  
Chunncas t' anam an gràdh le  
t' Fhear Pòsd.

XVII.

Thilg e sgiort ort 'cur falaich  
Air do lomnochd bha salaicht  
Us chaidh chomhdach le falluing  
t' Fhear Pòsd.

XVIII.

Le òl ungaidh do ghlanaidh  
Rinn thu sgiamhach na 'shealladh,  
Dh' fhagadh t' iomhaigh gun smal le  
t' Fhear Pòsd.

[TD 5]

XIX.

Le cur trusgainean uasal  
Ort le usgraichean luachmhor,  
Us le na seudan a fhuair bho  
t' Fhear Pòsd.

XX.

Is glormhor crùn do mhoir urraim  
Is glormhor slabhruidh do muineil  
Gach òr-ghréis ort a bhulich  
t' Fhear Pòsd.

XXI.

Nach b'e 'n t-ioghnadh mar tharladh  
Nach do dh' fhuardaich a ghradh dhut,  
An uair a rinn thu mor thair air  
t' Fhear Pòsd?

XXII.

Le do neo-ghlain mhì-naireich  
Ris gach coigreach a b' àill leat,  
Ga do thruailleadh le grain do  
t' Fhear Pòsd.

XXIII.

Us nach do dh' adhlaic am bàs thu  
Thaobh do pheacaidh ro ghraineil  
Mach gu siorruidh bho lathair  
t' Fhir Pòsd.

[TD 6]

XXIV.

An uair a thruaill s a mhi ghnathaich  
Thu ri d' leannain gu dàna  
Seudan riomhach us àillidh  
t' Fhir Pòsd.

XXV.

Nach b'e 'n t-ioghnadh gu'n cluinnt uaith  
An ath-ghairm gu do philltinn  
Dh' ionnsuidh caidreimh ro choimhneil  
t' Fhir Pòsd?

XXVI.

An deigh do pheacaidh ro shalaich  
Ris co lionmhор do leannain  
Bhi ga d' ghairm s e 'm bann-ceangail  
riut Pòsd.

XXVII.

Ged bu truagh ann san àm sin  
Do chor uaimhais cùl-sleamhnach  
B'e t' fhear-fuasglaidh bho t' aingeachd  
t' Fhear Pòsd.

XXVIII.

An uair a chual thu 'ghuth drùidhteach  
Bha do chuibhrichean dubailt  
Tu gu truagh fo ghruaim gnuise  
t' Fhir Pòsd.

[TD 7]

XXIX.

An uair bu bhronach do charamh,  
Thu gun dochas gu tearnadh  
Dhruidh do dheoir air caomh airnibh  
t' Fhir Pòsd.

XXX.

An uair bu dhorch thu fo 'n duathar  
Cha robh aon a thug buaidh ort  
Chum do lorg ach do bhuaachaill  
t' Fhear Pòsd.

XXXI.

An uair bha 'n doinionn ga d' luasgadh,  
Us tu gun chomhfhurtachd suaimhneis  
Thainig glaodh gu do chluais bho  
t' Fhear Pòsd.

XXXII.

Thug an glaodh sin dut fuasgladh  
Chuir e'n ceill ann na thruas dhut

Gu 'm bu ghràdh bha bith bhuan dut  
t' Fhear Pòsd.

XXXIII.

Ged do ghluaisesteadh na sleibhtean  
Far am bunaitibh steighicht  
Chaoïdh nach dealaicheadh riut deadh-ghean  
t' Fhir Pòsd.

[TD 8]

XXXIV.

An deigh do philltinn s do għlanadh  
Mar agh fħior għlan gun smal ort  
No gun ghaoid an cuan fala  
t' Fhir Pòsd.

XXXV.

Cha do chuimhnich e riamh dhut  
Aon nì rinn thu chur fiamh air  
Ged bha 'n t-iomlan diubh 'm fianuis  
t' Fhir Pòsd.

XXXVI.

Cha 'n 'eil mì-chliu no sgannal  
Ort ri thilgeadh le sgallais,  
Cha 'n 'eil meang ort an sealladh  
t' Fhir Pòsd.

XXXVII.

Sheid e anail a ghaoil ort  
Rinn do naduir a chaochladh,  
A dh'ath-nuadhaich thu 'n aogais  
t' Fhir Pòsd.

XXXVIII.

Rinn do bhuadhannaibh naomha  
Dh' fhag thu 'm fuath ris gach aon ni  
Tha cur gruaim air caomh aoduinn  
t' Fhir Pòsd.

[TD 9]

XXXIX.

Is beag an t-ioghnadha a reisde  
Ged robh teangaidh do bheil-sa  
Seinn gu binn air cliu eibhinn  
t' Fhir Pòsd.

XL.

Leam cha 'n ioghnadh ged mhiannaich  
Thu le durachd s lan iarrtuis  
Gu bhi dlù ri do chiochan,  
t' Fhear Pòsd.

XLI.

Is cha'n 'eil ioghnadh gu brach ann,  
Neach thug gaol dhut cho laidir  
Ge b'e aon fhear do ghraidh-sa  
t' Fhear Pòsd.

XLII.

Cha'n 'eil ioghnadh ged theid thu  
Mach a chogadh fodh 'mheirghe,  
Tu fodh armachd s uchd-éididh  
t' Fhir Pòsd.

XLIII.

Le do chlogaid s le d' sgiath ort,  
Claidheamh faobharach giar ort,  
Inneal bhuadhach us gliasda  
t' Fhir Pòsd.

[TD 10]

XLIV.

Dhut is suarach co 'n nàmhuid  
Dheireas suas riut an gàsaid  
S tu cho cuairticht an gàirdean  
t' Fhir Pòsd.

XLV.

Cha 'n fhàth eagail no fiamh dhut  
Dol a chogadh ri diabhuil  
Is e sar cheannard do dhionaidh  
t' Fhear Pòsd.

XLVI.

Ged bhiodh naimhdean a' sealg ort  
Iad gu leir ga d' gheur leanmuinn  
Is e do dhaingneach s do thearmunn  
t' Fhear Pòsd.

XLVII.

Dh' aindeoin mì-run a mhillteir  
G iarraidh fàth chum do chìbidh  
Is e do thearuinteachd chinnteach  
t' Fhear Pòsd.

XLVIII.

Cha 'n fhàth iomaguin dhut deamhnaibh  
Bhi mu d' thimchioll le gamglas,  
Iad gu h-iomlan fo cheannsal  
t' Fhir Pòsd.

[TD 11]

XLIX.

An àm a chogaidh s na blàraibh,  
Ged do reubt thu gu craiteach  
Cha bhi creuchd ort nach slanuich  
t' Fhear Pòsd.

L.

Ged bhiodh Satan ga d' bhreabadh  
Ris an làthair gu do leagadh,  
Innis dha gur a treasa  
t' Fhear Pòsd.

LI.

An àm seisididh nan garbh chath,  
Ged do dh' fheuch ead ri d' mharbhadh  
Laidir treun gu do theanc-s' tha  
t' Fhear Pòsd.

LII.

Is diamhain innleachd a dhealbhadh  
Gu do chlaoïdh no 'sgrios d' anma,  
Ghabhadh greim dhiot ro dhearbh le  
t' Fhear Pòsd.

LIII.

An àm gach cruaidh chàs us teanntachd  
Thig mu 'n cuairt air gach laimh ort  
Tilg-sa t' uallach gu teann air  
t' Fhear Pòsd.

[TD 12]

LIV.

Ged do chuariteachadh feachd thu  
Mhilltean sluagh gu cur ás dut,  
Is e fear iomachair na brataich  
t' Fhear Pòsd.

LV.

Ged bhiodh naimhdean mi-runaiich  
Ga do chlaoïdh chum do spuilleadh,  
Is leoир dhoibh priobadh na sùl' bho  
t' Fhear Pòsd.

LVI.

Ged bheuc fairge gu h-atmhor  
Agus stoirm le cloich shneachd ort  
Tha gach gaillionn fo smachd aig  
t' Fhear Pòsd.

LVII.

Ged do thilgt thu 'san lathaich  
Chum do shalachadh gu graineil,  
Ionnlad t' anam thig do ghnàth bho  
t' Fhear Pòsd.

LVIII.

Ged do thuit thu chion tàbhachd  
Chor s gun bhristeadh do chnamhan,  
Tha sàr ioc-shlaint gu d' shlaint aig  
t' Fhear Pòsd.

[TD 13]

LIX.

Ged do thilgeadh do chairdean  
Thu gu dimeas le taire  
Is caraid s dluithe no brathair  
t' Fhear Pòsd.

LX.

Ged nach gabhadh riut Abraham  
Ged do dhiult' thu le Iacob,  
Gidheadh 's aon nach dian tair ort  
t' Fhear Pòsd.

LXI.

Ged do dhìteadh gu bas thu  
Thig thu 'n uachdar gu sabhailt  
Thugadh buaidh air a bhàs le  
t' Fhear Pòsd.

LXII.

Cha 'n eil truaigh thig am faisg ort  
Cha 'n 'eil truailleachd a gleachd riut  
Tha 'cur gruaim ort nach caisg dhioit  
t' Fhear Pòsd.

LXIII.

Cha 'n 'eil buaireadh 'tha stri riut  
Tha cur tuairgnidh air t' inntinn,  
Casg do shuaimhneis, nach pill uat  
t' Fhear Pòsd.

[TD 14]

LXIV.

Cha 'n 'eil luasgadh no mi-ghean  
Milleadh suaimhneis do chrìdh' ort,  
Nach teid fhuadhach le firinn  
t' Fhir Pòsd.

LXV.

Cha 'n 'eil cluainteachd no draothachd  
Thig mu'n cuairt o'n droch aon ort  
A bheir buaidh ort s tu d' aon ri  
t' Fhear Pòsd.

LXVI.

Ged thig ceo agus oidhche ort  
Agus neoil air bheag foillse,  
Is e do lochran ro shoillseach  
t' Fhear Pòsd.

LXVII.

An àm na goirte s a' ghanntair  
Cha bhidh càs ort tre ambeairt,  
Bidh tu sasuicht le saibhreas  
t' Fhir Pòsd.

LXVIII.

Ged thig teinn agus airc ort,  
Saighdean teinnteach ro sgaiteach  
Bithidh mar dhidean dhut bratach  
Fhir Pòsd.

[TD 15]

LXIX.

Ged thig freasdalan fiar ort  
Na biodh geilt ort no fiamh romh  
Tha gach aon diubh fo riaghladh  
t' Fhir Pòsd.

LXX.

Ged thig deuchannaibh s dripibh  
Chum do dhearbhadh gu tric ort,  
Cha 'n 'eil sìon diu' 'n an-fhios do  
t' Fhear Pòsd.

LXXI.

Ged robh dorchadas dultaiddh  
Agus neultaibh tiugh dlu ort  
Cha chur stoirm ort gun stiùir aig  
t' Fhear Pòsd.

LXXII.

Ged robh iomaguin s mor chùmhrach  
Ort cha chaill thu do chursa  
Tha sar chompaisd s cairt iùil aig  
t' Fhear Pòsd.

LXXIII.

C'è craiteach s tha t' acain  
Fo gheur amhghair s trom airsneil,  
Bidh tu sabhailt fo bhrataich  
t' Fhir Pòsd.

[TD 16]

LXXIV.

C'è co mor s tha do laige  
Dh' easbhuaidh treoir agus neart ort

Bidh tu treunmhòr an taic ri  
t' Fhear Pòsd.

LXXV.

Cha bhidh càil ort a dh' easbhuidh  
Dh' aindeoin failing no leth-trom  
Oir tha lanachd gun teirc aig  
t' Fhear Pòsd.

LXXVI.

Ciod an t-amhluadh nì eis dut  
An car anama na creubhaig,  
Cumhachd talmhainn us neamh aig  
t' Fhear Pòsd.

LXXVII.

An sgolb tha 'd' fheoil ged is geur ort,  
Teachdair Shatan ga d' leireadh,  
Is leoир dhut gras us neart treunmhòr  
t' Fhir Pòsd.

[TD 17]

A' MHISG.

[Stabh ciùil]

I.

NA measaibh mo dhàn duibh, a chàirdean mo ghaoil,  
A mhàin na 'sgath-bhàrdachd-tha gràdh ann d' 'ur taobh;  
Is e cuspair mo chàinidh a' phlàigh sin nach caomh,  
A' mhisg 'thug sgrios-aoig air mó-r-shluagh.

FONN-A chuideachd mo ghaoil, nach pill sibh bho 'n òl?  
A chuideachd mo ghaoil, nach pill sibh bho 'n òl?  
O 'chuideachd mo ghaoil, nach pill sibh bho 'n òl,  
Mu 'n sgrios e gu bròn fadheòidh sibh?

[TD 18]

II.

An olc leibh mi 'chàineadh bhur nàmhaid ro gheur,  
Thug masl' air mor-àireamh s a dh' fhàg iad an éis,  
De dh' anmaibh neo-bhàsmhor 'rinn tràillean fodh stéill,  
Gu ifrinn na péin ga 'n seòladh!  
A chuideachd, &c.

III.

Bhi pòit air deoch làidir 's ni gràineil gu dearbh,  
Is droch innleachd a ghnàth e 'rinn Sàtan a dhealbh;  
Tha mallachd an tàth ris 'bheir bàs agus searg  
Air cuirp us air anmaibh còmhlaadh.  
A chuideachd, &c.

IV.

Tha sean-fhacal gnathaicht ag radhtinn o'n tus  
Gu 'n ruisgear am braighe gu sàth 'tho'airt do'n bhrù,  
Ach a mhisg cha to'air àrach do chàil ach do'n ghruid  
S do mhiannaibh tha bruideil feolmhor.  
A chuideachd, &c.

V.

Is iomadh teaghach a dh' fhàg i 'n cruidh-chàs s am mi-rian  
Us mnathan g' an cràdh an ceann phàisdean gun chiall,  
Ag glaodhaich s a' rànaich gu h-àrd s iad gun bhiadh,  
Gun aodach gu 'm bian a chòmhdach.  
A chuideachd, &c.

[TD 19]

VI.

Mhill a' mhisg ort do bhiùthas s do chliù chuir mu lär;  
Dh' fhàg i creacht agus spùillt thu gun iunntas gun tàin,  
Mheall i riamh thu le 'sùgradh, gu 'n d' lub thu d' a càil,  
Us dh' fhag i do 'n ghràisg na d' spòrs thu.  
A chuideachd, &c.

VII.

Is i mhill ort do reusan s troimh' chéil' chuir na d' cheann,  
Mar bhrùid air bheag céille s le déistinneachd cainnt;  
Bidh riasladh air Beurla s "De'il take ye" s "God damn,"  
Bidh tric air gach ceann de d' chòmhradh.  
A chuideachd, &c.

VIII.

An trioblaid gu luath theid air ghluasad san rùm  
Theid pogan gu tuasaid; paisg suas a phiob chiùil  
Bithidh gairm air an uamhas, bithidh spuaic fodh gach suil  
Ga 'm bualadh le lùths nan dornaibh.  
A chuideachd, &c.

IX.

Dh' fhag i gràineil na d' luids' thu ga d' luidreadh 's a' pholl,  
Do chorp le 'shàr chudthrom a' tuiteam gu tràm,  
Gun taobh 'bheir thu ruiseadh nach tuislich do bhonn,  
Us lärach do dhròm' 's gach lònán.  
A chuideachd, &c.

[TD 20]

X.

An uair 'thig ort an tligheachd le diobhuit s le spàirn,  
Bhi air d' fhasgadh cha mhillseachd do thì ach cuis-ghràin,  
Na d' thuainealach diblidh na d' shìneadh air lär,  
Is neo-chùbhraidih le càch do bhòrlum.  
A chuideachd, &c.

XI.

Dh' fhàg i éitidh mi-sgiamhach do nial mar an t-eug,  
Mhill i d' àilleachd us d' iomhaigh s do chiall gu mi-bheus,  
Na d' sgeith ga do smiaradh s glas-ghiall air do dheud,  
Gun smid ás do bheul ach ròmhan.  
A chuideachd, &c.

XII.

Ged dh' fhaothaich thu falamh do stamag dheth 'luchd,  
Fàs-dhiobhuit riut leanaidh bheir sparraibh na d' uchd;  
Is ni neònach, mu 'n dealaich do bhach-thinneas riut,  
Na d' sgairt mur 'bi gurt le tòbairt.  
A chuideachd, &c.

XIII.

An uair 'theirgeas dhut airgiod s a dh' fhalmh'clear do phùids',  
San òsd ás an d' fhalbh thu s beag earbs' a gheibh thu,  
Theid spéis dhut air dearmad s ma ghairmeas tu drùdh,  
Bi dearbht' á taobh-cùil na còmhla.  
A chuideachd, &c.

[TD 21]

XIV.

Is e siud a dh' fhàg àireamh cho bàrlagach lòm,  
Cho eòlach mu 'n t-snàthaid gu tàthadh nan clobhd';  
Air dath cha bhi tàire ma chàireas e toll,  
Geal, dubh, glas, no donn, ma 's clòth e.  
A chuideachd, &c.

XV.

Their thu rium nach fear-pòit thu 'chionn stòp nach do phàidh,  
S nach robh thu 'n tigh-òsd' bho chionn còrr agus ràidh,  
Ach 's fiosrach e dhomhsa gu 'n òl thu mar ràic,  
An uair 'gheibh thu deoch-sglàib air tòrradh.  
A chuideachd, &c.

XVI.

Tha peanas na misge gu tric na 'sgiort féin—  
Croit s asnaichean briste, màm-sice s cnead cléibh,  
Cinn s cruachannan liodraicht us ioscaidean léirt',  
Rinn criplich gun fheum de mhòran.  
A chuideachd, &c.

XVII.

Gheibh fear a cheud dòrn air an t-sròin s ni i leum;  
Fear s leòb ás dheth 'fheòsaig us tòcadh na 'dhréin;  
Bidh peirceall fir leòinte s car stòrach na 'dheud,  
Us 'fhalluing gu léir na 'sroicean.  
A chuideachd, &c.

[TD 22]

XVIII.

Fear s a cheann air a ghearradh s a mhal' air a ghruaidh;

Fear eile fodh 'n chamart gu h-anshocrach truagh,  
Mar 'stamp iad air 'amhaich s a' charraig ro chruaidh  
San d' thuit e na 'luairean fòdhpa.  
A chuideachd, &c.

XIX.

Is iomadh laoch a bha làidir gu bàs 'chuir i 'n null,  
A bha eòlach air snàmh, 'rinn i 'bhàthadh 's a' ghrunnd,  
A chaidil fodh 'tàladh s gu bràth nach do dhùisg,  
Gu 'n d' fhosgail e 'shùil an dòruinn.  
A chuideachd, &c.

XX.

Ge milis an cupan na 'ghrunnd tha droch dhruaip  
Tha miodal mi-runach gu dùr dhuit lan fuath,  
Mur dian i do dhùineadh an teas dumhail gun truas  
Gun bhraon do dh' uisg fuar do throcair.  
A chuideachd, &c.

XXI.

Is iomadh aon 'chuir i 'n sàs an glas-làmhan gu teann,  
A'm priosan a spàrr i s nach d' fhàg i fad' ann,  
Ach a chroch i gu h-àrd le bàs nàrach air crann,  
Le lùbach dheth 'n bhall m' a sgòrnan.  
A chuideachd, &c.

[TD 23]

XXII.

Bheir i masladh us nàir' ort a's tàireile diol  
Na 'bhi na d' cheol-gàire do 'n ghràisg fad do thriall;  
Mur pill thu troimh ghràs nì i 'm bàs 'chur na d' chliabh,  
Air d' anam bheir pian gun dòchas.  
A chuideachd, &c.

[TD 24]

SEISEAN SHRANNDA.

LUINNEAG:

S ann bhitheas mo dhàn na's déine dha  
Gach aon a dh' fhaodas eisneachd rith',  
Bhi 'g aithris le fior sgeula dhaibh  
Mu bheusaibh Sheisein Shrannda.

I.

Mus sgeadaich mi 'nur n-eideadh sibh  
Gu 'm b' fheairde sibh bhur shavigeadh  
Do bhrigh gu 'n d' fhàs ur feusaigibh  
Ro fhad aig meud a seanntachd.

II.

Tha 'n Seisean seo na àilleagan

Cho mor air feadh nan cearnaibh-sa  
S gur mor an t-aobhar tair e neach  
Nach sliòchd na 'lathair ceann-ruisgt.

III.

S ann sgaoil an cliu gu luath-chasach  
Air feadh gach tir mu thuath againn,  
Gu 'n d' rainig gloir na buaidh a bh' aic'  
Gu uachdaran Loch Aillse.

[TD 25]

IV.

Us cha 'n e mhain sna cearnaibh-sa  
Ach s gach tir air feadh na Gàidhealtachd;  
Gur cinnt gu'm faod mi raidhtinn ribh  
Gu 'n d' rainig i gu Galldachd.

V.

Thaobh meud a gloir gad sgaoileadh e  
Dh' America cha b' ioghnadh e,  
Gu farsuinn feadh na rioghachdan,  
S nan Innseachan fad thall bhuainn.

VI.

A chum a cliu gur trianad e  
A dh' aon ri cheil gu diomharach  
Iain Ban us Murchadh Diarmadach  
S an Riaghlar sin a's ceann daibh.

VII

Us o 's e fhein an ciad phearsa  
Th'air ainmeachadh 'san trianaid seo  
Gu'n d' rinn e cach a lionadh leis  
An t-siolmheinn chianda bh'ann-sa.

VIII.

Do thaobh cliu na darna pears  
Gur h-aon a tha 'nn da nadur e  
Ri diomhaireachd nan ainmean aig'  
Cha dianamh Iacob cleamhnas.

[TD 26]

IX.

Do thaobh cliu na treas pears'  
Tha dianamh suas an t-seisein seo;  
Roinn mhor deth churam-s' 's aideachadh  
Na h-Eaglais tha fo laimh-san.

X.

Ach 's Trionaид tha ro shiochail i  
Do mheud a mhain s a shliochdas dhi,  
Ach dioghaltach agus fiata ris

A chuid nach striochd d' a ceannsach'.

XI.

Agus trianaid tha lan acarachd  
Do mheud s a thig fo'n bhrataich aic;  
Cho graineil s dha 'm bi 'm peacaidhean  
Theid bratach chur san àm orr.

XII.

Tha h-adharc air a h-ardachadh  
Nur dhuisgeas fearg us ardan i  
Gur maирg an com an sàthar i  
Nur bhios an ràs do cheannsaicht'.

XIII.

Is mor bha sheoltachd Iacoib ann;  
B' e 'n suiridhche an tigh Labain e  
Co luath s a fhuair e Rachel leis  
Ghrad dh' fhag e 'n sin air ball e.

[TD 27]

XIV.

Nur rinn e 'n treud a thearbadh leis  
Air iomaraich gu na dh' fhalbh e leo  
Cha saoileadh leis an anachearr  
Chuid meanbh-chruidh feadh nam beanntan.

XV.

Tha cuid ballach gris-fhionn diubh  
Cuid eile breac us stiallach dhiubh;  
Tha cuid dubh-dhonn us riabhach dhiubh  
Le roinibh liath s gach ceann diubh.

XVI.

N àm lomraigheal tha e teo-chridheach  
Lan faicill chum s nach leonar leis  
Is ann tharladh trid na trocair seo  
Cuid mhòr dhiubh bhi fo 'n t-seann-ruisg.

XVII.

Tha e cho geur an talantaibh  
S gun dian e searmon àillidh dhaibh  
A bhios mar chuirp a thàthadh leis  
Do phairtidhean eugsamhla.

XVIII.

Tha seal do thìm o chuala sibh,  
Do m' thaobhs gu facas bruadair team  
Bhi 'g amharc an duin uasail seo  
Aig bruachaibh nan ait adhlaic.

[TD 28]

XIX.

E togail chorp nam fireanaibh  
To'airt ball leis ás gach aon aca,  
G' an tathadh suas gu h-innleachdach  
Gu 'n d' rinn e aon do mheall dhiubh.

XX.

Com Tha'is bha gun dearmad ann,  
Uchd Whitefield s cha bu chearbach e,  
Bha guaillean s muineal Henry ann  
S bha ceann us eanchainn Chalvin.

XXI.

Ach beath' a h-aon a dh' ainmich mi  
Cha 'n fhaodadh bhi sna dealbh-chuirp ad;  
B' e 'n t-ioghnadh leat gu 'n labhradh eàd  
Le cainnt s gun anaman annta.

XXII.

Is ann chuir e anail eiginn annt  
Le innleachd leis an seideadh e,  
Gu labhradh eàd gu treun-ghuthach  
S cha b' ann le beul bha manntach.

XXIII.

'Electric' thu, 's e 's Beurla dha,  
Rinn feallsanaich a ghleusadh chum  
A ghnàthachadh le leughadh a  
Leigheas euail le geur bhabhscadh.

[TD 29]

XXIV.

S a dhoimhneachadh mo sgeula dhuibh  
Bha bhuaidh seo aic air m' euail-sa  
Nuair bhuail i mu na feithean mi  
Chuir i mo cheum na 'dheann-ruith.

XXV.

Nuair chunnaic mi mhor fhoghlum 's ann  
A smaoinich mi gur speuradair,  
No druidh bho thir Chaldea bh' ann  
S nach b' aon fhear 'threibh nan Eabhrach.

XXVI.

Bu mhise 'n asal shamhach air  
Na mharcaich am mor fhaidh seo  
Bu gheur a spuirean sàtht' ummam  
Gu bràch! gu 'm facas taibhs' leam:

XXVII.

Bha 'n t-aingeal s claidheamh geur aige  
S mor eagail orms ro' bheumannan  
Bha bhata-san cur seisde rium

S fiach fhein nach robh mi 'n teanntachd.

XXVIII.

Bha mise baoth s cho aineolach  
Cho beag do gheall s nach b' aithne dhomh  
An luach saothrach s am mor cheannach a  
Gheall Balak chur na 'laimh-san.

[TD 30]

XXIX.

Bha shuilibh-san 'sna speuraibh s e  
Ri faisneachd mu na reultanaibh,  
Cha b' ionnan s mi oir b' eigneach mi  
Ro chlaidheamh geur na h-ainglibh.

XXX.

Nuair bha mi teann sna cumhlaichean  
Bha e-san dall s a shuilean aig;  
Le chuaille bata chiùrr e mi  
Gun chrùb mi s mi fo champar.

XXXI.

Sin labhair mi le reusan ris:-  
Nach d' dhiult mi riamh 'bhi geilleadh dha  
Gu 'n d' thachair mi 'san deuchain seo  
Cha 'n eisdeadh e ri m' chainnt ris.

XXXII.

Ard mholadh air gach laimh dhiom.

XXXIII.

Tha sil' na teang' na 'h-iocshlainte  
Gu leigheas ghaoid us iorbhaillean  
S gu'n glanar suas gu sgiamhach iad  
Mar mhuinnfir liont le reaimhireachd.

[TD 31]

XXXIV.

Nuair bheir e cràicionn slan orra  
Air ball gun dàd a dhàil tho'air' dhaibh  
Thig iàd gu bord na Sacramaid  
Chompartachadh dhe 'n t-samhladh.

XXXV.

Us ged bu pheacaidh dànadais  
Bhiodh ann an aghaidh phàrantan,  
Cha druideadh e seachd làithean iad  
Gu 'n naire mach o 'n champa.

XXXVI.

Us mar tha 'n reachd ag innseadh dhuinn  
Bho shagartach nan Lebhiach  
Bha neo-ghlan a' mi-naomhachadh  
Nan iobairtean san Teampull.

XXXVII.

Bu mhor an t-aobhar gloire dhi  
Cuid chlachan bhi air doigh againn  
S nach cualas moran ordarachd  
Ga cur an ordugh Teampuill.

XXXVIII.

Cho luath s a chaidh a steigheadh leinn  
Ghrad thog sinn suas 'sna speuraibh i  
Chur nial na 'r cinn gu leir againn  
Us treigeadh-chéill na 'r cainnte.

[TD 32]

XXXIX.

Nach mithich dhomh mo sheanachas dhuibh  
A chriochnachadh mu 'n anmoch e  
Mu 'n aitreibh chliuitich ainmeil seo  
Do' nach far-àinm Tur-aimhreidh.

XL.

Ach dubhlan do na phairtidh sin  
Bha 'dianamh cuspair taire dhiom,  
Ma thachras dhaibh a radhtinn rium  
Gu 'n chàin mi Seisean Shrannda!

[TD 33]

AN SGIOBAIREACHD.

Dàn a rinneadh leis a' Bhard mar fhreagrach do dhàn molaidh, na 'm  
b' fhior, a rinneadh dha leis an Urramach Frannsidh Mac Bheathain.

[Stabh ciùil]

I.

(Mar gu 'n abradh MacBheathain);-  
"BU mhise 'fear maol  
Nach dian aon fhacal,  
Cha b'ionnan s an laoch  
Bha ga chraobh-sgapadh;

[TD 34]

Is ann agad bha 'n gaol  
Foighidinneach us caomh,  
Is collach thu ri Maois  
Us t' aodunn air dealradh."

II.

Mar gu 'n tilleadh am Bard e:-  
Chuala mi bho phàirt  
Mu 'n chliù àghmhòr, fhlathail,  
Thug thu orm do chàch  
N a do dhàn ro ealant;  
Dh' fhuilingeadh e gun sgàth,  
Ged bhiodh dòrn no dhà  
Air a tho'airt dheth 'bhàrr  
Se ro àrd bho 'n talamh,  
Air son daol chnuimh fhalamh,  
Làn de ghaoid mhi-fhallain,  
Us de mhòr chuis-ghràin  
Th' air mo chàirdean falaicht.

III.

Ach, a Fhrannsidh chòir,  
Sheinn thu 'n ceòl ro fhada;  
Leig thu 'mach an sgòd  
Leis an t-seòl gu 'chlaigeann;  
N uair bu chòir an còrs'  
Chumail suas air dòigh,  
S fraoch nan stoirm cho mòr  
Sgiob air bòrd cho lapach

[TD 35]

Gu 'm faod iad tre chadal,  
N àm nan sian s na frasachd,  
Calldach 'leigeadh òirnn,  
Nach diol òr air ais dhuinn.

IV.

Ballaist 'chur sna cruinn,  
Cha chuir innte taic dhuinn:  
Siùil a chur ri 'druim,  
Cha chuir sgoinn na h-astar;  
Stiùir 'chur os a cinn,  
Cha dean iùl do 'n luing;  
Pump gun cheann 'san taoim  
Cha chuir sginn a mach dhith.  
Nach e 'ceum 'bhios glagach,  
Null s a nall s air tarsainn?  
Ceart cha seòl i dhuinn,  
S gleus gach buill ás altan.

V.

Biadh a chur mu 'r druim,  
Cha chuir dhinn an t-acras;  
Eudach 'chur 'nar broinn,  
Cha chum sinn gu fasgach;  
Clogaid 'bhi m' ar buinn,  
Cha dean ceann-bheairt dhuinn;

Brògan 'chur m' ar cinn,  
Cha dean loinn do 'r casan;

[TD 36]

Is déistinneach mi-mhaiseach  
Bhios ar sgèimh ri fhaicinn;  
Cha tig neach 'nar gaoith,\*  
Chi ach oillt 'nar fasan.

VI.

Cha tearainteachd dhùinn  
To'airt ar cùram seachad,  
Gradh "Na abair dùrd,  
Tha 'n Insurance beairteach"  
Is aomadh aon 'bha 'n dùil  
Nach robh meang na 'n cùis,  
D' a thrid 'chaill an cùrs',  
Dh' easbhaidh diù us faicill,  
Riamh nach d' rànaig dhachaidh  
Dh' ionnsaidh seòlaid acair',  
S nach do sheilbhich stùr  
Dheth na b' ùidh leo 'ghlacadh.

VII.

Ged robh sinn 'san luing,  
Pailt an luim s an acfhuinn,  
Ged b' eòl dhuinn le cinnt,  
Feum gach buill us beairte;  
Ciod an stàth 'bhios dhuinn  
Eòlas 'bhi 'nar cinn

<eng>\* Alternative reading:<gai> Cha seall oirnn a h-aon / Dha 'm  
faod sinn 'bhi taitneach.

[TD 37]

Air gach ball 'bhios innt,  
Mur bi sinn ga 'n cleachdad?  
Feumar còrd 'san acair,  
A' cheann air bòrd 'bhi glaiste,  
S ris gach sruth us gaoith,  
An combaisd cruinn a leantainn.

[TD 38]

AM MELLENIUM.

I.

A CHOISICHE bi treun,  
Ged tha geur airc ort,  
Chionn mar chasaibh éild,  
Nach robh d' cheum farsuing,

Is mòr an comhar' slàint'  
Cìocras bhi 'sa chàil,  
Us Ioseph cho làn bàigh,  
Gu sàsachadh t'acrais:  
Rach an sàs ann s tagair;  
Cuir na làthair na th' agad  
Us feuch nach ceil thu càil  
Glaoidh gu h-àrd us abair:—

II.

Tha mi tùrsach tinn  
Tha mi sgìth dochart,  
Ceangal air mo bhuill  
Us cha dean mi coiseachd;  
Mallachd feedh gach linn  
Air na h-uilc a mhill;  
M' anam s mi gun chlì  
Mi ri sior osnaich,  
Thug iad spuill us creach dhiom  
Dh' fhàg iad mi làn airtneil,  
Thu'airt: 's leòir mo ghràs,  
Thoir mi 'n àirde tharta.

[TD 39]

III.

Thug e sud dhuit sgriobht'  
Ann an tri facail,  
Thusa, gras us MI;  
Beatha s brigh 'cho-cheangail,  
Fhireantachd a chaoidh  
Do chùl-taic s do shìth,  
Chuir do nàmh fo chìs  
Bheir lùs cridh us chas dhuit  
Thug thar Shàtain feachd dhuit  
Bhrùth fo shàil le neart e,  
N aghaidh thuiltean bàis  
Thog e'n àirde bratach.

IV.

Ged tha fuil us feòil,  
Ri gràs beò a' gleachdad,  
Tric ga d' chur fo bhròn  
Dh' fhàg thu leòint us meata;  
Ni a chumhachd mòr  
T' anfhuinneachd gun treòir,  
Chumail suas ri d' bheò  
Bho gach sgleò us seachran,  
Gheibh thu lòn o 'fhasal  
Fad do chuairt us t'astair,  
Gu'n ruig thu fadheòidh,  
A chum glòire dhachaidh.

[TD 40]

V.

Biodh do chreidimh làidir  
Us gu bràch na fannaich,  
Buainidh tu mar fàilnich,  
Se siud an gealladh  
Cùm-sa a'ad na thàrr thu,  
Dean féum aig cathair gràis deth  
Thig ort a nuas o'n àirde,  
Ni 's feàirde t'anam:  
Biodh t'ùrnuigh us do ghearan,  
Ann an càraid faire  
An co-pàirt ri gràdh,  
Do'n an t-Slànaighear bheannuicht.

VI.

Na biodh geilt no sgàth ort  
Gu dol dha 'n goire,  
Se Boas do fhear-dàimh  
S tù thréibh Elimelich;  
Se bheir dhuit corran fiaclach  
Gu dlòghaibh 'leagadh sios leis,  
Gu beathachaидh luchd-dioghluim  
Nan diasan foghair,  
S éigin dhuit do ghreimibh  
San fhion-ghéur a thumadh,  
Ni bhios dhuit ro-fhéumail  
Gu géurachaидh do ghoile.

[TD 41]

VII.

Cha ruig thu leas bhi diùid,  
Is dlùth dhuit e mar charaid,  
Se t' Athair e an tùs;  
Trid na h-ùr bhreith fhallain,  
T'fhear-pòsd nach cuir riut cùl,  
T'fhear-tagraigdh e sa' chùirt  
Is dàna dh' fhaodas tù,  
Dol dh' ionnsuidh na cathrach  
Se do bhràthair barraicht';  
T'urras làidir daingean  
Do bhreitheamh e nach dìt  
Thu chaoidh le binn-sgaraidh.

VIII.

O'n thug e dhuit e fein  
Gu léir leis gach beannachd,  
Air talamh us air neamh  
Air son cré us anam;  
Ciòd bhios ort mar éis  
S e 'g ràdh riut nach tréig,  
Ann am foclaibh 'bhéil  
Ga shéulachadh daingean,

Bheir creidimh thu lan-cheangailt'  
Ann am bàntaibh geallaith,  
Gu sheòmairraigibh féin,  
S cuiridh 'n fhéisd ud gean ort.

[TD 42]

IX.

Bu niarachd dream d'an gràdh e  
Mar chéile falaicht',  
Dh' fhaodas dol na 'làthair  
Le dànachd anam;  
Ag imeachd romh tre 'n fhàsaich,  
An taice ri threun-ghairdean  
S e dh' fhuasglas ás gach càs iad  
A thig na 'n caraibh;  
Ge nàr leis 'n aobhar ghearrain,  
Ni do chàch nach aithne,  
Bheir e pòg le failt dhoibh,  
Bidh boladh gràis de'n anail.

X.

Truagh nach robh mo ghràdh  
Ann san ionad fhalaicht';  
Lìnnings te ri m' àirnibh  
Us a' tàmh na m' anam,  
Gu peacaidhean mo nàduir  
S gach gaoid a ta na plàigh dhomh  
A dh' fhàg gu tinn fo chràdh mi,  
Làn àmhghair 's carraig,  
Uam an timchioll-ghearradh  
S m' aonachd ris a' cheangal;  
Spiorad naomh nan gràs  
Ga m' àiteachadh air talamh.

[TD 43]

XI.

O! nach ann tha 'n drùidheachd  
Air daoine dalla,  
Nach sealladh iad na 'aodann  
Gu gabhail aithn air,  
Fàgaidh siud fo dhaors' iad  
Mar bhruid aig dia an t sao'il,  
Ged ghairmear iad gu saorsa  
Chàidh daor a cheannach;  
Is uamhasach an sealladh  
Uaith 'n uair théid an sgaradh,  
Dh' ionnsuidh léir-sgrios siorruidh  
O chomunn Dhia s nan aingeal.

XII.

Is uamhasach gu siorruidh  
A bhios am peanas,

Ann san t-slochd gun iochdar  
A' gul s a' gearan,  
A giosganaich am fiacal  
Gu bràch a measg nan diabhol,  
Gun fhuasgladh o'n géur-phiantan  
A bhios do-labhairt;  
Teine ifrinn na bhras lasair  
An cogais g'an sior agairst,  
Fad linntinnibh nan saoghal,  
Cha 'n fhaod iad teachd a mach ás.

[TD 44]

XIII.

O! nach gabh sibh iompaidh  
Le cùram anam,  
Am bàs a' tighinn dlùth dhuibh  
Mar dean sibh cabhag,  
Fhad s tha ghairm na'r cluasaibh  
Nach éisdeadh sibh gu luath ris,  
A thròcair co làn truais dhuibh  
Ta buan us maireann:  
Leaghaidh 'ghaol 'tha tairis,  
Cridh' tha cruaidh mar charraig  
Thugadh buaidh air sluagh leis,  
A bha co truagh ruibh cheana.

XIV.

Iongantach an spéis  
Thug Mac Dhe da leannan,  
Chuir a ghaol e 'n èigin  
Gu teachd g'a ceannach;  
Nuair dh' fhàg e glòir na neamhan  
Do phiantan ifrinn léum e,  
Ni dhòirt mar thuil gu géur air  
S gu léir a mallachd,  
Chùm an réite a cheangal  
Pòsd ris fein gu daingean,  
Cha 'n ioghnadh a h-aoibhneas  
Bhi saibhir aig a bhainis.

[TD 45]

XV.

Cha b'e 'cuid maoin no saibhreis  
A thog a thlachd dhi,  
Cha b'e h-inbh no h-oighreachd  
No loinn a pearsa,  
Cha b'e dreach a h-eudainn  
No 'n teist 'bha air a béusaibh,  
Us cha b'e cliù a céille  
No sgéimh a maise,  
Ach gràdh a bha do-cheannuicht,  
Nach cualas riamh a shamhuil,

Thaobh a dhoimhne s àird,  
Cridh nàdurr cha ghabh aithn air.

XVI.

Gradh os cionn gach cainnte  
A bh' ann gu beachdaidh,  
Cha ruig eòlas ainglean  
Air dol a steach ann,  
Gaol siorruidh bha do-rannsaicht  
Neo-chriochnuichte gun cheann air,  
A ràinig air na h-aingidh  
Na 'm braighdibh peacach;  
Gràdh nach gabhadh casg air  
Thug o dhaors air ais iad  
Dh' ionnsuidh sìth do-labhruidh,  
Ri Dia s e'n daingneach neart'or.

[TD 46]

XVII.

Gràdh iongantach do-rìreadh  
Thug Criod d'a leannan,  
Fhuair e i na 'striopaich  
Làn mi-chliù us sgannail;  
N cuibhreach fo bhinn-ditidh  
Na bana-mhortair 'sa' phriosan,  
Gu 'n d' leig e féin fa sgaoil i  
S bu daor dha h-anam;  
Aice cha robh tochradh  
S ann dh' ioc leis gu goirt e,  
I gun ghràdh ach naimhdeas,  
Gu 'n cheannsuich e a droch-bheart.

XVIII.

Se thug an gaol nach tréig e,  
D'a chéile caidreach,  
Ri 'glaodh-sa rinn e éisdeachd,  
Gach éigin agus airce,  
Ag itealaich air sgiathaibh,  
Na gaoith go to'airt á déuchainn,  
Us lùb e fòs na nèamhan,  
S air cherub mharcaich;  
Dorchadas s du-aigean,  
Chuir e sios fo 'chasaibh,  
Chriothnuich sléibhte mòra  
Roimh 'ghlòir nuair leig e 'fhaicinn.

[TD 47]

XIX.

Nuair thainig e o Edom  
Le 'chulaidh dhathte,  
E sgiàmhach ann na éideadh  
Mar thréun-fhear neartmhor,

Tighinn seachad le cruinn-léumaibh  
Air tulaichibh a h-éuceart,  
Us tarsuing le buaidh-thréubhaich  
Air sléibhtibh peacaidh:  
Fhuil na braonaibh frasach  
Shruth troimh'n aodann mhaiseach  
An t-amar fion na 'aonar,  
Mar laoch 'nuair rinn e 'shaltairt.

XX

Sgiamhach air na sléibhtibh  
Tha céum a chasaibh,  
Mar theachdair an deagh-sgéil  
Tha 'g éubhach caismeachd,  
An t-soisgeile da chéile  
'Bheir oirre gu'm briosc léum i,  
A lionas i le éibhneas  
Nach mill am peacadh,  
Mòr a bhios a h-aiteas  
S a làn mhiann ga mhealtuinn,  
Cuartaichte làn sòlais  
Na glòir 'tha aic' fo bhrataich.

[TD 48]

XXI.

Is iongantas air neamh i  
Do réir an taisbein,  
Sgeadaicht' leis a ghréin  
Fhuair i 'n ré fo 'casaibh;  
Ged 'bha tuil na béisde  
Ga ruagadh s i na h-éigin,  
Ghrad shluig an talamh féin i  
Na bhéul gu h-aith-ghearr,  
N uair bu mhò bha a h-airce  
S ann bu dlùithe bha 'h-asaid,  
An dràgon cha d'thug buaidh,  
Phronn an t-Uan a chlaigeann.

XXII.

Ach O! nach sinn tha feumach  
A nis air creideamh,  
Gu'm faigh sinn sinn féin  
Leis a ghréin ud sgeaduicht:  
Fireantachd Mhic Dhé 'bhi  
Mar thrusgan a cuir sgèimh oirnn  
A dh'fhàgadh sinn geal glé-ghlan  
Gun smal gun phreasadh:  
Nam bu leinn an deise ud  
Ged rinn daoine sgeig òirnn,  
Gheibhte sinn mar laochraidh,  
Os cionn an t-saoghal seasmhach.

[TD 49]

XXIII.

Ged tha sinn fo àmhghar  
A nis s ro dhuilich;  
Luchd teagaisg tha gun ghràs  
Air teachd òirnn ga b'oileann,  
Tha gealladh dhuinn nach fàgair  
Fo chùing sinn aig luchd-pàtroin,  
Oir thig ar saors' o'n àirde  
Le slàint us sonas,  
Tha ar Buachaill gaisgeil,  
Bheir e buaidh a mach dhuinn  
S leis féin ar còir fuasglaidh,  
O'n daorsa chruaidh-s th'air teachd òirnn.

XXIV.

Feitheamaind gu ciallach  
A nis car tamuill  
Gus an tig coimhlionadh  
Dhuinn air a ghealladh,  
S nach bi cléir an-diadhaidh  
Le ainneart òirnn a' riaghlaigh,  
Oir gheibh sinn fuasgladh fiorghlan  
Ri 'n fhiach dhuinn fantuinn,  
Tha 'n t-àm ruinn a teannadh  
Faisg air làimh le cabhaig,  
Théid cinn-iùil nan dall  
A mach o'r càmp a sgaradh.

[TD 50]

XXV.

Tha sinn fann le strì  
Sgìth s a gabhail fadachd,  
Gus am faigh sinn sìth  
Le libhridgeadh farsuing;  
Ar cridheachan gu miannach  
A' plosgartaich le ciocras,  
Ag iarruidh saors o'n diabhol  
S o fhiaclaibh casgraiddh;  
Fois o 'shaighdean sgaiteach  
Saors' o gheimhlibh peacaiddh,  
Ar n-anma fo ghéur iota  
O! Thriath nach leag thu dealt oirnn.

XXVI.

Cha do dhruid thu tràcair  
Suas a' d' chorruich,  
Gun bochdannan an òtraìch  
A tho'airt gu sonas,  
Fireantachd Iehobhaih  
N uair 'shaoras e na deòiridh,  
Bha 'm braighdeanas gu brònach  
Tre dhortadh fhola,

Gun chaochaladh air onair  
Am firinn no an cothrom,  
Tha 'n ceartas làn riaruicht'  
An lagh s a mhiann làn toilicht'.

[TD 51]

XXVII.

Deanadh clann a chùmhnant  
Sior ùrnuigh us faire,  
Tagradh iad gu dlùth ris  
Air son a gheallaidh,  
Gun chlò a tho'airt do 'n sùilibh  
Gu 'm faic iad glòir Ierusalem;  
A sgaoileadh feadh gach duthcha  
S na 'cliù air talamh,  
Gus am brist a mach dhi  
Fireantachd ro mhaiseach;  
Bhios mar sholus dealrach  
S a slàinte mar léus lasrach.

XXVIII.

Gheibh a chéile a còir-bhreith  
A dheoin no a dh' ain-deòin,  
Bheir an Righ a tòrachd  
A mach le 'lannaibh,  
Leis gach àit' a lionadh  
Le corpaibh luchd-an-riaghlaidh.  
A shàruich i gu h-iosal  
S bha dian gu 'casgairt;  
Eisdidh e r' a h-athchuing  
Theid a saors tho'airt seachad,  
Ged bhiodh fuil an-diadhach  
Cho àrd ri srian nan eachaibh.

[TD 52]

XXIX.

Tha duilleach na craoibh fhige  
Ag innse mar theachdair,  
Gu bheil samhradh siochail  
A' tighinn am fagus,  
Sa 'm bi glòir us rioghachd  
An t-soisgeil a craobh-sgaoileadh,  
A mach air feadh an t-saoghal  
Gu chriocheibh farsuing,  
Cha chùm naimhdean bacadh  
No feachd Shatain casg air,  
Aig Criosd bidh buaidh làthraich  
Air raoin gach blair us baiteal.

XXX.

Bu ghlormhor a ni leam,  
A bhi ga 'fhaicinn,

Air ceann a dheich mìltibh  
S mi bhi fo 'bhrataich,  
Le 'n claidheamh air a liobhadh  
An saighdibh le 'n geur-rinnibh  
To'airt buaidh air dia an t-saoghal  
Le sgriob ga 'chreachadh  
Carbaid theine us eachaibh  
Cuartachadh ar feachdaibh,  
S armaitibh do ainglibh  
Mu 'r càmp mar theine lasrach.

[TD 53]

XXXI.

N uair théid an Ceann-armailt  
A mach air toiseach,  
Eidear iad fo 'n armaibh  
Na 'n carbaid chogaidh  
Sgeaduichte le ceann-bheairt,  
Le 'n sgiath s le 'n sleagh s le 'n taraid,  
An naimhdean théid air bhall-chrith  
Le farbas romhpa:  
Leomhant iad na 'n coslais  
Uamhasach fo 'n clogaid,  
Cuiridh glòir an gnùise  
Geur mhùiseag air luchd-drochbheairt.

XXXII.

Glormhor am feachd righ iad  
Air raoin ri 'm faicinn,  
N uair a théid gach aon diubh  
Fo 'n Rigemental;  
Le 'n claidheamh dà-fhaobhair  
Slios crioslaichte le firinn,  
Uchd-éididh an fhior ionracais,  
Laoich nach meata iad,  
Tha 'n ceann-feadhna gaisgeil  
Air each-geal a' marcachd,  
Dileas agus fior e  
Gu 'bhriathran tho'airt gu teach dhoibh.

[TD 54]

XXXIII.

Na lagaicheadh ar làmhan  
A nis le gealtachd;  
Ged bhiodh fearg an dràgoين  
Le ràs a' lasadh:  
Ged bhéucadh e gu làidir  
Le ainneart gu ro-dhàna,  
Feuchainn co na tharlas dha  
An tràths a ghlagadh,  
Is fios dha fein gur faisg air  
Am a chur sna glasaibh,

San ceanglar gu teann e  
Gun chomas feall a chleachdad.

XXXIV.

Nam faicinn e sna geimhlibh  
S ann leam a b' ait e,  
Ceangailt leis an t-slabhruidh  
San t-slochd gun aigeal,  
Mo chasan a bhi stàmpadh  
Air muinealaibh mo naimhde,  
Us m' anam a sior dhannsa  
Neo-fhann gun airtneal;  
Emanuel nam beannachd  
Faighinn glòir o'n talamh,  
Us uil' luchd-àitich  
A seinn le lànachd anam.

[TD 55]

XXXV.

Ach tha 'n t'àm a luathachadh  
S cha dean e maille,  
Gus am faigh sinn buaidh air  
Le fuasgladh ealamh,  
Gach righ chuir Iosa suarrach  
Spealg a chuiling da 'n guailnibh  
Thaisbein da naomh-shluagh-san  
Geur fhuath 'bha nimheil;  
Cuiridh Triath nam feartaibh  
Sios iad na 'n stòl-chas dha,  
Naimhdean a chruinn-chéusaидh  
Nach d' thugadh géill da fhacal.

XXXVI.

Theid prionnsachan 'chinn-làidir  
Gu tàir us masladh,  
Uachdarain an àrdain  
Gu làr a shaltairt;  
Tilgear sios am Pàp'  
Chuid Easbuigibh gun ghràs,  
Fàth'n eagail gu 'm bi àireamh  
Gheibh bàs gun sagairt,  
Théid a Chléir a sgapadh  
Druidear beul nam madadh  
Cha bhi aon ag éisdeachd,  
Luchd-réubainn no luchd-gadachd.

[TD 56]

XXXVII.

Is e nis an seathamh là dhuinn,  
Na bitheamaid lapach,  
Dh' ullachadh do 'n t-sàbaid  
Bhios air an t-seachdamh;

Gu Biobuil chur 's gach cànan  
Us cainnt 'tha fo na h-àrdaibh,  
Ga 'n sgaoileadh feedh gach cearnuidh  
Do 'n fhàsach thartmhòr,  
Chùm tre ghràs an fhacail  
Le éud blàth nan teachdair,  
Gu 'm bi rùm us àite  
Do 'n làn a ta ri teachd oirnn.

XXXVIII.

Tha mìle na sàmhchair  
A nis air teachd oirnn,  
Iubile na slàinte  
Ri tighinn am faisg oirnn,  
Sa 'm bi glòir an Ard-righ  
A' còmhachadh gach ceàrnuidh,  
A' lionadh gach tìr fhasail  
A bha gun taisbean;  
Lionaidd gràsaibh pailte  
N cridh' le gradh ro laiste,  
A' séinn gu binn na 'n dànaibh  
Air cliù saor-ghràis le h-aiteas.

[TD 57]

XXXIX.

Théid gach cridhe bha calma  
Gu dealbh gach droch-bheairt  
A sgoltadh na 'sgealbaibh  
Gu 'n anma a chosnad  
Leaghair iad le airchios  
Le gaol do 'n Uan a mharbhadh  
A dhòirt dhoibh fhuil d' an teanachdas  
O'n fhearg bha goirt dha;  
Cuiridh e gu socair  
Ioc-shlainte ri 'n lotaibh,  
Ghlanas iad o'n salchar  
A bha ro shearbh r'a nochdad.

XL.

Cha bhi sannt no farmad  
Nach teid a dhochann,  
Cha chluinnear leinn fear-feargach  
A bhios ri trod ann;  
Théid an fhein na 'balbhan  
Cha 'n éisdear ri 'cuid ana-glòir,  
Oir gheibh i buille mharbhtach  
Bheir searg us clos oir',  
Théid gach àrdan s sodal  
Suas le tair a chrochadh,  
Sgriosar gaoid gach an-meinn  
Us cealg théid a throimh-lotadh.

[TD 58]

XLI.

Bidh bilean nam balbhan  
An sin ga 'm fosgladh,  
Le 'n teangaibh binn labhrar  
Gun cheilg na 'm focail;  
Ni gach aon diubh searmoin  
Le spiorad na h-ath-ghineamhuinn,  
Le 'n dùisgear suas na marbhaibh  
Bha seargt' air grodadadh,  
Eiridh bacaich bhochda  
Crioplaich air an cosaibh,  
Léumaidh iad le aoibhneas  
Ri fuaim ro bhinn an t-soisgeil.

XLII.

N uair chluicheas na leanbaibh  
Ri toll na nathrach,  
Bidh gach aon diubh 'sealbhachadh  
Dearbh-bheachd anam,  
Ban-righrean làn oircheis  
Aig altrom clann ath-ghineamhuinn,  
S gach righ na oide tearmuinn  
Neo-fheargach tairis;  
Bidh aonachd co-cheangailt'  
Measg gach tréubh us teangaidh;  
Bidh Iùdhaich s Gréugaich  
Na 'n tréud aig an aon mhainnir

[TD 59]

XLIII.

Cha bhi luchd nan stipin  
S nan glibean farsuing,  
Ghoid a steach os iosal  
Air son am beartais,  
Ri téumadh nam firean  
A' claoihd na muinntir dhileas,  
A sheasas taobh na firinn  
Ga dion mar ghaisgich,  
Cha bhi iad ga 'n lotadh  
N aghaidh solus cogais,  
Mar tha cuid an tràths  
Fo mheas luchd-gràis thaobh coslais.

XLIV.

Cha bhi Righ no Prionnsa  
No Diùc air talamh,  
Nach bi seinn s ag ùrnuidh,  
Mar thùis bidh 'n anail,  
Riaghlairean 's gach dùthaich  
Gu siochainteach làn ciùine,  
Gach searmonaich sa chùbaid  
Fo dhriùchd nam beannachd;

Iochdarain gu ceanalt  
Riaghailteach gun charraid,  
Ag altrum an fhior-chùram  
Le tlachd us dùrachd anam.

[TD 60]

XLV.

Cha bhi cuirp no anamannaibh  
Ann an ainnis,  
Bidh beannachdaibh àimsireil  
Ann gun ghainne,  
Bidh toraidhean na talmhuinn  
Ni 's pailte gu ro shaibhir;  
Bidh gach gleann us garbhlach  
Làn àrbhair faluichte,  
Sruthaidh mil o'n charraig  
S a làn fion 'san dabhaich,  
Cha bhi buar air sléibhtibh  
Na treud nach to'air am bainne.

XLVI.

Bidh ola a chruinn-ùrail,  
Bhios cùbhraidh fallain,  
Figean a's glan sùgh,  
Ubhlan s Pomgranait;  
Cruithneachd bhiòs ro shòghmhor,  
Spiosraidh a's glan bòltrach  
Gach ni 'bhios maith gu lòn doibh,  
Gu 'n còmhach thairis:  
Teichidh gruaim us gearain;  
Cha bhi luaidh air aim-beairt,  
Cha bhi miann no ciocras  
Nach riaraicheadh le beannachd.

[TD 61]

MARBHRANN  
DO  
DHOMHNULL MUNRO,  
1773–1830.

R uibhs tha guth ann san dàin seo  
O ' luchd siubhail an fhàsaich,  
I s tha 'g imeachd n'ur tràillean  
M ar ri sàtan na truaigh;  
H o! nach gabh sibh gu tràthail  
R is a' ghlaodh tha o'n àirde  
A nn an tràcair shaor gràsmhor  
D hé trid fàbhair an Uain;  
H a àr ro mhòr us creach làidir  
D huibh bidh cinnteach mur tar sibh,  
O bhinn pheacannan gràineil,  
B ha g'ur tàladh's gach uair;

H -aon tha feumach an tràths air,  
E isdibh cuireadh na slàinte  
A gus gealladh na 'ghràdh dhuibh,  
T hogas dhàsan sibh suas.  
H o! grad theich s thig na chodhail  
A ghabhail seilbh air a throcair,

[TD 62]

D haingnich briathran a bheoil dhuibh,  
H -àmhghar mòr bhi 'teachd dlùth  
O 'n tha gealladh a' ghlòire,  
M òr mu ghabhas tu còir air,  
H o! dean cabhag s e'n tòir ort,  
N uair tha chòmhla neo-dhùint;  
U aith' bidh do sgaradh do-bhrònach  
I meachd t' anma gu dòruinn,  
L eis gach mallachd us dòlas  
M ur do thròcair nach lùb,  
U ! bidh do leir-sgrios gun dòchas,  
N i gu'n fheum bidh do dheoir dhuit,  
R igh nan dùl deanamh tròcair  
O rt ma dheònaich a rùn!

I.

Bidh cuimhn' us iomradh an còmhnuidh  
Air na fireanaibh còire,  
Dh' ullaich Criosa na 'thròcair  
A chum na glòire tha shuas,  
Us bidh an dàn seo na 'chòmhradh,  
A' cur an céill ann an òrdugh,  
Cliù us béus an deagh òglaich  
Dòmhnuil Munro na mòr-bhuadh,  
A dhaingnich fianuis na 'chòir-san  
Ann an Ios' fhad 's bu bheò e,  
Shaoithrich dian ann an còmhrag,  
Air taobh a' ghlòir' fad a chuairt

[TD 63]

Fo àrd-bhrataich na mòrachd,  
Sna ghabh e dìon ann an dòchas  
Fo 'n ghabh e fasgadh an còmhnuidh  
Sa bha ga 'chòmhdach mu 'n cuairt.

II.

Is aobhar iùnn-drainn san uairs thu  
Do mhòr àireamh mu 'n cuairt duit,  
A rinn thu fhàgail na 'n truaghain  
Fo thròm smuairein a' d' dhéigh;  
Na lionas t' àite cha d' fhuair iad  
Ann an gibhtean s am buadhan,  
Leis gach tiadh-laca luachmhor  
A thàinig 'nuas ort o nèamh;

Mar rinn gràs an ath-nuadhaich  
Anns gach pàirt thu cho buadhach,  
Is ni ro àrd e r'a luaidh dhomh,  
Gu 'chur 'san uair seo an céill;  
Gun mo chomas ach suarach,  
Gus do theist 'thogail suas leam,  
Gun mo chliù-s' ort ach luatha  
G'a cur air snuadh do ghlan-sgéimh.

III.

Fhuaradh creidimh o Dhia leat  
Air an iobairt choimhlionta,  
Dhaingnich còir tha neo-chriochnach  
Dhuit gu sìorruidh na 'shìth,

[TD 64]

Fhuair thu 'n Spiorad mar thiodhlaic  
A rinn do bhuadhan a riaghlaigh,  
Chum an cleachdadh na 'rian-san  
A rinn do lionadh le 'ghaol:  
Ghineadh clann ann an Criosc leat,  
Air do bhrollach chuir ciocan  
Chum an altrom mar chìochrain,  
Le bainne fiorghlan gun ghaoid,  
Lag us làidir s am miadachd,  
A réir am fàis ann san diadhachd,  
Mar stiùbhard glic rinn thu 'm biadhadh  
Oir bha 'n fhialachd dhoibh saor.

IV.

Bha thu 'd'fhìrean treun buadhach  
Air carraig slàinte do-ghluiste;  
Bu shaighdear dileas bha stuam' thu  
Gu treun 'to'airt buaidh air feachd nàmh;  
Gidheadh mar naomh fad do chuairete,  
Ann san t-saoghal cha d' fhuaradh  
Aite fuirich bhiodh buan leat,  
Gu gabhail suaimhneis no taimh;  
Chum thu agad na fhuair thu  
Sna h-uile ceum ann sna għluais thu,  
Tù coiseachd teann le dian luas-ruith  
A chum na duais 'bha gu h-àrd,  
S ged' bha do naimhdean mu 'n cuairt duit  
A' cur nan geimhlean gu cruaidh ort,  
Do dhlighe Criosc t'-fhear còir-fuasglaidh  
Cha d' fhuair an diabhul uat càil.

[TD 65]

V.

Bha do bhuadhannan nàdurr'  
Os cionn mhòrain na 'r là-ne,  
Farsuing fosgait am pàirtibh

Mar thaisgeach làn bha do chrìdh:  
Tu gabhail beachd air mhodh àraid  
Air glòir us mòrachd an Ard-rìgh,  
Air oibre cruthaicht a làmh-san  
San doimhne, air làr, s os do chionn,  
Do fhradharc sùl ge do dh' fhàg thu  
Ri aimsir t'-òige na d' phàisde,  
Fhuair thu dùbladh na àite  
Gu d' ùngadh, slàinte an Righ;  
Och mo bhròn s m'aobhar nàire  
Ged 'tha mi mealtuinn mo dhà shùl,  
Nach robh mi faicinn mar bha thu  
Us iàd ort a dhìth.

VI.

Leis mar lìonadh o'n àird' thu  
Leis gach tiодhlaca gràsmhor,  
A chur rian air do phàirtibh  
A' theagascg chàich air gach àm  
Le faire dionaидh bu ghnàth leat  
Bhi 'cur an céill dha do chàirdean,  
Gach inneal gleusaيدh bha 'n nàmhaid  
A' cur an àird' gus an call,  
Tù faicinn cuilbheartan shàtain  
A' sgrios nam mìltean gun tearnadh

[TD 66]

Bha t'anam fireanta cràiteach  
S do chridhe ga 'fhàsgadh gu teann  
A thaobh mar ghleusadh le gràs thu  
Le beò eud chum an slàinte,  
Tric a dh' éigh thu nach b' fheaird iad  
Luchd-teagaisg fàs nam balg mall.

VII.

Is aobhar nàire do mhòran  
A shealbhaich tàlannan mòra,  
Sa thogadh suas ann am foghlum  
Fo ainm bhi beò s iad fo 'n bhàs,  
Nach d' ruith a' choi-lige còmhlaidh  
A chumail coiseachd 'san ròd ruit,  
A għlac an crann na do dhòrnaibh,  
S nach d' sheall ri d' bheò air do shàil  
O nach d' bhrist iad na còrdaibh,  
A cheangail teann ris an fheòil iad  
A dh' fhàg neo-fheumail na 'n lò iad,  
Gu sliochd tho'airt beò a' chum fàis,  
Nach robh 'n anmaibh an còmhnuidh  
Fo chumhachd teagaisg am beòilibh,  
A dh' fhàgadh èifeachdach beòthail  
E 'shluagh ro'-òrduicht' saor ghràis.

VIII.

Mar a lionadh le eud thu  
Mar shearraig nuadh bhiodh gu reubadh,

[TD 67]

Air taobh aobhar an Léigh sin,  
A leighis creuchdan do chridh'  
Thogadh fianuis gu treun leat,  
An aghaidh teagaisg s mi-bhéusan  
Chinn-iùil nan dall bha gun léir-sinn,  
S nan naimhdean geur a bh' aig Ios'  
Mar bacadh tròcair Mhic Dhé iad,  
Rinn thn dhearbhadh 'sa shéuladh  
Air dhoibh bhi trom fo 'n an-eibhinn  
Gur sgrios-léir dhoibh bu chrioch,  
Cha b' ann a mhàin le do bheul  
Rinn thu 'chaismeachd sin éigheach,  
Do bheatha sìor chur an céill doibh  
Gu 'm b'aon bha ceusd thu le Criod.

IX.

Ni bha ghnàth ga do leònadh  
Bhi faicinn rian an luchd-treòraich,  
An aghaidh 'n teagaisg s an eòlais  
Air reachdaibh glòrmhor 'n Ard-righ,  
'Sa toirt dearbhaidhean mòr air,  
A' chliù th'air gràsan Iehobhah  
S an gnàth toirt fianuis s a' còmhach,  
Nach b' ionnan beòil doibh us crìdh';  
Freumh gach uilc bhi fo 'n chleòca  
Gaol an airgioid bu mhò leo,  
Mar shaibhreas s buannachd a b' òirdheirc  
Na masladh s bròn fo chuing Chriosd,

[TD 68]

An cleachdadadh féin air an dòigh sin  
To'airt na brèige da 'n còmhradh  
Sa mhuinntir eudmhor an còmhnuidh  
Fo lotaibh mòra da 'n trìd.

X.

S ge d' bha diomhanas sgrìobhta  
Na do shealladh gach aon uair,  
Air gach ni bh' ann san t-saoghal  
De 'n d' rinneadh iodhal do mheall,  
Is ann bhiodh t' anam fo ìoghnadh  
Ag amharc nitheanaibh timeil,  
Tu faicinn làmh fir do ghaoil annt'  
O! b'E do shiochaint gach àm;  
Bhiodh tu sealbhachadh milseachd,  
Ann san tròcair a b' isle  
S ann a mheasadh a prìs leat,  
Se luach na h-ìobairt a bh' ann;

Ged bu gheall-daingnich iad daonnan  
Dhuit-s' air lànachd t' Fhir-saoraidh  
Timchioll-ghearrt bha do chridh' leo,  
Gu dlùth air Criost os do cheann.

XI.

Nuair bu dlùith' bhiodh do chòmhradh  
Air nithe talmhaidh no feòlmhor,  
Bha 'n earail naomh a thug Pòl dhuit  
An cleachdadadh beò na do chridh;

[TD 69]

Bhiodh do chainnt an deagh òrdugh  
Fo bhlas ùr-labhraidh an còmhnuidh,  
Le salann gràis a chum fòghluim  
S cha b' ann gu connspaid no strì,  
Bhiodh t' inntinn shuas ris a' ghloir sin  
Air 'n do dhaingnicheadh còir dhuit,  
Lìont' le iongantas sòlais  
S tu 'mealtuinn dòchais làn-chinnt,  
Air na beannachdan mòra  
Tha 'n co-cheangal siorruidh na tròcair,  
Tre 'n mheasadh tìm leat ro òirdheirc  
Ach air mhodh sònraicht' ro fhaoin.

XII.

Ge d' mheasadh aimsir diom-buan leat  
Mheasadh tìm leat ro luachmhor,  
A chleachdadadh dichioll us cruadail  
Air taobh an Uain fad do là,  
Do shìochaint féin 'dheanamh suas ris  
Cha b'e a mhàin bh'ort mar uallach,  
Ach anmaibh gràsmhor a shluagh-san  
A thogail suas dha do ghnàth,  
O'n ghabh thu 'chuing air do ghuailibh  
Gu dol tre dheuchainnean cruidhe  
B'e do chrìoch mar fhear cuairte,  
Do thoradh suas a bhi fàs  
Do shùil a ghnàth togta suas ris,  
An dùil ri gràs an Ard-bhuachaill'  
A chum go shaothair 'bhi buadhach,  
Gu anmaibh truagh 'tho'airt gu slàint'.

[TD 70]

XIII.

Bha thu truacanta bàigheil  
Ris na braighdean bu tràilleil',  
A bha na 'n ciomaich aig Sàtan  
Ga 'n cumail làidir fo dhaors',  
T' innidh thròcair làn gràidh dhoibh  
Ged b' iad do naimhdean s t'eascàirdean  
B'e t'fhìor dhurachd tre ghràs doibh

Gu sealbhaicht' slàint' leo gach aon  
A thaobh do chaoimhneis do d' chàirdean  
A bha tre Chriosd duit na 'm bràithrean,  
S ann bha do mhaoth-chridh' gu làthail  
Cur thairis làn doibh le gaol,  
Tu giùlan ìomhaigh an t'Slànaigheir  
Anns gach buaidh agus pàirt dhiot,  
Is mòr a chìte na d' fhàiltibh  
Dheth 'naomhachd àluinn ro chaomh.

XIV.

Fhuair thu neart na do ghàirdean  
Gu bhi gleachd ann an tàbhachd,  
Fo na h-airm nach do dh' fhàilnich  
Rinn treun thu s làidir fo d' cheann,  
A chaidh a mach s gach cruaidh chàs leat  
An aghaidh armait an nàmhaid  
Air 'n tugadh buaidh fad do là leat,  
Ge d' bha e ghnàth ort an geall;  
Ach fo cheannard do shlàinte  
Bhrùth do naimhdean fo d' shàiltibh

[TD 71]

Us chuir thu 'n ruaig anns gach blàr orr',  
Do chlaidheamh sàitht' annt gu teann;  
Bhiodh amhladh mòr air feachd Shàtain,  
Ag éisdeachd gléusaидh do chlàrsaich,  
Us t'iollach fhuaimneach buaidh-làraich,  
N uair bhiodh an àirc na do chàmp.

XV.

S mar bha t' anfhuinneachd làthail  
A' cur feum air ùr ghràs leat,  
B'e do bheus bhi fein-àicheil  
Cia cho àrd s bhiodh do bhuaidh,  
Faire shònraicht' a ghnàth ort  
Nach deanta dìmeas no tàire,  
An cor iosal air gràs leat  
Ach g'a àrdachadh suas:  
Cha b' ann le lòchran a mhàin  
A dh' imich Dòmhnull tre 'n fhàsach,  
Ach ola an còmhnuidh o'n lànachd  
Nach do thràigh fad do chuairt;  
Tre fhéin-fhiosrachadh gràsmhòr  
Tric a theàgaisg thu chàch e,  
Nach b' ann uatha féin a bh' an slàinte  
Ach tre fheartaibh blàth ful an Uain

XVI.

Do sholus naomh rinn thu leanmhuinn  
Le cogais mhaoth agus anfhunn,

[TD 72]

T' inntinn chaomh cho neo-mharbhant  
Os ceann na talmhuinn do ghnàth,  
Fhuair thu 'n saoghal na 'chealgair  
Le bhrionnal baoth cho neo-earbsach,  
Gu 'n chuir thu thaobh e le 'shalchar  
Mar phlaosgaibh falamha gun stàth,  
Bu ghaisgeach treun thu 'bha calma  
An aghaidh séisdeadh nan garbh-chath,  
Tu air do ghleusadh fo t' armachd  
Uchd-éididh s ceann-bheairt na slàint',  
Gach ni bh'an déigh air sgrios t'anma  
Rinn thu cheusadh s a mharbhadh,  
Us chlaoidh thu 'n fhéin to'airt beul balbh dhi  
Gun chomas labhraidh ach gràs.

XVII.

Bha do bhuadhaibh s do ghràsaibh  
A' co-chòrdadh gun fhàillinn,  
Ged bha 'n fheòil s a gath sàithte  
Le teachdair Shàtain a' d' dhéigh,  
B' fhior fhear-leanmuinn air Paul thu  
Fad do chuaирte tre 'n fhàsach,  
Giùlan uallaich an àlaich  
Us cùram gnàthaicht' an treud,  
Bha 'n ro-chùram-san làitheil  
A' luighe dlùth riut mu t-àirnibh,  
Eallach tròm aig cathair-gràis ort  
Far 'm bu ghnàth leat bhi treun,

[TD 73]

An Spiorad uachhmhacaich o'n àird ort  
Aig éigheach suas ri d' naomh Abba,  
Gu 'n cumta suas iad 's gach gàbhadh  
A chum s nach tàrladh dhoibh beud.

XVIII.

Thugadh gliocas us ciail duit  
A ghlacadh shionnach chum dionaidh,  
Dearcan òg nan crann-fiona  
Mu 'n rachadh 'n crìonadh s iad maoth,  
Bha do phuincibh cho fior-ghlan  
Cho geur-rannsachail diòmhair,  
S nach tugta fasgadh do shòn leat  
A bhacadh diadhachd le daors';  
T' fhaicill dlùth mar an cianda  
Nach mùchte gràs cia cho ìosal,  
A dh' fhaodadh Sàtan le 'lionaibh  
A chumail shìos fo chruth gaoid,  
Ach cumail taic ris' le dian-spairn  
An aghaidh innleachd an diabhuil,  
S an t-ionmhas làn bha o Dhia dhuit  
Cur buil air t' iarrtuis gu saor.

XIX.

N uair dh' fhosgladh suas duit gu fialaidh  
Stòr nam beannachdan siorruidh,  
S a rinneadh stiùbhard le Dia dhiot  
A chum a riaghladh gu saor,

[TD 74]

Bhiodh pailteas lòin do na ciocraich  
Uisge beò do na h-iomhoir,  
Do na leòntaibh sàr-iocshlaint  
A ghlanadh iorbhail gach gaoid,  
Gach soitheach falamh bhiodh lionta  
Dheth 'n ola a' dhioladh na fiachan,  
Cha bhiodh aon diubh nach riaraicht  
A nuas bho liontachd na maoin  
Oir bha 'n t-ionmhas ud siorruidh,  
Us creidimh 'gabhair coimhlionaidh  
Air na geall'aibh ion-mhiannuicht;  
A cuan neo-chriochnuicht a ghaoil.

XX.

Gheibheadh lomnochdaich éideadh  
Balbhain fosgladh am béis ann,  
Lotan chridheachan réubta  
Leigheas chreuchdan us leòn,  
A 'neach bha caillt' bhiodh deagh-sgeul air  
Gheibheadh anfhuinneachd tréine,  
A neach bha 'n dorchadas léirsinn  
Laigse an euslaintich treòir;  
Luibhre a' glanadh o 'bréine,  
Gach cneidh-ghalair no eucaill  
Us uisgibh Iordain làn éifeachd,  
Gu 'n to'airt gu sgéimh mar bu chòir;  
Dh' fhàs Abana neo-spéiseil  
Fhuaradh Parphur gun fheum dhoibh  
Buailt' le plàighean na h-Eiphit,  
S an uillt nach faoidt leò an òl.

[TD 75]

XXI.

An uair a shileadh an drùchd ort  
Bu treun an gleachdair thu 'g urnuigh,  
Do chridh' teth cho maoth-bhrùite  
S tu tagradh dlùth trìd an Uain,  
T'innidh ghràidh an geur-dhùrachd  
Fo fhrasaibh blàth nan gràs ùraich,  
A' mealtuinn làthaireachd a' ghnùise  
Us deatach tùise a' dol suas;  
B' fheairde neart na caol-smuid sin  
B' fheairde taic na cuilc bhrùite,  
Toradh blà t'ìobairt-chùbhraidh

Dheth 'n òla ùngaidh a nuas  
Gheibheadh doill an sabh-shùl ann  
Bacaich leumnaich gu sunntach,  
S rach' òighean cadail o dhùsal  
Us mairbh a' dhùsgadh o'n suain.

XXII.

Leis cho eolach s a dh' fhàs thu  
Air fear-casaid nam bràithrean,  
Tha ri foireigneadh an àlaich  
Ga 'n to'airt a ghnàth leis a thaoibh,  
Bha do mhaoth-chridh' cho bàigheil  
S gu 'n rach' tu sios air a sgàth-san,  
Do 'n doimhne g'an tearnadh  
S an to'airt o mhàig an droch aoin,  
Ga leantuinn fein air an sàiltibh  
A chum nam baideal a b' àirde,

[TD 76]

Do chruth chosamhlachd Shàtain  
Ri obair gràis ann sna naoimh,  
Cùram mòr ort mu 'n tàrladh  
Le Prionnsa Thìruis an àrdain,  
Gu 'n sgriost a h-aon diubh le bàs an  
Neo-thimchioll-ghearrt' ann an craoidh.

XXIII.

Nuair ghairmeadh t'anam do 'n t-suaimhneas  
Dh' ullaich Ard-righ nam buadh dhuit  
Bu ghoirt cràiteach an sluagh sin,  
A bha mu 'n cuairt ort a ghnàth  
Bu fhrasach deòir air an gruaidhean,  
An cridhe leòinte fo chruaidh-chàs  
Do thigh bu Bhòchim e'n uair sin,  
Le gal nan truaghan thu dh' fhàg,  
Cha b' ioghnadh mor ged bu chruaidhe,  
Air fuil s air feòil do tho'airt uatha  
Sàr oid'-altrum co luachmhor  
A thogail suas uath' co tràth,  
Ge d' b' aobhar bhròin e cho luath leò  
S a chaill iad comunn an uasail,  
Bha caoimhneil carthannoch truasail  
S an anmaibh fuaight ruit an gràdh.

XXIV.

Bha thu 'd' chobhair gu fuasgladh  
Air na bochdan fo thuairgneadh,

[TD 77]

Bhiadh aig òsnaich fo smuairean  
Fo thuinn s mi-shuaimhneas an sàs,  
B' iuchair-fhosglaidh bha buadhach

Air cor nan deòraidh s nan truaghan  
A bhiodh le Sàtan g'am buaireadh  
Ga 'n cur 's gach uair fo chruaidh-chàs;  
Is iomadh eire us uallach  
A bhiodh ro throm air an guailnibh,  
O'n d' fhuaradh saors iomadh uair leò  
N uair ghlaoidhte suas leat an ainm,  
Spealcta an cuibhreach gu luath dhiubh  
Fo ghiallaibh bàis bhiodh làn-bhuaidh ac'  
Bhiodh cliù saor ghràis a dol suas leò  
Chum glòir àrd-bhuachaill an slàint.

XXV.

N uair thigeadh 'n làn sin a nuas ort  
Gheibheadh peacaich iom'-ruaigte,  
Fo dhìteadh cogais s làn uamhais  
Fo throm uallach us sgìth,  
Fois do 'n inntinn thonn-luaisgte  
Saors o gheimhlichibh cruaidhe,  
An Spiorad Naomh gu treun buadhach  
Ga 'n to'airt gu suaimhneas le sìth,  
S an crìdhe reòit bha fo 'n fhuar dhealt  
Thigeadh beò le crith-ghluasad,  
Anail bheoil Righ nan sluagh ort  
A' teachd a nuas mar threun ghaoith,

[TD 78]

Am fear bu treise s e'n uachdar,  
Creach an t-Sàtain ga fuasgladh,  
Bhiodh ceòl do ghàirdeachais fuaimneach,  
To'airt sgrios air cluain an droch-aoin.

XXVI.

Fhuair thu gealladh ro àraidh  
A choimhlionadh a' d' là dhuit,  
Clann do chloinne fo àrach  
An t-soisgeil ghràsmhoir ri d' linn,  
Righ nan uamhas 'nuair thàinig  
Cha d' chuir e fuathas no sgàth ort,  
Cha robh gath ann sa' bhàs dhuit  
Ach gairm o àmhghar gu sìth,  
Thàinig samhradh an àigh ort  
Theich gach duibhr agus sgàile,  
Cha tig oidhche gu brach òrt  
Do sholus làn bidh a chaoidh,  
Dh' fhág thu Senir s Amane  
Gach leòmhan s béisd a bha tàmh annt  
Do bheinn a mhírr us tùis aloes  
Thug Aingl' thu 'n làthair an Righ.

XXVII.

Ged tha do chomhar air fhalmh'chadh  
Shìos fo fhòidean na talmhuinn,

Tha t'fhanuis beò gu bith-labhraidh  
Ris na h-aingidh 'san t-saoghal,

[TD 79]

Mar tig gràs orr' ri 'aimsir  
Ga 'n to'airt beò tre 'n ath-ghineamhuinn  
Chì iad Domhul ged dh' fhalbh e,  
A' teachd an armaitl nan naomh  
A nuas o neamh chum a dhearbhadh,  
Nach breug no sgleò bha na sheanchas  
Chur Amen ri binn damnaidh,  
An dream a dhearmaid an saors',  
A dhionnsuidh léir-sgrios d'an anmaibh  
Gu ifrinn-theinteach g'an tearbadh,  
Gu cuan neo-chriochnach gun teancas'  
Do dh' ionmhas feirge nach traogh.

XXVIII.

Sin an t-àit am bi a ghairstinn  
Ann sna lasraichean feirge,  
Gath na cogais g'an teirbheart  
Deimhnibh foir'gneach g'an cràdh,  
N àmhunn-ghoilteach a's deirge,  
Tonn air thonn a sior ghairm dhoibh  
Air peanas peacaidh ni 's gairge,  
Dol an gairbhead gach tràth;  
O'n chuir iad cùl ris an taigse,  
Bidh teas na fürneis ni 's seirbhe  
Deatach smùidreach bidh doirbh doibh  
Gun dùil ri teancas gu bràth,  
Ma mheas iad Domhul air mhearrachdainn  
Nuair chuir e'n céill doibh an amaladh,

[TD 80]

Innsidh siorruidheachd d'an anamaibh  
Gu 'r iad gu dearbh' a bha bath.

XXIX.

Ach 'n àm 'bhi tional an iarmaid  
A ghineadh leis-san an Criosa,  
Na shaothair-ghràidh ann san fhion-lios  
Tre fheartaibh siol-chur nan gràs,  
Sa théid an gairm-san gu fialaidh  
G' an togail suas ann sna nialaibh  
An còdhail àrd-righ na siocaint  
An culaidh chiataich gun sàl,  
Sa sheasas Domhul 'na fhanuis  
Air ceann a shliochd na 'n cruth-fiorghlan  
Na 'thrusgan maiseach geal sgiamhach,  
Le gnùis gun fhiamh ach gean-gràidh  
'San glaodh e'n àird le beul liona:  
Feuch mis' s a chlann a 'thug Dia dhomh

A' mhealtuinn sòlais ion-mhiannuicht',  
An tobair shiorruidh nach tràigh,

XXX.

O'n fhuair iad fois ann an Criosda  
Le 'n chuir iad dòchas na 'iobairt  
Tre chreidimh beò air fhuil phriseil,  
Bhiodh dhoibh mar ioc-shlàint' an slàint'  
Air dhoibh bhi 'g osnaich gu h-ìosal,  
Bha corp a bhàis dhoibh na Phriosan

[TD 81]

'S ged bha gleachd ris na phian doibh  
Bha suaimhneas siorruidh fo A ghràdh;  
B'e siud an sòlas a lion iad  
An dùil an còmhnuidh làn mhiann air,  
S nuair thig cò-làmh an triall dhoibh  
S iad làn choimhlionta na làthair,  
Bithidh aobhar glòraich air Dia ac'  
Feadh linn nan linntibh gu siorruidh,  
Gu 'n ghairmeadh Domhull g'an spionadh  
A mach á liontan a bhàis.

XXXI.

Ach tha thu nis ann sna neamhan  
Le d' chlàrsaich òir air ùr-ghleusadh,  
Cha lagaich fuaim a cuid téudan  
O sheinn laoidh éibhinn an Uain,  
Cha chuir sruth Bhabiloin éis ort  
O sheinn air glòir làithean réite,  
Chriochnuich bròn bùthaibh Chédair,  
Cha 'n i tir Mhesech do chuairt,  
Ach ionad còmhnuidh an Dé sin  
A rinn le 'ghlòir do làn-éideadh,  
Cha tig sgleò air do leirsinn  
Cha 'n fhaicear deur air do ghruaidh,  
Gearain cràiteach fo dheuchainn  
Cha tig gu bràch o do bheul ann,  
Ach sonas lànachd nach tréig thu  
Le Aingle trein ort mu 'n cuairt.

[TD 82]

XXXII.

Is neo-fhoirfeachd an tràthsa  
Tha mar easbhuidh a mhàin ort,  
Nach robh corp diomhair an t-Slànuighear  
Na iomalaùnachd leat shuas,  
Ach na 'àm thig an là sin  
Nach bi easbhuidh no fàilinn,  
Air' bhuill-san dheth lànachd  
N uair thig an t'Ard-righ a nuas,  
Bidh 'n cuirp mar ghloinidh a' deàrrsad

Air a għlanadħ 'san àmhuinn,  
Loisgear suas na h-eas-càirdean  
Le 'n d' rinneadh tàir air an Uan,  
Bìdh 'n anma geal a sìor dhealradh  
S an coin co-chuimt' 'san aon nàdur,  
An aonachd għlormhor ro àluu  
Nach sgar am bàs gu bith-bhuan.

XXXIII.

Ach tha sinne air ar fàgail  
As do dhéigh ann san fhàsach,  
A' dol fo bhròn tre ghleann-Bhàca,  
S a Dhé bi għnàth air ar stiùir,  
Lion do thobraichean làn dhuinn  
Slochdaibh dionach neo-thràighe,  
Thoir dhuinn ciochan bhios slàinteil  
Mu 'n téid sinn bàs leis a għrūid,  
Thoir sinn beò le t' ùr-ghrāsaibh

[TD 83]

Daingnich còir dhuinn na t' fhàbhar,  
Ullaich lòn dhuinn g'ar n' àrach  
Bi féin a għnàth aig ar bùird;  
Thoir dhuinn innealaibh-tàir'nidh  
A chum gu 'n deòthlar ar sàth leinn,  
Do ionmhas sòlais na lànachd  
Tha 'n cliabh an t-Slànuighear chiùin.

XXXIV.

Cum bho dhion o na tairbh sinn  
Oir tha 'm bùireich a' seirm ruinn,  
Dion fo'd' sgàil sinn o ghairbhinn  
Droch cuideachd choirbt a mhi-rùin,  
Dean ro chinnteach do ghairm dhuinn  
Sgeadaich diongmalt fo t' airm sinn,  
Dean dhinn saighdearan eirmseach  
Us aimsir dhoirbh oirnn teachd dlùth,  
Dion o chlosaich a' mhairbh sinn  
Dion o thrombaid na foirm sinn,  
Na biodh t'fhacal gun tairbhe  
Ach ro shoirbheasach dhuinn  
Na fàg air cladach na failbh' sinn  
Thoir fo sgàil nan craobh-pailm sinn,  
Bi na d' dhion o gach stoirm dhuinn  
Us neul na feirg' os ar cionn.

[TD 84]

FONN AIR DOMHULL MUNRO.

[B'e seo Domhnall Munro a bha na Lighiċċ an Duneideann s a bh' air ainmeachadh air an Sgiathanach ainmeil dha 'n d' rinn am Bard Marbhrann. Rinneadh a' fonn seo air oidhche Shathuirne s e 'g altrum

a ghille: bha 'm Bard an déis an fheasaig a tho'airt deth s mar  
biadh gu 'n robh 'n t-Sàbaid faisg air laimh chaidh an còrr 'chur  
air an fhonn.]

I.

M' ULAIDH air Domhull Munro  
S mòr mo thoigh umad fhéin.  
M' ulaidh, &c.: 'S mòr, &c.

II.

Nam bu collach thu ri Domhull  
S ann bu mhò 'bhiodh de spéis.  
Nam, &c.

III.

S iomadh aon do chloinn nan deoirdidh  
Bhiodh na 'n comhlan ás do dhéigh.  
S iomadh &c.

[TD 85]

IV

S iad a' miannachadh do chòmhraidh  
Bhiodh mar chòisir dhoibh o d' bheul  
S iad, &c.

V.

A chuireadh an aignidh air mhire  
Ged a shileadh iad na déir.  
'Chuireadh, &c.

VI.

Ann an tòiseach na buain eòrna  
'N raontan Bhoais bu mhor d' fheum,  
Ann an, &c.

VII.

Dh' fhàgadh tu bho bheum do chorrain,  
Dlòghan torrach às do dhéigh.  
Dh' fhàgadh, &c.

VIII.

Gheobhadh Rut dhi féin a còir dheth  
S cuibhrionn leòir do 'mathair-chéil.  
Gheobhadh, &c.

IX.

Aig àm riarrachaидh an lòin leat  
Cuibhrionn leòir cha bhiodh aig Féin.  
Aig àm, &c.

[TD 86]

X.

Dh' fheumnadh iad an àm an comaidh  
'N gréim a thomadh 'san fhion gheur.  
Dh' fheumadh, &c.

XI.

Is cha b' aithreach dhoibh an turas  
S iad a buinnig air do sgeul:  
Is cha b' aithreach dhoibh an turas  
S iad a' buinnig air do sgeul.

[TD 87]

AM FOCAL.

Rinneadh am Focal na 'fheoil agus ghabh e comhnuidh na 'r measg-ne,  
... làn gràis agus firinn.—Soisg.: a réir Eoin: i. 14.

I.

S e'm Focal Firinn ro dhilis fior sin,  
Ghabh còmh'n' measg dhaoin' bhios na ioghnadh siorruidh;  
An t-innleachd naomh sin os cionn gach miorbhui  
N uair dh' aon e'n daonnachd na 'ghaol r'a dhiadhachd.

II.

B'e 'n t-ioghnadh ard e nach lan tuig ainglibh  
E theachd gu bàs ann an aite 'naimhdean  
S a dh' fhulang càinidh us taire cainnte  
Us buairidh laidir fodh spairn o dhaimhnibh.

III.

B'e 'n t-ioghnadh ard e 's an gràdh do-labhraidh  
N uair ghabh siol Abraim 's a dh' fhàg e ainglibh  
Chur 'anma ghrasmhor fodh chràdh s fodh theanntachd  
An àit nan traillibh s to'airt grais na 'gheall doibh.

[TD 88]

IV.

B'e 'n gaol do-iomraighe a bha 's a mhalaind  
Bu sheirbhe na bhurmaid bu duilge ghabhail  
Ag òl an ionmhais 'n uair thiomnadh 'anam  
Do mhallaichd iomlan an iomlaid beannachd.

V.

Ag òl fion geur ann an éiric bainne  
S an domblas eillteil an éiric meala  
Ghabh smugaid bhreun ann na eudann bheannuicht,  
Airson ol-ungaideh nì 'n gnuis a ghlanadh.

VI.

A ghabh crùn droighnich mu cheann ro ghloragh  
Airson crun aoibhneis d'a oighreachd bhroinich,  
S na lotan reubta na chré ro oirdhearc  
Gu leighis euail us chreuchd nan deoiridh.

VII.

Bha anaman dhaoin leis ro phriseil luachmhor  
S nach faodt an saoradh le ni bu shuaraich  
Na iobairt fhior ghlan gun ghaoid an Uain seo  
M bheil feart neo-chriochnach 's neo-chaochlach buadhach.

VIII.

S e gaol neo-chriochnach a chaoidh do ghluais e  
Gu teachd 'san daonnachd gu saoradh thruaghain;  
S dh' iath gloir na Firinn gu dian mu 'n cuairt air  
Airson coimhlionadh gach ni do luaidh i.

[TD 89]

IX.

Dh' earb Dia a ghloir ris s bu leor an taic dha  
Mar urras oirdhearc air gloir d'a cheartas;  
S d'a lagh; s cho-chord iad dh' aon deoin le aiteas  
Gu gloir do thròcair 'tho'airt beo nam peacach.

X.

Tha obair chriochnaichte Chriosd cho gloirmhor  
S gun bhuaidh 'san diadhachd nach d' lion i comhladh,  
Le aiteas siorruidh s co-riaraicht' còirdte  
Tha 'chorruich bàtht' ann an lanachd trocail.

XI.

Tha 'n lagh ro arduicht bu namhaid mhor dhoibh  
Na 'm peacaich ghraineil 'n comhdhàil ri trocail  
S an ceartas sàsuicht a bha ga 'm fogradh  
Na 'n cairdibh gràidh dha tre ghràs ga 'n còmhnad.

XII.

Cha b' ionnan eifeachd bha 'n euceart Adhaimh  
Gu tarruing leir-sgrios gu leir air àalach  
S tha dh' fheartaibh treun am fiul réit Imman'il  
Thug ullachd féin dhoibh mar éideadh slainte.

XIII.

B'e 'n gaol bith bhuan e r'a luaidh 'sna h-ardaibh  
Bhi fulang truaighe bu chruaidh an càs e  
Airson nan truaghan a bhual gu bàs e  
S e'g urnuigh suas ann na thruas gu gràs dhoibh.

[TD 90]

XIV.

B'e 'n t-ioghnadh creutair cho breun s a tha mi  
Bhi 'n dùil ri réite tre chreuchdaibh cràiteach  
S ri leigheas neamhuidh o m' euail ghraineil  
O lotaibh chléibh-san a reub mo lamhan.

XV.

A bhratach ghloirmhor tha teò-chridh'ch grasmhor  
A lot' 's a leonadh le doruinn chraitich  
Siud tobair sòlais an t-sloigh e ghradhaich  
Tre chreidimh beo gu bhi 'g òl an sàth às.

XVI.

Seo tobair trocair tha leoir lan shaibhir  
Gu peacaich s neo-ghlain ro mhór tigh-Dhaibhidh  
A chur air fogradh; 's e'n dochas daingnicht  
S tha shruthain sòlais 'ruith beo mar aibhnibh.

XVII.

Tha 'obair dhiamhair 'n gniamhaibh cuimseach  
S a rùn a' riaghadh gach nì gu teirbeadh  
O'n iodhaill inntinn ged 's nì tha doirbh leo  
Bhi spannadh chioch o'n cuid mhiannaibh toirmisgt.

XVIII.

Am to'airt nan cioch uath bhios pianntach geur dhoibh  
Gur tric clann diolan a' fiaradh béal riu,  
S a' casadh fhiacall le fior neo-spéis riu  
S ga 'n saltairt sios mar bu mhiann le 'n eucoir.

[TD 91]

XIX.

Ach s beag an smaointinn mu 'n nì tha 'n dual doibh  
Tre 'm fanoid fhaoin air na h-aoinibh luachmhor;  
Mar chloinn na daors' iad a bhi ga 'm fuadach  
A mach air faondra feadh raon gun bhuachaill.

XX.

Tha 'shlighe do-lorgaich, 'san stoirm tha cheumaibh  
S na neultaibh dorchaidh o bholg nan speuraibh  
Tha 'n coltas colgail ro dhorch do reusan  
S an ionmhas folachaidh ro dhoirbh r'a léirsinn.

XXI.

S nì grian na slàint' nuair is àill le éirigh  
Na neoil seo àillidh na lànachd deagh ghean,  
Na 'm frasaibh grasmhor do gharadh feumnach  
S na 'h-ùr-bhraonaibh blàth gu to'airt fàis do gheugaibh.

XXII.

S ged thog e'n àird iad air bharr nan sleibhtibh  
A dh' fhaicinn dealraidh ro àluinn 'éididh,  
Thig neul chur sgàil orr, bidh iàd na 'n éigin  
Gu 'n labhair ard ghuth a ghraidh o bheul riu.

XXIII.

Le bhi ga 'm marbhadh o shearg bheir beo iad  
S bheir e le 'n salachadh air falbh a neo-ghlain,  
S ni slan an anman le dealgaibh leoinidh  
S le dianamh anfhanna cha dearmad treoir dhoibh.

[TD 92]

XXIV.

S le 'n dianamh daibhir bheir saibhreas buan daibh  
S e meud an calldaich gach àm am buanach'  
S le 'n cur 'sna teinntibh ni 'n cuibhreach fhuasgladh  
S na 'm bròn bi 'd aoibhneach a' seinn le luathghair.

[TD 93]

TALADH.

I.

TOISEACH Faoilllich chion arach  
Iorbull Feadaig na 'lainnir  
Mar bu mhiann leis na seanair  
A dh' fhalbh Uainn.

II.

Mar rogha sgeul us deagh mhanadh  
Dhoibh na 'dheigh air deagh earrach  
Gu bhi reubadh s ag arach  
Na talmhainn.

III.

S tiormachd Mairt 'chur sìl fallain,  
S Ceitein bhlàth nan driùchd meallach  
A sgaoileadh fhochann gu daingean  
Do sheargta.

IV.

Samhradh ciatach bhraon tairis  
S Iuchar seimh a ghrian dealraidh  
Bheir gu crìoch an deagh fhoghair  
Ro tharbhach.

[TD 94]

V.

S ann tha 'n nì seo ga m' tharruing  
Gu nì àraidh th' air m' aire  
Chur an céill ged nach canam  
Ris searman.

VI.

Mu 'n an nial sin mu 'n d' labhair  
Eoin an Diadhair san t-sealladh  
Bha dha feumail an amaibh  
Geur leanmhuinn.

VII.

S cha 'n e 'mhain a bhi labhairt  
Ann am beul no le teangaidh

A tha feumail s na h-amaibh-s'  
A dh' anamaibh:

VIII.

Ach beachd smuaineachaidh fallain  
Air a dhiomhaireachd fhalaicht  
Tha do-rannsuicht do bhreithneachadh  
Thalmhaidh.

IX.

S freasdal dorcha gun amhuil  
An diadhair treun seo r'a amharc  
'Bhi fodh neul s e mar fhalluing  
Tha falachadh,

[TD 95]

X.

Gloir ro oirdhearc gach sealladh  
Bha 'to'airt sòlais na 'n carraig  
Mar le oranaibh gàir d'a  
Luchd leanmhuinn.

XI.

Ach s e comh-fhurt' gach anam  
Dheth chuid fhianuisean beannaicht  
A cho dian s a tha e'n teannadh  
Gu 'n dearbhadh.

XII.

Bogh a thearuinteachd dhaingean  
Thar an nial seo bhi aithnicht  
Comh-cheangal siorruidh nan geallaidean  
Tearmuinn.

XIII.

Air ceann an Tì mhoir ro bheannaicht  
Aingeal treun a chomh-cheangail  
Bogh a chumhnaint tha daingean  
Ro dhearbhata.

XIV.

An dataibh àillidh eugsamhuil  
Gorm us buidh' lan lainnir  
Purpur s sgarlaid s gach sreach  
An comh-dhealbhadh.

[TD 96]

XV.

S oirdhearc àillidh an sealladh  
Do 'n t-suil ghrasmhor r'a amharc  
Cuairt s gach stiom eadar-dhealaicht  
Ri 'n ainmach'.

XVI.

S cach cho dlu air an ceangal  
Ann an aonadh do-sgarail  
S a cheann ghlormhor a charruig  
Nach carr'clear.

XVII.

Bu dorch an neul bha do'n t-sealladh  
'G iathadh mu 'n cuairt do 'n Ard-Cheannard  
Ann na 'dhaonnachd air thalamh  
Fo dhearbhadh

XVIII.

Dhiabhuil bhorba ro nimheil  
Bha 'g a bhuaireadh le an-iochd  
S naimhdean geura le 'n lannaibh  
Ga 'mharbhadh.

XIX.

Dh' iath tiugh dhorchadas thairis  
Air na speur 'n uair bha 'anam  
Ann am pein tha do-labhait  
Ri sheanachas.

[TD 97]

XX.

Guth o nèimh cha robh labhairt  
Ris gus fhuasgladh o'n eallaich  
'N uair a dh' iobradh fo 'n mhallachd  
Bha searbh e.

· · · · ·

<eng>[UNFINISHED.]<gai>

[TD 98]

DAN

LE

Eibhric a phiuthar dha 'n Ghobha air dha  
bhi air aiseag air ais chum slaint.

S ANN leam a b' ait an sgeula sin  
Chluinntinn gu na dh' eirich thu  
S an duil o bh' agam fhein ris  
Gur e'n t-eug a thainig teann ort.

II.

Cha 'n aithris mi do bhuadhannaibh  
Cha 'n eil mi sgeulach 'tuaileas air  
Mar fhaileas fhaon nam buadhar-lann  
Mar chluaran 'miosg nan deanntag.

III.

S comasach Iehobhah air  
Mo chuideachadh na m' òran dhut  
S e falbh s ag imeachd comhla riut  
S e'n comhnuidh dhut 'na theampull.

IV.

Nur bhiodh tu tinn s a dh' eireadh tu  
Le barrachhd grais chum treubhantais  
Gur àithnichte' san tigh-leughaidh  
Gu 'n a dh' eirich Gobha Shrannnd.

[TD 99]

V.

S nur chuireadh tu air choiseachd iad  
Gu calm' air an ùr-bhrosnachadh,  
Mar threud air am biodh collas  
Nach biodh gort orra na ganntar.

VI.

Nur lionadh thu do chuachan doibh  
Le bainne glan gun truailleachd  
Bu dileas ga tho'airt bhuat thu  
Dha na h-uain dha 'n robh e'n gealltuinn.

VII.

Thubhairt Iain caomh, an t urramach mor,  
'ga tilleadh, mar seo:-  
"Nur theid thu suas dha 'n t-Obbe leis  
S nur chluinneas Murchadh Leodach e  
Faighnichidh us feoraichidh e  
Co 'n òinseach rinn an t-amhran?"

VIII.

Agus thill Eibhric e mar a leanas:-  
An deigh dhut sin a dh' radh rium  
Cha bu tusa bhi mi 'g ardachadh  
Ach an Ti a bhairic ort  
Dheth ghras an ni gach gann dut

[TD 100]

IX.

Ach ghabhainn orm a dhànadàs  
Na chuirinn Iain Mac Phadruig leis  
Gu Maighstir Ruaraidh Bhracadail  
An dàn-s' air Gobha Shrannnd.

[TD 101]

BRUAIDLEAN.

I.

“S CIAN fada mo là leam  
Gu 'n dian mi na fàgail  
S mi 'gabhairil tur ghràin  
Dheth na Bhiobull;

II.

“Cha chluinnear san àite-as  
Ach leughadh us cràbhadh  
Us m' inntinn s mo chàil  
Air fàs sgìth dheth.

III.

“Dol dachaigh is feàrr leam  
Gu m' athair s mo mhàthair  
Nach cronus dhomh càil  
Dheth na nì mi:

IV.

“Cha striochdadh an àrdan  
Do neach a shliochd Adhaimh  
Gu m' shealladh ro àrd  
Tho'irt gu h-ìosal.

[TD 102]

V.

“O rugadh mi' m' phàisde  
Cha d' rùisg iad mo mhàsan  
S cha d' bhualail iad le gàdaig  
Na taod mi.

VI.

“Ged bhristinn an t-Sàbaid  
Cha 'n abradh iad càil rium  
S cha b' olc leo mar ghnàth dhomh  
Bhi baoth-chainnt.

VII.

“Cha 'n fhaigh mi Nic Phàice  
Na cailleach a cheàird ann  
Gu fiosachd no fàisneachd  
Dhomh innse.

VIII.

“Mo mhaighstir gàbhail  
Cho coirbte na 'nàdur  
S ri gilleann nach tàir mi  
Bhi briodal.

IX.

“Le achmhasan làidir  
Gu 'n dhuisg e mo nàdur  
Gu labhairt ni 's dàna

Le mì-mhodh;

[TD 103]

X.

“S ’n uair chuala mo phàrant  
Mar thug mi dha tàire  
Cha b’ ann ri mo chàineadh  
A shìn iad.”

XI.

S math fhuaireadh tu Hàna,  
S e thu’irt an tràth sin  
Gu ’n d’ thug thu dha tamailt  
Le dimeas.

XII.

“Cha ’n fheudainn dha géilleadh  
Gu rannsachadh Beurla  
S ’g am chumail o’n chéilidh  
Le sgrìobhadh.”

XIII.

“Thig dhachaigh s grad fhàg e  
Dian sniamh agus càrdadh  
S bidh coma gu bràch  
Dheth chuid sgrìobhadh.

XIV.

S na fuiling ri d’ bheò dha  
Bhi diteadh an Leòdaich  
S ro mheasail us mor  
Againn fhìn e;

[TD 104]

XV.

S ged ghonadh e’n cridhe  
S i Mòr a cheann uidhe  
S biodh iadsan a bruidhinn  
Mar dh’ fhaodas.

XVI.

Cho tric s nì e taghail  
Bidh Mòr air a feitheamh  
Seinn fuinn bheir deagh bheatha  
Dha daonnan.

XVII.

“Tha sibh-se to’irt bàrr  
Air gach clann ann san ait-s’  
Dh’ fhag siud iad g’ ur càineadh  
Le mì-run.

XVIII.

Cha 'n iognadh leam féin sin  
S 'n uair théid thu na d' éideadh  
Gur tearc tha bean t' eugaisg  
R'a faotainn.

XIX.

S do ghruag tha ro thlachdmhor  
Na camлагаibh bachlach  
S gu h-iomlan làn taitneachd  
Na t' aoduinn.

[TD 105]

XX.

S do mhalan cho bòidheach  
Ri iteig 'n lòn-duibh  
S do ghruaidhean mar ròsaibh  
Nan caorunn.

XXI.

B' fhearr diolanas Moire  
No iomadach posadh  
Ge lionmhor thug beol-bheum  
D'a thaobh dhi.

XXII.

S gur iomadh bean uasal  
Air làimh bheireadh suas i  
D'a cùirt far nach luaidhist  
Air aon diubh.

XXIII.

Dh' fhag siud an cuid cleamhns  
Na ghniomh tha ro aingidh  
Araon air a laimh-san  
S do taobh-sa.

XXIV.

S e miann bhi do-cheannsuicht  
'N uair shrioched i g'a ainneart  
Gu dilleachdan fann  
'Chur air faontradh.

[TD 106]

XXV.

O b' fhearr gu'n robh 'n dàn seo  
N a 'lian di chum teàrnaidh  
Ag greasadhbh chum slàint  
Agus saorsa.

XXVI.

S gu 'n tigeadh do ghràs ort

Na dhuisgeadh o'n bhàs thu  
Gu d' lotadh na t' àirnibh  
Le faobhar.

XXVII.

S a chuireadh fo d' chomhair  
Do lot a bhi domhain  
Us t' fheum air fior chobhair  
Na saorsa.

XXVIII.

S a feum air a glanadh  
Bho bhréine ro shalaich  
Gu léir an cuan fala  
An Fhir-Shaoraidh.

XXIX.

Ach Dia gu 'cur cabhaig  
Le 'ghras ort gu h-ealamh  
Gu teicheadh le t' anam  
Gu saorsa.

[TD 107]

XXX.

Cha mhòr bheir e shòlas  
Do t' anam s an dòruinn  
Na milltean dheth d' sheors  
Bhi ri d' thaobh ann.

XXXI.

S e anamannaibh mollaicht  
Do ifrinn is connadh  
S bhi lionmhor cha chothrom  
Do aon diubh.

XXXII.

Uisge searbh leis a mhollachd  
Uillt do ghairsinnean collaidh  
Gu lobhadh do bhronn-sa  
Cha taom e.

XXXIII.

S ge atadh do shléisneadh  
A chleachd do mhì-bheusaibh  
Le d' neòghan ri creutair  
Gun ghaol dut;

XXXIV.

A fìor uisge 'bheannachd  
Mor àigh ni do ghlanadh  
Nì sgiamhach na 'shealladh  
Gun ghaoid thu.

XXXV.

Na ghabh thu do shòlás  
An comunn an Leòdaich  
Air leabaidh 'ur dòruinn  
Bidh daor dhut.

XXXVI.

S ñì taitneach do 'n leomhann  
An t-uan bhi fo spògaibh  
S cha 'n ann gus a phògadh  
Le gaol da.

XXXVII.

S e'n taitneas s an sòlas  
Bha 'gnàth ac' 'san t-seòrs' ud  
An slugadh mar lòn  
Do 'n lòn-chraosach.

XXXVIII.

S a reisd air an dòigh sin  
Tha 'n gaol tha 's an Leòdach  
Do chiocras ro neò-ghlan  
'To'irt saorsa.

XXXIX.

S tha 'n gaol sin 'san t-Satan  
Ga slugadh ma thàireas  
Ga ifrinn a chràidh  
'G a shlaodadh.

XL.

An gaol ud tha neò-ghlan  
S e 'gnàth bhi neo-stòlda  
Cha ghabh e 'chaoidh còmhnuidh  
Aig aon té.

XLI.

Tha Somhairle air d' fhàgail  
Gu posadh am Beàrnaraidh  
Cha 'n fhaigh e gu bràch ann  
Bean d' aobhachd.

XLII.

Ach O! 's ann air bha 'n draothachd  
Nach ìnnsear 'o m' thaobh-sa  
'N uair dh' fhàg e le tàire  
Bean t' aogaisg.

XLIII.

S e 'call a chuid nàire

Thug riamh gus do fhàgail  
S nach faigh e bean t' àilleachd  
Ri 'shaoghal.

XLIV.

"Na biodh-sa ga 'chàineadh  
Ged dh' fhàg e mi cràiteach  
S ann fhuair iad a' sàs e  
Fo 'n daoraich."

[TD 110]

XLV.

S mas misgeir gu òl e  
S ri leanmhuinn na pòite  
Bu tusa 'n fhior òinseach  
Ga 'chaoineadh.

XLVI.

"Ged chuir e tur chùl rium  
Cha bhidh mi ga' ionndrain  
Oir 's deas tha fear ùr dhomh  
Ri fhaotuinn."

XLVII.

Ged bhiodh iad 'n an ceudan  
'N am buidhnibh s 'n an treudaibh  
A falbh ás do dhéigh-sa  
Cha b' ioghnadh.

XLVIII.

"S iomadh fleasgach us oigfhear  
Le 'm b' mhiann bhi ga m' phògadh  
S e dh' innseadh siud frògaibh  
A chaolais."

XLIX.

S nì fior leam do ràdha  
Oir cha'n fhaic iad measg àireamh  
Do choltas an àilleachd  
S an aobhachd.

[TD 111]

L.

Le d' ghorm shuilibh meallach  
Is colgarra sealladh  
S do bhian mar gheal chanach  
Na raoointean.

LI.

"Cha 'n e mhain mo chuid àilleachd  
Ach glaine mo nàduir  
S neo-thruaillidh gun fhàilling

Gun ghaoid mi."

LII.

Nam b' aon ann am beus  
Mar do théist umad féin  
Ri t' fhaotuinn mar chéile  
B'e 'n fhaodail.

LIII.

"Ach Ruaraidh Ruadh Chléirich  
Cha ghabh mi mar chéile  
Tha 'phearsa 's a sgèimh  
Ro mhò 's caomh leam;

LIV.

"Cha ghabh mi le Tormaid  
An caolas na Murchadh  
Ged dhianamh e dorghadh  
Us taomadh.

[TD 112]

LV.

"S a chiste bhig laghaich  
Bithidh dram aig us tea  
S bithidh sinn aig air thathaich  
Na daoraich."

LVI.

Bidh 'n t-aran s an càise  
S an t-ìm aig do mhàthair  
S bidh plaidichean blà dha  
Aig caomhaig.

LVII.

Cha dùin i an dorus  
Le cloidhean no dealan  
Tha 'n t-slighe s an cal ud  
Cho saor dha.

LVIII.

"Tha m' athair cho ciùin rium  
S ged theirinn an éigh ris  
Cha 'n abair e dùrd ach  
A ghaoil rium!

LIX.

"S mo mhàthair cho bàigheil  
S ged theirinn a phlàigh rithe  
Cha dian i ach gàire  
Na m' aoduinn."

[TD 113]

LX.

S ged dh' éireadh a bhraodag  
Le feirg ann an Raonuid  
Dhoibh b' éigin gu 'n géill' iad  
Araon di.

LXI.

S gu 'm b' fheàrr leithe no soisgeul  
Ged dhianadh i osnadh  
Bhi oidhche 'n a fhochair  
S na raontaibh.

LXII.

Ged nach rachadh i 'n leughadh  
Is i rachadh 'n a h-éideadh  
Gu ìmeachd gu féill leis  
Gu h-aotrum.

LXIII.

Culaidh bantraich s ann mhùth  
Mar bhan-chliamhuinn Iùdah  
S chaidh ribein a tùrs'  
Chur gu taobh leatha.

LXIV.

S na nìghneagan greannach  
Bha 'g radhtinn gur fanoid  
Bha 'm' òran do Hana  
S nach b' fhìrinn;

[TD 114]

LXV.

S ann bha iad lan doil'inn  
A chionn bhi 'ga d' mholadh  
S iad féin gun riut col'ach  
A h-aon diubh.

LXVI.

Cha bhreugan no sgannal  
S an dàn seo th' air m' aire  
Ach fìrinn gun mhearachd  
Gun chlaonadh.

LXVII.

S mur sguir iad dheth 'n glogais  
Dheth 'n goileam s dheth 'n leomais  
Iad fein,—théid iad còmhlaadh  
Riut sgriobht' ann.

LXVIII.

S ma théid ann an tarruing  
S gu 'n gluais mi mo theang' orr'  
Bidh cruaidh orr', mar aithreach,

Leo strì riut.

LXIX.

S ma dh' ìnnseas mi phàirt diubh  
Mu 'n cleachdaibh s an àbhaist  
S nì neònach mur nàir leo  
Ri éisd' e.

[TD 115]

LXX.

"Thu'irt mi féin ris a choinne  
Nach b'i bha s a choire  
Ach e féin bhi mi-loinneil  
S gun striochdadadh."

LXXI.

S math fhuaireadh tu, 'chuilein!  
S an gaol th' aig air luraig  
A chàineadh bhi fulang  
Cha 'n fhaod mi!

LXXII.

Nam b'e gaol a bha òrduicht  
Do Mhòr bha 's an Leòdach  
S ann ghabhadh e pòsd ris  
Mar aon i.

LXXIII.

S cha bhiodh e na bhréidean  
S an t-seisean aig té'ile  
S fo ùbhladh aig cléiribh  
Ga 'fhiachnadadh;

LXXIV.

S ann leis-san a b' annsachd  
Mar biadh 'bhi na 'bantraich,  
A pòsadh,-se dhannsadh  
Gu h-aotrum!

[TD 116]

#### SOCHAIREAN SLUAGH DHE.

I.

S truagh do 'n t-saoghal mar thàlaidh  
An t-seann nathair ar pàrantan  
Nuair a dh' aom iad le Sàtan  
O'n inbhe b' àird' thugadh dhoibh;  
Bu nimheil braon a ghath bhàsmhoir  
A lot ar sinnfir sa' ghàradh  
Le'n chaill iad iomhaigh na h-àilleachd  
S gach gealladh àigh ás a cheann;  
S cha robh seol na cion-fàth ann

Air an saorte an t-àlach  
Go 'n d' ullaich Criosda deoch-shlànaich  
Dheth fhuil mar phlàsda do 'n dream,  
A dh' eisdeas tairgse nan gràsan  
S nach dean dearmad air 'àithntean  
S a thig ga 'n tearmunn fo 'sgàile  
Le creideamh slàinteil gun mheang.

II.

Air dhuinn bhi 'n duathar na h-oidhche  
An codal bruadair gun soillse  
S còir dhuinn mosgladh gu h-aoibhneach  
Bho shuain s bho chuibhreach a' bhàis;

[TD 117]

Tha sgeula bàdhar r'a chluinntinn  
Dha'n tig dhuinn cluas 'tho'airt le faoilteachd  
An ti thug buaidh air an t-saoghal  
A' tairgse saors' o'n trom chàin:  
Tha 'ghairdean neartmor ruinn sìnte  
S a ghràdh cho laiste na 'chridhe dhuinn  
S a ghràs us fheartan gun diobradh  
Do 'n neach a dh' aontaicheas dha;  
Ach 's truagh a thachras do dhaoine  
'Bheir fuath dha reachdan s nach taobh iad  
Us fuaim na caismeachd-sa daonnan  
Ga 'n gairm bho dhaorsa ma 's àill.

III.

Thig dhuinn smaointinn le cruidh-chàs  
S le tùrsa cridhe fo throm uallach  
Bho 'n àm sam b' aithne dhuinn gluasad  
An t-olc bhi fuaight ri ar gnàths;  
Ann a' mì-run 's a fuarchaint  
Làn do fharmad s do thruailleachd  
Do dh' aimhreit, stri agus tuasaid  
A bha sinn buailteach gach tràth;  
Ach 's aobhar misnich us cruadail  
Dhuinn teachd Iosa gu 'r fuasgladh  
A thaisbein cairdeas us truas dhuinn  
Nach faod mi luaidh na mo dhàin;  
Sgealb dorsa-praisich s a bhuaile iad  
Le neart a ghairdean s a ghuail'ibh  
Thug cìs far Shatain le cruidh-ghleachd  
Bho 'n thug e buaidh air a bhàs.

[TD 118]

IV.

S olc an iomacheist s an luasgan  
Th'air clann nan daoine gu cnuasach  
Na nithe faoin nach bh' eil buan dhoibh  
S a shearegas luath bhàrr a bhlàir;

S iomadh aon le fior thuaileas  
Tha gaol an t-saoghaile-sa 'buaireadh  
S a leig a thaic s a throm-uallach  
Air saibhreas suarach a mhàin  
S nach dean smaointinn na gluasad  
Gu'n dean an t-aog a ghrad bhualadh  
S gu'n téid bho mhaoin a ghlan sguabadh  
Sios fo fhuar lic an làir;  
Ach ciod a bhrigh dha 'sna fhuair e  
Dh' aindeoin nì deth na bhuanach  
S 'anam priseil us luachmhor  
A' bhi fo thruaighe là bhràth.

V.

Bho 'n tha sinn fad ann an dùsal  
Fo chuing a' pheacaidh ga 'r mùchadh  
Tha 'n oidhche faisg agus dlùth oirnn  
Mar dean sin umhlachadh luath;  
O's ni tha nadarra dhùinn e  
Gun tig am bàs an gearr ùin' oirnn'  
S còir dhuinn faire le curam  
S nach dean sin urnuigh san uaigh;  
Ach s còir dhuinn breithnachadh beòthail  
Mu staid s mu aimid nan òighean

[TD 119]

Dha 'n theirig ola na 'n lochlain  
Air dhoibh bhi comhladh na 'n suain;  
Nuair thainig gairm an fhir-phosda  
S a bhualail iad dorus na tròcair  
S ann fhuair iad druidt' air an sròin e  
S b'e cùl na comhla an duais.

VI.

Cha bhi ar leth sgeul ach faoin dhuinn  
Gu dol a theicheadh o'n fhìrinn  
Air eagal breislich na aotramais  
Gun bhi striochdadadh dha 'n àithn;  
Far bheil creideamh da rireadh  
Cha bhi geilt air na 'smaointean  
Nach bi e teasraigte o chaoch s bho  
Gach ni a dh' fhaod dha bhi 'n dàimh;  
O bhitheas Freasdal cho caomh dha  
S gun dean e theagasc s gach aon ni  
Chum bhi seasmhach s nach sraon e  
Le neach a chì e dol cearr;  
S bithidh e faicilleach daonnan  
Mar ghaisgeach tapaidh gun chlaonadh  
Gu'm faigh e'n samhchair deagh choinnseas  
Bheir fois d'a inntinn us tamh.

VII.

Cha tabhair cealgaireachd dhaoine

Dh' aindeoin sheanachasan faoine  
Na seanasgialan baotha  
Dha 'n fhocal caochladh gu bràch;

[TD 120]

S a neach a chreideas air chinnte  
Bithidh e seasmhach a chaoidh dha  
Gheibh e 'theagasg cho grunndail  
S gun tuig e phuingean ni 's feàrr;  
S a neach nach creid cha bhi cuimhn' aig  
A dh' aindeoin ni dheth na chluinn e  
S nach 'eil rùm dha na 'inntinn  
Cha 'n 'eil loinn aige dha;  
Ach 's còir dhuinn uile bhi cuimhneach  
S ar doigh s ar muinghin bhi daingnicht  
S e seol a bhulicheas ruinn e  
S gur tha'nn r'a linn a thig gràs.

VIII.

Cha 'n ann gu ðiomhanas glòire  
Tha 'n t-sàbaid naomh air a h-òrduch  
S tha neach nach géill do an dòigh seo  
A' cur a phòir nach to'air bàrr;  
Mar dean e éisdeachd le stoldachd  
Ri sgéul an aoibhneis ga 'sheoladh  
S gu 'm faod an neach a bhios eòlach  
Na nithe-s' a mheorachadh dha;  
S ma fhuair neach tuigse na eòlas  
Ciall na gliocas na fòghlum  
Reusan susbainteach beòthail  
Mar chuspair dòchais an gràidh;  
S nì e dh' fheudar a chòmhach  
A mach o bhriathran a bheòil-san  
Gu bheil e fiachaicht us òrduicht  
Dha 'n neach sin comhnadh le càch.

[TD 121]

IX.

Neach nach dìbir a chàirdean  
Uile mhaoin agus eàirneis  
Air sgàth Chriosda s nach fàg iad  
Cha bhi 'chràbhadh ach fuar;  
S a neach tha lionta le gràdh dha  
S a chuir srian ri mhì-chàileachd  
S a ghabh a riaghailte mar àbhaist  
Ged bheir a bhràithrean dha fuath:  
Cha bhi cùram na sgàth air  
Ged robh diombadh aig càch air  
Us spiorad Chriosda ga 'àrach  
S ga chumail sàbhailte suas;  
S ni a dh' fhaodas e 'ràitinn  
Leis an t-salmadair Dàibhidh

Trà bheir e spéis dha chuid àithntean  
Nach gabh e näire romh shluagh.

X.

Oir s beannuicht iàdsan tha brònach  
Fo spiorad bhrùit agus leòinte  
Oir gheibh iad oighreachd na glòire  
S a' meal iad sòlas nach tréig;  
S a mhuinntir mhacanta stòlda  
Tha fo thart 's ciocras na corach  
Cha 'n airceas biadh dhoibh na dòghlum  
Na 'n aite comhnuidh air neamh:  
S gach neach tha 'giulan geur-leanmuin,  
Talcais, cul-chainnt no anacainnt

[TD 122]

S a dh' fhuil'gis diomb air sgàth ainm-san  
Bidh crun nach searg dhoibh mar sgèimh;  
S bidh 'n ionndas cinnteach us dearbhta  
S cha chnàmh an leomunn no mhéirg e  
S theid uile mhiannaibh an anman  
A chasd air falbh uath gu léir.

XI.

Thoir thusa, Righ! dhuinn mar thàlant  
A réir do chaoimhneis a ghnàth dhuinn  
Bhi tabhairt feum ás na bhàir'g thu  
Dheth d' ghràs oirnn nach gann;  
O ghabh sinn oirnn bhi cho dàna  
S gu'n d' ith s gu'n d' òl sinn a' d' làthair  
A chuirm ro shòlaimte 'ghràidh sin  
Dheth na chophàrtaich sinn ann;  
Gu 'm b' e ar n-iarratus gnàthaicht  
Thu féin ga'r stiùireadh na d' ràthaidean  
S do stàtuin naomh bhi ga r' n-àrach  
Anns gach là mar do chlann;  
Le cogadh cruadalach spàirneil  
'Cur smachd air buaireadh an namhaid  
Fo bhratach bhudadhar an t-Slanfhìr  
A' cumail sgàil air ar camp.

XII.

O's tus' am fior aran beò sin  
S a ghibht ro phrìseil us shoghmhor  
A chaidh a riarrachadh oirnne  
Réir t' fhocail beoil nach 'eil fannt;

[TD 123]

S o shuidh sin sios aig a bhord sin  
Do reachdan fior bhi ga 'r treorach  
A chum gu 'n ioc sinn ar boidean  
O ghabh sinn oirnn iad os laimh;

Oir s tràth gu firinneach t' fheoil dhuinn  
Us t' fhuil gur ioc shlaint r'a h-òl i  
A chaisgeas iotadh a mhòr-shluagh  
A ghlacas còir ort le snaim;  
Air an aobhar sin deonaich  
Dhuinn do ghliocas gu 'r seoladh  
O's ni e th' agad gun sòradh  
S gach aon le 'n deoin bheir thu dhoibh.

XIII.

Biodhamaid misneachail dàicheil  
Le armachd Chriosda mar ghearrd oirnn  
O tha 'n Fhìrinn ag ràitinn  
Gu bheil ar namhaid mu 'n cuairt,  
Mar leomhan bheucach an dàmhair  
Dh' fheuch co dh' fhaodas e 'thaladh  
A' cur a lion ach an tàir e  
Neach le fàth shlugadh suas;  
Le glacadh clogaid na slàinte  
Bheir dhuinn buaidh air le tàbhachd  
S a shaighdean guineach a bhàthadh  
Fo thacsa gàirdean nam buadh:  
S le gleachdadh duineil gun fhàillinn  
S le gaisge smiorail neo-sgàthach  
S le 'cur na 'aghaidh le spàирн dhuinn  
Air theicheadh tàiridh e uainn.

[TD 124]

XIV.

Ach cliù gun chrìch ann sna h-ardaibh  
Dha 'n an triath thug an gràdh dhuinn  
A dh' oibrich miorbhuiil cho àghmhor  
Gu sinne thearnadh o chall;  
Us urram shiorruidh do 'n Ard-Righ  
A dh' aontaich iobairt ar slainte  
S a chuir fo chìs dhuinn an nàmhaid  
Ri 'n robh ar nàdar am bann;  
A dh' fhuiling riasladh us tàmailt  
Fo gheur phiantaibh ro chràiteach  
Nan sleaghan iaruinn s nan tàirnean  
Troimh chorp ga 'n sàthadh gu teann;  
S e 'iochd a bhuanach dhuinn Pàrras  
O staid ar dualchais ri Adhamh  
A' giulan truaighe na 'r n-àite  
Fo ghuin a' bhàis air a chrann.

XV.

S lionmhor tarcuis us geurchuis  
A dh' fhuiling Ios' fo ar n-eucoir  
N uair thaom fraoch feirge Dhé air  
Mar thuil gu léir air a cheann;  
An tì ro-naomha ga 'reubadh  
A' tabhairt dioladh na 'r n-eiric

A dh' oibrich saothair na réit' air  
A chrois ga 'cheusadh na 'r geall:  
Leis na dhorchaich na speuran  
S gach creag gu 'n sgealb ás a chéile

[TD 125]

Gu 'n ghlaodh e 'n searbas a phéine  
Mo Dhia na treig mi san àm!;  
Cò 'n cridhe feòla nach éilltich  
S dha do ghaol nach dean géilleadh  
Us guth do throcair ag éigheach  
Saors o leir-sgrios air ball.

XVI.

Tha bàs us breitheanas dlù dhuinn  
O nach tair sinn teicheadh no liùgadh,  
S e fàth ar n-eagail s ar mùiseig  
Mur dean sinn iompachadh tràth;  
Mur bi sinn deas air ar n-ionnlaid  
S gach la a' greasad ar n-ùine  
S gur nì nach beag dhuinn ar cùlag  
Mur gabh sinn curam gun dàil:  
S gu 'n dean an Sgriobtur oirnn drù'adh  
S a bhrigh ga 'theagast sa' chùbaid  
Le 'm faod ar tuigse bhi ionnsaicht  
Gu 'n tig a chùis oirnn os aird:  
S nì neo-leth-sgeulach dhùinn e  
S lamh a fhreasdail ga 'r caomhnadh  
Mur dean sinn grad thighinn d' a ionnsuidh  
Us réis ar càrsa cho gearr.

XVII.

An latha mor a chruaidh chunntais  
N uair a shéidear an trompaid  
S a théid a mhorshluagh a dhùsgadh  
Fo ghais na h-ùrach bha 'n sàs;

[TD 126]

Bheir am breitheamh gairm chum a mhùid dhoibh  
S bithidh na h-aingidh fo chùram  
A tighinn an lathair na cùrite  
S nach faigh an tursa dhoibh bàigh;  
S a mhuinntir uaibhreach nach b' fhiù leo  
Iad fein a shriochdadadh an umhlachd  
Theid iad a nis air an ùrnuigh  
Ri creagan stùchdach nam beann;  
Us iad a lùbadh an glùinean  
Ris gach sliabh ann an dùrachd:-  
Iad a thuiteam s am mùchadh  
O fheirg a ghnuis air an ceann.

XVIII.

S an dream chuir cùl ri bhi diadhaidh  
S a leig an curam air dìchuimhn  
Tha 'n sloc-mùchaidh gun iochdar  
A's farsuing gial air an sàil;  
S theid an dùnadh am priosan  
A ghal s a dhlu-ghiosgan fhiacal,  
S bidh deatach smùidreach am pianntaibh  
A' dol gu siorruidh an aird:  
S aobhar smaointean ro chianail  
N uair thig am binn ann am fianuis  
A bhi 'g eisdeachd nam briath'raibh  
Tha 'n soisgeul fior riu ag radh:-  
A shluagh tha malluicht uam triallaibh  
A thaobh s nach b' aithne dhomh riamh sibh  
A chum ur losgadh an griosaich  
S an teine dhian o nach tàir.

[TD 127]

XIX.

Ach sin an latha bhios aoibhinn  
Dha 'n dream nach d' aontaich do 'n eucoir,  
N uair chuirear seula Mhic Dhé orr'  
An clàr an aodainn le buaidh;  
S a' mhuinntir cheudn' theid an éideadh  
An trusgain fhada ghlan ghle-gheal  
A' nigh an earradh gu léir ann  
'M fuil s an creuchdan an Uain;  
Cha bhi acras na iotadh  
Cha bhi airsneul no sgios orr'  
Chaidh an airceas fo chìs dhoibh  
Tha fois us sith dhoibh bith-bhuan:  
Theid am bròn ás an cuimhne  
S thig an deoir gu tolinntinn  
A' tabhairt glòire dha 'n tì sin  
A chuir crioch air an gruaim.

XX.

Tha 'n Soisgeul fior dhuinn ag innseadh  
N uair a dhéireas na firein  
Gun teid an tearbadh mar chaoirich  
S gun teid an caochladh an snuadh;  
Théid am mùthadh an aogas  
S theid an comhdach an aobhachd  
Theid an crunadh le naomhachd  
S le seul a ghaoil air an gruaidh;  
A dol a steach ann san aoibhneas  
A ghabhail seilbh air an oighreachd

[TD 128]

Bha air a gealltuinn ro laimh dhoibh  
Ann san rioghachd neo-thruailt:  
Ann sa chìrt a's glan boillsgeadh

An cuideachd glormhor nan aingle  
S cha tig sgleo air an soillse  
Le ceol ga 'sheinn a's binn fuaim.

XXI.

A Righ! tha 'n cathair na glòire  
S na neamhan fhiorghan a' d' chomhnuidh  
Furtaich fein agus fòir oirnn  
O tha sinn leointe fo chràdh!  
Le leigeadh ris dhuinn gach dò-bheart  
Dhe 'n robh sinn ciontach o 'r n-oige  
S dean sinn fiosrach na t' eòlas  
Air sgàth do throcair na 'r càs:  
Thoir dhuinn bhi 'g earbs' ann an dòchas  
Gu'm faigh sinn teannadh o dhòruinn  
S gu'm faigh sinn seilbh ann an còir ort  
Gu bhi tigh'nn beo na do ghràdh:  
S glan ar n-anmana còmhlaadh  
Bho shal s bho anabas na feola  
Oir 's lusan anfhuinn gun treoir sinn  
As eugmhais comhnaidh do ghràis.

[TD 129]

COMHRADH EADAR SOISGEULACH AGUS CUIBHEASACH.

I.

Soisg: Tha 'n staid 'm bheil an righeachd  
Air chinnt a' mor-chunnart,  
Gu 'n tarruing iad sgriob oirr'  
Nach aotrom r'a fhulang  
Le 'm fairneart air daoine  
Bleith aodann nam bochd;  
Ri cosg an cuid maoin  
Ri mì-naomhachd 's eu-ceart,  
Ri misg us ri craos  
Us ri fanoid s mi-bheusaibh  
'S le briseadh na Sàbaid  
Gu dàna le tarcuis:  
Us anama neo-bhàsmhor  
Fo thair le mi-cheartas  
S gun eagal roimh Dhia  
A bheir dioladh gu goirt.

II.

Nach bronach ri àireamh  
S cùis chràidh agus eagail,  
Na tha iad ag ràitinn  
Mu Pharlamaid Bhreatuinn

[TD 130]

'S cuirt seisein na righeachd  
'S mu 'n bhinn iad a thug,

'N aghaidh fianuisean Dhé  
S lagh steighicht ar n-eaglais  
A shaltairt 's a reubadh  
S an lagh féin chuir na 'sheasamh;  
Bhi sparradh le fòirneart  
Ro mhòr air a phobull  
Luchd teagaisg gun ghràs  
Nach dean Iacob a thogail  
Ach cosmuil ri Herod  
An reubadh s a' mort.

III.

Cuibh: Ach ciamar is righeachd i  
A chaoidh mar a nochd i  
Gur h-eiginn d'a h-iochdarain  
Striochdadadh d'a focal  
'S d'a laghannaibh géilleadh  
Gu reusanta glic?  
Tha cóir aig gach aon  
A chuid maoin agus beartais  
A chosg air gach aona chor  
Mar chitear gu ceart leis  
'S gun taing tho'irt do chàch  
Ciamar tharlas dha chaitheamh  
An cluiche na 'm bàllachan  
Abhachd no aighear  
'S thaobh brisidh na Sàbaid  
Tha fàth air son sin.

[TD 131]

IV.

Ach an taobh dheth 'm bheil sibhse  
Air chinnt tha ro-dhàna  
Gu breith a tho'irt daonnan  
'S gu dìteadh gach gnàtha  
Gach lagh us gach riaghlaigh  
Mur striochd e da 'r beachd:  
Cha 'n ionnan s ar taobh-ne,  
Tha siochainnt us samhchair  
Fainear dhuinn gach aon uair  
S gach ni biadh mar 's àill leis,  
Cha 'n fhaod sinn nis 'mhùthadh  
No thionndadh gu 'r n-ailghios  
S tha Dia leinn a' giulan  
S gach cùis mar a tha sinn.  
S e ar n-earbsa s ar dòchas  
Na 'thròcair ar taic.

V.

Soisg: Ged bhagrach le Dia  
Air luchd-deanamh na dò-bheirt  
Gu 'n sgrios e gu pian iad  
Gu siorruidh s gu dòlas

Their brionnal an Diabhal  
Nach gniomhaich e sin  
S their sibhse 'n nì ceudna  
Le briathribh 'ur bilibh  
Ri peacaich an-diadhaidh  
S cha 'n iarr iad gu pilleadh

[TD 132]

S air slighe na léir-sgrios  
Bhur treudan tha 'g imeachd  
Ghabh Satan dha féin sibh  
Mur bheul gus a' milleadh  
S mar phrop do luchd-euceirt  
S lagh Dhé chur an siop.

VI.

Cuibh: Tha sinn deonach bhi striochdt  
Do ard riaghlaigh ar righeachd  
'S do ar n-uachdarain shiobholt  
An siochainnt s an caoimhneas  
Réir an rùin sin fo 'n d' thainig  
Le 'r lamh a chur ris:  
Buinidh dhuinn bhi to'irt umhlachd  
Do gach ughdarris talmhaidh  
Cha 'n e mhàin do 'n chuid chiùin diubh  
Ach tha dùr us làn anameinn;  
S cia mar dhitear a reisd sinn  
Chion nach géill sinn d'ar beachd-sa  
Gu bhi saltairt le tàir  
Air fior àithn' seo an Abstoil  
Tha gu soilleir ag iarruidh  
Gu'n slìochdamaid dhi?

VII.

Saoisg: Ann an cuis 'n uair a dh' fhaodas  
Mar a chì sibh s is léir dhuibh  
Laghaibh Dhia agus dhaoine  
Bhi 'n easaonta dha chéile

[TD 133]

Cò 'n aon dhiubh d' an géill sibh  
S le chéil iad r' ur n-uchd?  
Tha eisimpleir naoimh  
Dhuibh ag innse cò aca  
Dha 'm bu chòire dhuibh sleuchdad  
Ann ur cridh s ann an cleachdad:  
Ciod rinn Maois a thaobh Pharo  
S Mordecai thaobh Hamain  
S mar bha chùis a thaobh Shauil  
Agus Shamueil bheannaicht  
S an gabh sibhs oirbh a ràdha  
Gu 'r feàrr sibh na 'd siud?

VIII.

Bha aig Maois agus Pharo  
Sìth us samhchair ri chéile  
Gus an d' thainig an gràs air  
Dhuisg an aird ann an eud e  
S threig e daorsa na h-Eiphit  
Gun e fein chur fo bhruid;  
S 'n uair a ghairmeadh o'n aird e  
Mar cheannard an treud sin  
Bha le Dia fo bhruid Pharo  
Fo chruaidh chàs agus deuchainn  
S e ga 'n cumail na 'n tràillibh  
Ann an clàbar na crèithich  
S a h-aon diubh cha b' àill leis  
Dhol do 'n fhàsach chum aodhraidh  
Gu 'n bhual Dia leis a phlàigh e  
Riamh cha b' àill leis dhiubh sgur.

[TD 134]

IX.

Ach gabh mo leithsgeul car uair  
Tha smuain tighinn fanear dhomh  
Mu thimchioll nì bhruadair mi  
Uaireigin aithris;  
S chuid nach d' thainig dheth bhrìgh  
Tha e sior tighinn gu teach;  
Oir buinidh i direach  
Do 'n nì 'tha fanear dhuinn  
Mu thimchioll lagh righeachd  
S tha mhineachadh farasd  
S cha bhi e neo-fheumail  
Ma dh' éisdear le air' e  
S e sin an nì a's aobhar  
Gu 'n d' roghnaich mi thabhairt  
Gu d' inntinn 'san uair seo  
S thoir cluas dha le beachd.

X.

Or leam gu 'n do tharladh  
Dhomh là sin bhi 'g eisdeachd  
Comhradh Mhaois agus Pharo  
S reusan laidir le chéil ac'  
Labhair Pharo gu gleusda  
S or leis féin gu ro ghlic:  
"Tha na miorbhUIL dhomh 'g innse  
"Gu bheil Tì ann sna neamhan  
"Tha riaghladh an t-saoghal  
"S thug do Israel deagh-ghean

[TD 135]

"S chum nach tuit mi s a phlàigh seo

"Deanadh iàdsan dha aodhradh  
"Ann san tìr mar is àill leo  
"Ach do 'n fhàsach cha téid iad  
"Chum 's nach caill mi le 'n triall uam  
"M' àrd riaghlaigh 's mo mheas."

XI.

S labhair Maois ann an ciùineas  
Briathraibh druidhteach neo-ascaoin:  
"Tha lagh Dhia aig an t-sluagh seo  
"Dh' fhàg do d' shluaghs' iad neo-thaitneach  
"S cha do dhùblaich thu 'n cruaidh-chas  
"Gus 'n do għluais iad r'a ghuth;  
"Thaobh 's gu 'n għluais s ann do 'n fhàsach  
"Dh' fheumas iàd-san dol thairis  
"Agus iobradh ann dhà-san,—  
"Ni tha graineil 'n ur sealladhs'  
"S cha do chord e ri d' chàileachd  
"Gu 'n robh 'n gnath seo fanear dhoibh,  
"Ni a dh' uabharraig t' àrdan  
"Gus an cràdh le geur an-iochd  
"Ach gu truagh dhuit cha 'n fhàgar  
"Uiread s càilean dheth 'n dus."

XII.

Ach na dheigh sin thu'irt Pharo:-  
"Tha na plàighean ga m' theannadh  
"Tha mo choguis ga m' fhàsgadh  
"Fhad s tha 'm bàs na mo shealladh

[TD 136]

"Chionn bhi cogadh ri Dia  
"Us ribhs' fħianuisean għic;  
"Tha Dia ceart agus fireant  
"S mise 's m' iochdarain aingidh  
"S deanadh iàdsan dha aodhradh  
"Ged s ann direach da m' ann-toil,  
"S mar a dhiarr sibh do 'n fhàsach  
"Chuid tha làidir dhibh rachadh  
"Agus fagaibh bhur treudan  
"Chum nach téid sibh ro fhada  
"Ach gu 'm pill sibh do m' iunnsaidh  
"Le umhlachd bhur cuirp."

XIII.

Soisg: Fhreagair Maoise gu rianail  
Le briathraibh a bhilib:  
"Tha eagal ro phiantach  
"Roimh Dhia ort us giorrag  
"S cha 'n eol dhut cò e  
"Ged 'se chuir ort critħ;  
"S an seol thu sluagh Dhé  
"Gun an ceum a chur dochair,

"Mu reachdanaibh neamhaidh  
"S tu féin orr' a' d' choigreach?  
"O c' àit bheil do chiall  
"Nuair a dh' iarradh tu nochdad  
"Gu'n gabhadh e dianamh  
"S a ghamh na do choguis  
"No gu'n roinn' e ghlòir àrducht  
"Ri gràineig do chnuimh.

[TD 137]

XIV.

"Nach d' thug iad dhut umhlachd  
"S gach cùis a bha laghail?  
"S do d' riaghailtibh dùthcha  
"Cha mhò rinn iad coire  
"Fhad s a bha iad fo d' mhùiseig  
"Ro bhruideil us t'-an-iochd,  
"Ach an Ti rinn an gairm-san  
"Gu seilbh air a ghealladh  
"S an to'irt gu naomh sheirbhis  
"Gu tairbhe dha 'n anam  
"S leis féin iad na 'n treudaibh  
"Na 'm feudail s na 'n eallaich  
"S fiù ladhar cha 'n fhàgar  
"Aig Pharo na 'shealladh  
"S bidh cuimhne gu sior  
"Air a ghniomhs' aig an sliochd

XV.

"S bheir mi comhairle 'mhàin ort  
"An tràths an àm deallaich  
"Oir cha 'n fhaic thu gu bràch mi  
"Na d' lathair air talamh:  
"Nach cuir do chuid tàmailt  
"Ort ardan na driop  
"S na brosnuich ar Dia-ne  
"Le d' dhiorras na 's faide  
"Foghnaidh sealladh a shul  
"Gus do smuidreadh s cur ás duit

[TD 138]

"S bidh glòir aige dhiotsa  
"Gu siorruidh le d' chasgairt  
"S mu 'n leag e a làmh ort  
"Gun dàil bi air t' fhaicill  
"Mu 'n greas do ghlòir mhiann thu  
"Le dian ruith gu d' sgrios."

XVI.

Ach Pharo gur truagh dha  
Chuir suarach am bagradh  
Bha 'chridhe air a chruadhachadh

S uamharr ro atmhor,  
Us bheartaich e 'charbad  
Gu falbh le mor dhriop;  
Us bheartaich e 'charbad  
Le armait s le 'mharc-shluagh  
S e'n dùil air dha falbh  
Gu 'n robh fhearg cho do-chaisgte  
Gu 'n bhrùchd air an fhairge  
Chuir farbhas air eachraidh,  
S e féin fodh mor bhallachrith  
Gun tearmunn gun fhasgadh  
Nuair thaom an sruth dearg orr  
Ga 'n tearbadh gu sgrios.

XVII.

Cuibh: Cha b' ionnan linn Pharo  
S an là 's a bheil sinn' ann  
S e bha 'nn paganaich ghràineil  
S an là sin s droch cinnich

[TD 139]

Nach robh géilleadh do Dhia,  
Na 'n sluagh fiadhaich gun tuigs';  
Ach sinn tha 'n ar Crioduidhean  
Riaghailteach socrach  
S a tha géilleadh do Dhia  
S a tha rianail neo-lochdach  
Ged tha sinn gu lathail  
Tre fhàilligeadh peacaidh  
A' briseadh air àithntibh  
Tha ghràs-san làn atruais  
S tha thròcair cho mor  
Us nach deoin leis ar sgrios

XVIII.

Soisg: S truagh an dochas do dhaoine  
N cuid smaointinibh meallaidh  
Fo bhrionnalaibh faoine  
'N droch aoin tha ga 'n dalladh  
To'irt geallaidh air Dia dhoibh  
Ged dhianamh iad lochd;  
Tha bhur creideamh-sa ghnàth  
Na 'phrop làidir ri 'r peacaibh  
S cumail Chriosda, gu dàna  
Ri càch mar chultaice  
Do oibrigh an t-Sàtain  
O nach b' àill leibh an casg dhiubh  
Ann an aghaidh crich' àraidh  
Saor-ghrais gu cur ás doibh  
Cinn-iùil dhall nan dall aingidh  
Laimh air laimh theid do 'n t-slochd.

[TD 140]

XIX.

Cuibh: Ciamar s doill sinn gun léirsinn  
Gus ar treud chur air seachran  
N déigh na chosd sinn ri Beurla  
Eabhra Gréigis us Laidionn  
Agus feallsanaich fheumail  
Chum na dreuchd seo fa leth  
N cathair Mhaois o'n a fhuair sinn  
Buinidh do'n t-sluagh bhi ga 'r n-éisdeachd  
S gach ni orra dhiarras sinn  
A dhianamh d'a réir sin;  
S bheir sinn ràbhadh do'n aingidh  
Chum s gu 'm pill e bho euceart,  
Cha bhi fhuil air ar cinn-ne  
Mar a pill e na dhéigh sin;  
Leinn is suarach co dh' fhaodas  
Oirnn gu faoin bhi to'irt breth.

XX.

Soisg: Tha bhur foghlum gun stà  
Mur 'eil gràs na 'cho chuideachd;  
S mur do ghairmeadh o'n aird sibh  
Ciamar tharlas gu 'n tuig sibh  
Crioch ur dreuchd a chum slàinte  
Ri siol Abrahàim a cho-chur?  
S e bhur teisteas s cha bhreug e  
Gur luchd reubainn us gadachd  
Tha le tàir air àithn' Chriosda  
Ga 'cur sios fo bhur casaibh

[TD 141]

'To'irt na nithe tha naomha  
Gu ro shaor do na madraigdh  
Tha le 'n gluasad to'irt fianuis  
Air an-diadhachd an cleachdaibh,  
Breugaibh s mionnan ro-ghràineil  
Bristeadh Sàbaid us misg:

XXI.

Cathair Mhaois dhuibh cha 'n eòl i  
S cathair Phoil dhuibh cha 'n aithne  
S ciamar dhéisdeas an slogan ribh  
Airson lòin tho'irt dha 'n anam  
S nach 'eil briathraibh an eolais  
Ann bhur beoil no 'n 'ur beachd?  
N trusgan clóùtach\* neochuannta  
Le pairt nuadh agus sean dheth  
A ta sibhse ri fuaigneal  
Mu na truaigh tha fo 'r mealladh  
Tha ro ghràineil do 'n t-sluagh sin  
Fhuair an snuadh air a għlanad  
Ann am ful an Ard-bhuachaill

Thug mar luach i g'an ceannach  
Oir 's i 'fhìreantachd luachmhor  
An trusgan luachmhor s am brat.

XXII.

Shreap sibh suas o chrìch fheolmhoir  
Gus 'ur sògh dhuibh a chosnadadh,

\* clobhtach.

[TD 142]

Ach air dorus na crò seo  
Do réir orduigh an t-soisgeil  
Riamh cha d' thainig a h-aon dibh  
Réir na firinn' a steach;  
Cha 'n e mhàin gur luchd reubainn  
Air an treud sibh gu h-ullamh  
Ach air Criod mar an ceudna  
Shaor o léir-sgrios le fhuil iad  
Le bhi 'g iocadh do Chésar  
Dlighe Dhé s a mhór urram;  
S cha lagh siobholt no ordail  
Ach lagh fairneartach buileach  
Dha 'n do shleuchd sibh le cordadh  
Ri Criod fhògradh o theach.

XXIII.

Cuibh: S ann le laghaibh na rìgheachd  
Le daighneachadh barrant  
Chaidh an eaglais dà rìreadh  
Dheanamh cinnteach us daingean  
Trid an gairmear gu reusant  
Eaglais stéidhichte dhi  
S ciod a chòir a tha réisd air  
Mar a géill i bhi tagradh  
Aon sochair do 'n ghné sin  
Tha 'n lagh stéidhicht toir seachad  
S e bu chòir dhi grad thréigsinn  
S gun bhi streup ris na 's faide  
Gu bhi dusgadh troimh chéile  
'G iarraidh leum us tighinn tarsuinn

[TD 143]

Air an Uachdaran Shiobholt  
Le strì nach eil ceart.

XXIV.

Soisg: A réir lagh a cho-chordaidh  
S e ar còir-ne bhi tagradh  
Ar sochairean feolmhor  
Dha deoin bharr na staide

Chionn nach d' dhiult sinn dhi umhlachd  
Anns gach cùis a bha ceart;  
S ann do aoghairibh dileas  
Air taobh Chriosd agus 'onair  
A gheall an lagh siobhalt  
Sochair thimeil a thobhaint  
Réir na riaghait a dh' fhàg e  
Ann an làmh a luchd oifig  
Gu bhi riaghlaadh a righeachd,  
Nach 'eil do 'n t-saoghal le cothrom,  
Na 'creideamh s na 'h-aoradh  
Na 'foghluim s na 'smachd.

XXV.

Buinidh dhuinn air an aobhar-s  
Fuireach dh' fheuchainn ciod thachras  
Ach am faic sinn an éisdear  
Ris na reusain a th' againn  
Mar rinn Dàrius uasal  
Nuair a fhuaireadh leis fios  
Ach an rannsaich s an leugh iad  
Le geur-chuis an eachdraidh

[TD 144]

Tha mu thimchioll tigh Dhé seo  
Dh' fheuch an léir dhoibh a reachdan,  
Ach am faic iad le 'n sùilibh  
Na rùintinnibh naisgte  
Fo 'n d' thainig iad dhùinne,  
S mas e'n rùn-san tigh'nn trasd air  
Fagaidh sinn' aca treigsinn  
O's iad féin uainn a bhrist.

XXVI.

Cuibh: Nach reusant' an nì  
Nuair tha stipean us mänsa  
Le eaglais us glìb  
Gu saor ga 'n to'irt seachad  
Le uachdarain sgìre  
Dha iochdarain bhochd  
Gu 'm biodh còir aige reisd  
S gu feudadh e thagrath  
An nì bu leis féin  
'Tho'irt gu réidh dha co 'm b' àill leis  
A dh' aon neach bha beusach  
S fhuair deagh ghean na shealladh  
Ma rannsaich a chléir e  
S nach léir dhoibh ann mearachd,  
'Bhi deanamh an nì so  
Cha saoil mi gur lochd.

XXVII.

Soisg: Leis an lagh seo tha 'n sluagh sin

Call buannachd an anam

[TD 145]

Leis na h-aoghair' gun bhuaidh sin  
Chur gu truagh orr' a dhaindeoin  
S iad gun iùl mu 'n athghinmhuinn  
Chum an teanachd-sa o'n t-slochd;  
Rinn an lagh seo lamh-làidir  
Bha ro ghràineil ro lochdach  
Air a chrìch bh' air an stìpein  
S air a ghìb mar ni coisrigt  
'Tho'irt mar shochairean timeil  
Airson bìdh us lòin corparr'  
Do luchd ionaltraidh chaorach  
S treud Chriosda fo 'n t-soisgeil  
Bha 'n an aoghairean grasmhor  
Thug an gràdh dha s an toil.

XXVIII.

Cuibh.: Nach eil sinne gu cinnteach  
Na 'r n-aoghairean soisgeil  
Cumail teagaisg a Bhìbill  
Réir fìrinn an Fhocail  
Ris an t-sluagh a nì 'n dichioll  
Gu bhi striochdadadh dha lagh?  
Ni sinn searmon air Criodsa  
Thug an iobairt na 'r n-àite  
S tha ar n-earbsa na 'shìth-san  
Chum ar saoradh a thainig  
Ged is éiginn dhuinn striochdadadh  
Do lagh dhaoinibh an tràth-sa  
Bheir sinn durachd ar crìdh' dha  
Oir s e'n aon nì is àill leis

[TD 146]

Ged nach 'eil sinn cho bòsdail  
Ruibhs' an nòisein gun bhlàdh

XXIX.

Soisg.: Na gabh ort a dhànanachd  
A radhtainn gur Crioduidh  
Thu féin fhad s nach àill leat  
Gu bràch dha bhi striochdta  
S tu 'saltairt cho tàireil  
Air àithn' 's air a lagh  
S e fhreagras mar ainm ort  
S gu dearbha s tu dhleasas  
César an talmhaidh  
Oir aithnichear air t' oibrigh  
Gun chord thu ri César  
Gu réidh mar d' cheann eaglais  
Do reachd tha thu géilleadh

Oir 's e do chusbaire eagail  
Leis a chrùn thoirt bharr Chriosd  
O bhi riaghladh na 'thigh

XXX.

Bha Chriosd agus César  
Le chéil ort cur impidh  
Ach cò dhiù dha 'n géilleadh  
Tu réisd gu to'irt umhlachd  
S gu 'm faicte gu soirbh  
Cò d' am b' sheirbhiseach thu;  
Gheall César dhut moran  
Do ghlòir us do thaitneas

[TD 147]

S do shochairean feolmhor  
Ro shoghmhor am pailteas  
Gu sàsachadh ciocrais  
Do mhiannannaibh peacach  
S na 's leòir dhut gus t' iarrtus  
Dhiobhluiddh 'gnàth altrom  
S dha 's seirbhiseach thù  
Oir 's leis t' umhlachd gu tür.

## PAIRT II.

I.

Soisg.: A MHODERAT géill  
Agus éisd le ro aire  
N uair lean thu ri César  
S a thréig thu math t' anam  
S a thilg thu 'n crann ceusaidh  
Gun spéis far do mhuin:  
S truagh an daingneach s an dìdean  
Dhut sìth air ghrunnd meallaidh  
Théid do mhans' us do stípein  
Do ghlib uat a sgaradh  
S ciod a nì iad do dh' fheum dhut  
Fodh threun-ghlaodh nan ard aingeal  
Ga do ghairm a chum Dhé  
Roimh 'n teich neamh agus talamh  
C' àit an teich thu-sa t' eudainn  
N uair a bheucas a ghuth?

[TD 148]

II.

Cuibh.: Cha 'n nàir' leinn ar n-ainm  
N uair a ghairmear e aidmheil  
S e siocaint neo-fheargach  
Gu dearbh a nì b' ait leinn  
An càirdeas s an daimh

Ris gach creutair fa leth,  
Ged nach faod sinn bhi réidh  
Ri luchd eigheach nan creach oirnn  
Tha seirm gach an-aoibhinn  
S fuil ar treud air ar clraigionn  
S a' cur sluaigh troimh a chéile  
Le 'n geur-fhocalaibh sgaiteach  
S ga 'm fagail gun fheum gus  
An reusain a chleachdad  
Cumail ifrinn us léir-sgrios  
Ri 'n eudainn cho teth.

III.

Soisg.: Bha 'n diadhachd na 'gràin  
Do 'n chàil nadarr' o'n toiseach  
Bha mì-run aig Cain  
Do Abel neo-lochdach  
Tre 'n chuir e gu bàs e  
Le namhadas uilc;  
Bha fuath aig Ismael  
Mac Hagar air Isaac  
S bha fuath aig Esau  
Air Iacob am firean  
S bha fuath aig Righ Saul

[TD 149]

Air Daibhidh ro naomha  
S bha fuath aig Righ Ahab  
Do ghnàth air Elias  
Do Mhicaiah am fàidh  
Dh' innis dha mar dha thuit.

IV.

Cuibh.: Cha 'n 'eil sinne le gràin  
A to'irt tàire do Chriosduidh  
Tha gluasad gu sàmhach  
An gràdh s r(u)inn an siocaint  
Tha 'n giùlan gu stòlda  
Gun chomhstri gun dragh;  
S cha 'n 'eil sinn a dioladh  
Le mì-run no farmad  
Luchd teagaisg na firinn  
Na 'disleachd do anma  
S cha mhò rinn sinn dimeas  
Air na firein a dh' fhalbh uainn  
Ged is bràithrean sinn dhuibhse  
S ann tha sibh g' ar geur leanamhuinn  
A to'irt tàir agus spìd dhuinn  
Mar dhaoine gun seadh.

V.

Soisg.: Tha sibh saltairt le dìmeas  
Air na fireantaibh sona

Chuir an corpaibh mar aolach  
Fo na craobhan gu toileach

[TD 150]

O'm bheil sìbhse ri faotuinn  
Bhur fion saor us 'ur mil  
O'm bheil sìbhse ri faotuinn  
Ur fion saor us ur n-oladh,  
Dream a rinn iad fhéin iobradh  
Air sgàth fìrinn sa h-onair,  
Iobairt chùbhraidh deagh-fhàile  
Dhe 'n ghabh Pàrras deagh bholladh  
S a shil oirbhse gu grasmhor  
Ged nach d' phàigh sibh a toradh,  
S ciamar dhéireas gu bràth dhuibh  
Nuair mhì-ghnathaich sibh sin?

VI.

Is ann an achadh am fianuis  
Far an do shleuchd iad d'a onair  
Chuir e plannd an reachd riaghlaidh  
S'n e nach iarr e dheth toradh?  
S ge do dh' iarradh cha b' iognadh  
Ni cho daor dha ri 'm ful  
S ciod an toradh a dh' fheumas  
Sibh a réisd dha th'oirt seachad  
Toradh umhlachd do 'n riaghailt  
Réir a bhriathraibh s ur n-aidmheil  
Réir an d' thug sibh gu sòlaimt'  
Bhur boidean gu taisbeant  
Ann san àm anns na phòsad  
Ris an t-slògh sibh mar pharsoin  
Ghabhail curaim dheth anama  
Gun bhi sealg air an cuid.

[TD 151]

VII.

Nach cual an luchd éisneachd  
Nuair bha chléir ga do cheangal  
Sàr mhionnan do bhéil  
'M fianuis Dhé agus aingeal  
S gur e cùirtibh tigh Dha  
Bu riaghailtibh dhuts?  
S gur e'n earailean comhnard  
An seoladh s an smachdsan  
A ghabhadh tu 'n comhnuidh  
Reir ordugh an Fhacail  
S nach b'e sochairean feolmhor  
Na tòir air lòn corparr'  
A bh' agad mar chrìch  
Tigh'nn fo chuing seo an t-Soisgeil  
Ach rùintean a b' àirde

Do ghnàth chur gu buil.

VIII.

Na ruintean fo 'n d' thàinig thu  
Ghnàth chur an cleachdad  
Gloir Dhé air a h-ardachadh  
'N tearnadhb nam peacach  
S a shochairean slàinte  
Tre ghràs riu cho-chur,  
S gu 'm biodh a chrioch àraid  
A ghnàth na do bheachd-sa  
A dh' aindeoin gach tàire  
Cruaidh chàis agus maslaidh

[TD 152]

A thachradh dhut fhaotainn  
O'n t-saoghal na 'aobhar  
S gun dionadh tu thaobh-san  
Gun chlaonadh gu euceart,  
S ma dhion 's léir do Dha  
Is e bhéir dioladh san uchd.

IX.

Cuibh.: Bhoidich sinne gu dearbha  
Mar sheann fhoirm oir b'e 'n cleachdad  
Bh' aig Eaglais na h-Albainn  
O'n aimsir chaidh seachad  
S bha ar coguis an sìth ruinn  
Nuair dh' aontaich sinn ris;  
Bha ar coguis an sìth ruinn  
Oir às aonais cha tachradh  
Gu 'm biodh comas na saorsa  
Chum na h-aoghaireachd againn  
Gu bhi frithealadh firinn  
Suipeir Chriosd agus baisteadh  
Do 'n an t-sluagh bha fo dhìteadh  
Chum an saoradh o 'm peacaidh'  
S gun am fagail ás eugmhais  
Mar tha ceudan na 'r measg-s.

X.

Dh' àithn' an Slanuigheur ciùin dhuinn  
Le fìor chùram a shoisgeil  
Chur an céill le fìor dhùrachd  
Do gach dùil s dhoibh a nochdad

[TD 153]

Gu 'n robh thròcair-san saor  
Do gach aon ghabhadh ris  
S thug e shuipeir gu saor dhuinn  
Aran naomh us fìon coisrigt,  
Samhl' a chuirp a chaidh iobradh

S fhuil phriseil a naisg e  
'G radhtinn:-"òlaibh gu léir dhi  
S cumaidh 'n fheusd seo gu m' theachd-sa  
'Chur mo bhàis ann bhur cuimhne  
'S mar gheall-daingnich air m' fheartaibh,"  
S an toir sibhs oirnn' an àithn seo  
Chur le tàire 'n neo-mheas?

XI.

S tha mi feorach an trasa,  
Co do n' h-àithntean seo sheasas  
'N i ur n-àithn-sa na 'àithn-san  
Dhuinn a's sabhailt a fhreagairt  
Chum gu sleuchd sinn le géill dhi  
Le fior spéis us mor mheas?  
Their Criostd ruinn: seo deanaibh  
Mar chuimhneachan ormsa  
Ach their sibhse: na deanaibh  
M' an tig fhearg ann na lorg oirbh;  
Their Criostd: òlaibh gach aon dheth  
Ach their sibhse: na òlaibh  
Mu 'n tig breitheanas dìtidh  
Eadar sibh agus trocair;  
Ach mur ith sinn 's mur òl sinn  
Cha bhi 'bheo-san 'n ar bith.

[TD 154]

XII.

Soisg: S ann d' a dheiscioblaibh gràdhach  
Thug e 'n àithn sin mar ordugh  
Bha dha fhéin na'n luchd-leanmuinn  
Tre 'n ath-ghinmuinn thug beo iad  
S a dh' fhuiling mor thaire  
Na 'chàs-san gu fuil;  
Sin an dream rinn e dhearbadh  
Mar fhior airgiod ro ghlé-ghlan,  
Dream a dh' fhuathaich an saoghal  
Chionn bhi 'g innse mu euceirt  
S a bha coimhid gach orduigh  
Mar a sheol e le bheul iad  
S nach robh riamh air an seoladh  
Reir òrduighean Chésair,  
Ach sna cùisibh bha siobholt  
S a chìs iocadh gun sgrub.

XIII.

Cha b' e sólasan faoine  
No glòir bhaoth an ni dh' iarr iad;  
Bha geur leanmuinn o'n t-saoghal  
Ach sìth Chriosda ri Dia ac';  
Cha b' ann do 'n t-saoghal-s a bha iad  
Ged bha 'n tàmh ann ré seal:  
Chuir iad suarach a shaibhreas

S a ghreadhnachas gòrach  
Deanamh roghainn do gheimhlibh  
Fo ainneart luchd fòirneart;

[TD 155]

'N craicinn ghabhar us chaorach  
'Dol air faontradh s air fògradh;  
Sin an dream do 'n d' àithn Criosa  
Ithibh saor agus òlaibh  
S cha 'n ann dhuibh-s tha 'n ur naimhdibh  
S á luchd na h-aingeachd ur tlachd.

XIV.

Tha e soilleir nach b' fhiach leibh  
Aoradh Dhia bhi 'n ur teaghlaich  
S e gach comunn an-diadhaidh  
B' fheàrr leibh riamh no luchd-aodhraidh;  
S tha luchd leanmhuinn an t-Slànaigheir  
Leibh na 'n gràin s n' am mi-mhais;  
Ruibh ged thachradh fear-ùrnuigh  
Bidh ur gnùis mar ghnùis Chàin  
N uair a thuit e cho grùgach  
O 'n droch rùn bh' aige dh' Abel  
S ma thig misgeir 'n ur còmhail  
Nì sibh sòlas le fàilt ris  
S tha e soilleir o 'n dòigh sin  
Nach 'eil còir aig ur làmhan  
A bhi glacadh nan seulaibh  
Dha phobull féin thug e naisgt.

XV.

Cuibh.: Bheil do bharail cho truagh dhinn  
S nach buadhaich oirnn facal  
Dheth na bagraidhean cruaidh sin  
Tha le fuaim us ard chaismeachd

[TD 156]

Air an cumail 'n ar cluasaibh  
Fad ar cuairte a bhos?  
Cha 'n fheudar nach buadhaich  
E uair eigin oirnne  
M' an criochnaich ar cuairte  
S dol do 'n uaigh fodh na fòidean  
Bheir sinn umhlachd us luaidh dha  
S ni sinn uaill agus glòir ann  
S e ar dùrachd gu h-uaigneach  
Gu'm faigh sinn suaimhneas na 'throcair  
S gun dean e drùdhadh fadheoidh oirnn  
S gu'm faigh sinn sòlas us clos.

XVI.

Soisg.: Cha do dhruidh e air Sodom,

Sgrios mhор an t-seann saoghail  
Agus Sodom a léir-sgrios  
An Eiphit cha d' aom ris  
S cha do dhruidh e ri Datan  
Righ Pharo a sgrios,  
S cha dhruidh air Righ Ahab  
Ged bhàsaich na ceudan  
A sgriosadh san fhàsach  
S a bha na'n luchd euceirt  
S a chrioch chaidh air Ahab  
Caiaphas cha ghéill ris,  
Ard-shagart an ànraidh  
Dh' iarr an Slanuighear 'cheusadh  
S a mhuinntir ro aingidh  
An còbhoinn a chaidh ris.

[TD 157]

XVII.

Cuibh.: Nach do thiomaich a throcair  
Gu mor ri Manaseh  
Ge bu mhор bh' ann a còmhnuidh  
Do dhò-bheart s do pheacadh  
S do aingeachd ro chorr  
Dheth 'n t-seorsa bu mhios:  
Iodhal aoradh s gach druidheachd  
S fuil naomh bhi ga 'dòrtadh  
S nach robh shamhuil ri fhaotuinn  
Ach striopach na Roimhe;  
S cha 'n 'eil sinne ri druidheachd  
Na do dh' iodhail 'to'irt glòire  
S cha phàganaich sinn  
Na saobh-chreidmhich ghòrach  
Ged tha sibhse g' ar fàgail  
Fo mhор thàire s beag meas.

XVIII.

Soisg: Sionnaich Shamsoin 's pòr shamhladh  
Oirbhs' a dhream a tha feolmhor  
S air Romanaich fheallsa  
Tha lan gamhlais an comhnuidh  
Do na caoirich fhuair trocair  
S tha 'n tòir air am fuil;  
Ged tha ur cinn an aimhréite  
Thaobh a chreud tha n ur teangaидh  
Tha ur n-earbail an réite  
Dlu ri chéile gu daingean;

[TD 158]

Thaobh 'ur mi-run do Chriosda  
S d' a chuid fianuisean beannuicht  
Chuireadh leus leis an namhaid  
Fo bhur tàrr air a cheangal

Gu cur smùid ris a Pharlamaid  
Gu shluagh gràsmhor a mhurt.

XIX.

Tha na leusan fo 'r n-earbaill  
Teinnteach, garg loisgeach buileach,  
Cha 'n e mhàin do 'n an arbhar  
Ach ro mhabhtach us guineach  
Do na creutairean truagh  
Tha dol mu 'n cuairt leo gun sgur,  
Meud an calldaich air cach  
Cha to'ir càil dhaibh do shòlas  
Cha dean uisg thig o'n airde  
Gnè do stà dhoibh no comhnadh  
Tho'irt dhoibh cobhair no samhchair  
S ann tha 'n cràdh aca fodhpà  
S truagh an duais bhios gu bràch dhoibh  
Thaobh na ceàird ris na chord iad  
Nuair 'se losgadh us léireadh  
Le 'n teine féin dhoibh is bun.

XX.

Cuibh: S ñì aimideach dana  
Tha 'n trasa n' ur barail  
Le bhi strì ris a Pharlamaid  
Laidir le ceannairc:

[TD 159]

S e bu chòra dhuibh stroiochdad  
Le siochaint us clos:  
S e fantuinn mar tha sibh  
Is feàrr dhuibh gun amhuil  
Na bhi 'g iarraidh an àird orr'  
'Dh' fheuch an tàir sibh ard-cheannas  
S ma thionndas an rìgheachd  
Air chinnt gus 'ur sgaradh  
Bidh sibh an cunnart ur cinn deth  
Mur criochnaich a charraig  
S leo 's éigin dhuiinn aomadh  
Air ghaol bhi aig fois.

XXI.

An leabhar aidmheil ur creud  
S am bheil steidheadh ur creideimh  
Tha e soilleir r' a leughadh  
Gur ceum e tha ceadaicht  
Do 'n uachdaran shiobhail  
Nuair chìtear leis ceart  
Air eaglais a ghairm  
Nuair tha doirbheas ri cheartach  
S gach ñì tha 'n eas-ordugh  
Chur dòigheil na 'n altaibh  
S their sibhse nach còir dha

Reir ordugh an reachd seo  
Ur riaghladh s ur seoladh  
S ur treorach o sheachran  
S nach àill leibh dha lùbadh  
Le umhlachd dh'a smachd.

[TD 160]

XXII.

Soisg: Nuair chaidh Breatunn gu léir  
Alba Eire us Sasunn  
An aonachd ri chéile  
Thaobh creud agus aidmheil  
Air coithional sòlaimt'  
S fo bhóidean gu druidt:  
Cha robh righ s cha robh prionnsa  
No diùca no morair  
An-diadhaidh fo 'n chrùn  
Gu bhi 'n cùirt no bhi 'n onair  
No riaghladh am Parlamaid  
Ard no cùirt seisein  
S ann do aingeachd a mhàin  
Bha iàd na 'n cuis eagail  
S iad gu léir na 'n luchd riaghlaidh  
Do 'n diadhachd mar phruip.

XXIII.

Soisg: Bha'n aidmheil seo steighicht  
Le seula na staide  
S lagh rìgheachd s reachd cléire  
An co-réite gu smachdail,  
N aghaidh mhearachdan baoth  
Mì-naomhachd saobh-bheachd:  
S bha glòir an ard riaghlaidh  
Aig Criosda na 'eaglais  
An laimh a luchd-dreuchd  
A réir briathraibh an sgriobtuir  
S bu righeachd bha saor i

[TD 161]

Araon s air neo-chomraich  
An uachdarain shaoghalt  
Thaobh nì bha na chomas  
Gu a reachdan a chaochladh  
No a shaors' 'thoirt fo smachd.

XXIV.

S mur do lèagh sibh e chuala  
Sibh fhuaim o chionn fada  
Mar chaidh an reachd uasal seo  
Thruailleadh s a shaltairt,  
Le tàire nan uaibhreach  
Gu suarach e chuir:

Na righrean, droch mhuinntir  
Mhì-runach ro as-caoin,  
'Chuir mionnan an crùnaidh  
Gu brùideil fo 'n casaibh  
S a' dòrtadh fuil phriseil  
Nam firean s g' an casgairt  
G' an iobradh do 'n ardan  
Leis nach b' àill bhi fo smachd  
Aig an lagh sin fo 'cheannsal  
N do gheall iad bhi tur.

XXV.

Ach seirbhisich Chriosda  
Bha dileas dha 'n comhnuidh  
Thug fianuis gu direach  
Le 'm fior fhuil a dhortadh

[TD 162]

An aghaidh gach foirneirt  
Baoth ghloir s gach droch guin:  
Rinn iad aithnicht do 'n t-saoghal  
Nach faoineis no mealladh  
Bu phrionnsabal cridh' dhoibh  
Ach firinn gun mhearachd  
Tre chreidimh air cinnteachd  
Gach nì iad a labhair  
Rinn iad iàd féin iobradh  
Gun striochdadadh do ainneart  
S geall daingnich gloir-shiorruidh  
O Dhia ac nach sguir

XXVI.

Ach sibhs' tha 'n staid chianail  
Nach deach riabh tre 'n ath-ghinmhuinn  
S ann tha glòir nithe siorruidh  
Fad o fhianuis ur n-anma  
Dh' fhàg gun eagal roimh fheirg sibh  
A tha seirm ruibh gu tric;  
Air chor s ged dhianta dhuibh iomhaigh  
Le ard riaghladh na h-Alba  
Ne nach sleuchdadadh sibh sios dhi  
Eagal Dia ga bhur damanadh,  
Sibh gu sleuchdadadh gu réidh dhi  
Airson saimh us glòir thalmhaidh  
Nì lean dlu ri bhur n-àirnibh  
A dh' fhàg slàint dhuibh neo-tharbhach  
Dh' fhàg 'n ur naimhdibh do 'n Uan sibh  
'Toirt fuath d' a shluagh le an-iochd.

[TD 163]

XXVII.

Cuibh.: Ciod ni sibh mas firinn

Gur nì théid bhur sgaradh  
O bhur mans' agus stípein  
S o bhur glib bidh sibh falamh  
Cò bheir lòn dhuibh us aodach  
Do bhur mnaoibh s do 'r cloinn bhig?  
Moran ruamhair a dheanamh  
E riamh cha do chleachd sibh,  
S dol a dh' fhalbh leis a chliabhan  
Cha'n fhiach leibh a bhaig'reachd  
Thaobh s gun caill sibh bhur dreuchd  
Bidh ur beul air a għlasadħ  
Chor s nach fhaigh sibh gu 'r n-éisdeachd  
Ach creutairean lapach,  
Tha gun eolas gun fhogħlum  
S air bheag reusan us tuigs?

XXVIII.

Soisg: Ma tharlas an nì seo  
Bidh ar saorsa na's farsuing  
Gu teagasg s gu sgaoileadh  
Na firinn feadh pheacach  
S gu foillseach 'n run diomħair  
Da 'r trids oirnn bha druidt;  
Se ar dòchas an uair sin  
Gu 'm buadhaich an soisgeul  
S gun iompaich an sluagh leis  
Le ath-nuadhachadh coitchionn,

[TD 164]

S nuair gheobh iad an sùilean  
Bha dùint air am fosgladh  
S a chì iad mar stiùir sibh  
An tùs iad gu'n dosguinn.  
Théid sibhs' leo chur suarach  
Mar thruaghain gun tlus.

XXIX.

S nuair theid soisgeul na réite  
Chuir an ceil aig 'ur dorsaibh  
Bidh sibhse fo dheuchainn  
S ga 'r léireadh le bochdaiann  
A faicinn bhur treudan  
Ga 'r tréigsinn gu tur;  
A faicinn bhur treudan  
Ga 'r treigsinn gu coitchionn  
S a teicheadh na'n ceudan  
Gun spéis na gun toirt dhibh  
S gun neach a bheir geill duibh  
No dhéisdeas ri 'r focal  
S ge cruaidh libh an sgeul sin  
Dhuibh 's eigin bhi tosdach  
Mar mhadaidh na h-Eiphit  
Gu léir fo għlas għuib.

XXX.

Cuibh: Tha sinn diùmach d' ur gòraich  
Airson noisein us faoineis  
Bhi dusgadh droch comhstri

[TD 165]

Measg moran do dhaoinibh  
Dhùisgeas càirdean gu naimhdeas  
Mar téid a cheannsal gu grad;  
S mor a misde le 'r n-aimhreit  
Gu 'n caill sibh bhur n-aran  
S mor an ciont air ur laimh-se  
Ma dh' éireas geimhlibh us falachd  
Cha 'n e mhain ur cuid féin dheth  
Ach na ceudan a bharrachd  
Dh' fhaodas fulang 'n ur n-aobhar  
S gun a reusan ach ceannairc  
N aghaidh riaghlaadh na righeachd  
S gun bhi striochdte dha 'reachd.

XXXI.

Soisg: Tha sibh diomach do Mhaois  
Nach do chlaon le lagh Pharo  
S do na fianuisean ciatach  
A bh' aig Dia ann am Bàbilon  
Shaltair àithn Nebchadnesair  
S nach géilleadh d' a lagh;  
Tha sibh diomach d' a réir sin  
Dh' Eoin, Seumas us Peadair  
A chuir suarach Righ Herod  
S nach géilleadh d' a sheisein  
Tha sibh diomach do Chriosda  
S do fhianuisean seasmhach  
S do theisteas a Bhìbill  
S do fhìrinn an Sgriobtuir

[TD 166]

S tha sibh diùmach do'n Dia sin  
Thug ur ciall duibh s 'ur bladh.

XXXII.

Nach gràineil an ni dhuibh  
'Tòirt a Bhiobuill do 'n chùbaid  
Gu leughadh gu dìreach  
Tre dhimeas air Ughdair  
S a' gairm air an Dia sin  
Sibh riamh nach do chreid?  
Ach b' fhearr dhuibh Achd Parlamaid  
S àithn' Cuirt an t-Seisein  
A ghabhail gach Sàbaid  
A ghnàth mar bhonn teagaisg

Do 'n t-sluagh tha ga 'r n-eisdeachd  
S ag éigheach mu'n Scriobtur  
Gur nì tha gun fheum e  
S gun ghéill 'thoirt d'a theisteas  
S do 'n t-sluagh chur an géill  
Gur e César is treas

XXXIII.

Ach aoghairean aingidh  
Nach cluinn sibh ar teisteas  
S ma dh' eisdeas cha bhinn libh  
A chluinntinn o'n Sgriobtur  
Gu'm bheil sibh n ur naimhdibh  
Làn gamhlais us uilc;  
Fiadh bheathaichibh allta

[TD 167]

S builg mhall tha gun anail,  
S neoil gun uisg sibh a dh' fhalbas  
Le garbh ghaoith na gaillinn  
S garbh thonna na fairge  
'Sgèith salchair an comhnuidh  
S fhad s a bhios sibh fo'n ainm seo  
Cha sealbhaich sibh trocair  
Sguabaidh 'n doinionn o Dhia sibh  
Gu iochdar an t-sluic.

XXXIV.

Nuair dh' amhairceas Dia oirbh  
Troimh 'n nial le sùil diùmaidh  
N dean César ur dionadh  
O'r piantan le dùlan  
'Thòirt do 'n bhàs us do 'n leir-sgrios  
Gu treun oirbh a thig?  
Nuair bhuaileas e righrean  
Mor greadhnach fo bhonnaibh  
S gach uachdaran tire  
Ri strì ris g' am pronnadh  
S gach àite nuair lionas  
Le lionmhoireachd chorpaibh  
Na muinntir an-diadhaidh  
Nach striochdadadh d'a fhocal  
Ciad bratach gun didean  
S iad sìnte gun smid:

XXXV.

Ach fodh bhratach Iehobha  
Bidh ceòl aig a bhannal

[TD 168]

A ghràdhaich gu mòr e  
Tre thròcair dha 'n anam

Le trompadaibh luath ghaireach  
'S fuaimniche guth;  
S bidh aingle' na glòire  
Làn sòlais gu toileach  
Le 'n clàrsaichean òir  
A' seinn oranaibh molaidh,  
'Faicinn righachadh Chriosda  
S a dhionadh air Eaglais,  
S a' saoghal fo 'riaghlaadh  
S an Diabhlul s na sheas leis  
Ga 'n sparradh fo 'n t-slabhrairdh  
Gu teann s an toll-dubh.

XXXVI.

Tha soithiche làna  
Nam plàighibh ri 'n tarruing,  
Théid an taomadh o 'n airde  
Le làmhaibh nan aingeal  
A choilionadh ràbhadh  
Na faisneachd o shean;  
Gu 'n tiormaichear tràighe  
S am fàgar gun bhraon innt  
An abhainn Euphrates,  
S an là sin bidh faomadh  
Mhor righrean s feachd làidir  
Gun àireamh do dhaoine,

[TD 169]

Gu raointibh Armàgedon  
Tàirngear na 'n sgaoth iad  
S theid naimhdean an tràth sin  
Theann fhàsgadh gu'n smior.

XXXVII.

Bidh Sàtan ag iarraidh  
Ar criathradh mar chruithneachd  
Se 'n rùn a bha riamh aig  
Bhi fiachainn ar milleadh  
S thig righre' na talmhainn  
Le 'n armait a chath,  
Na spiorada neo-ghlan  
Theid fodhpà mar losgainn  
Gu 'n cruinneachadh comhladh  
N ar còir le dian thogradh  
S bidh féisd aig na h-eoin  
Ann na 'm feolach s na 'n carcais  
N uair bhuailleas Iehobha  
Ga 'n leon s ga 'n casgairt  
S bidh ar saorsainne mòr  
Le sòlas lan ait.

XXXVIII.

'N sin tòisichidh impearachd

Chrìosda gu spioradail  
S righichidh naoimhibh  
R' a linnsan measg fhineachaibh,  
Cinnich us Iudhaich

[TD 170]

'Toirt cliù dha le tlachd;  
S gach teanga s gach sluagh  
Fo fhuaim binn an t-soisgeil  
S fodh ghràs na mor bhuaidh  
Thug o 'n uamhas gu fois iad  
Làn aoibhneis us suaimhneis  
Fo bhuaidh a naomh fhocail,  
'Toirt glòire do 'n Uan  
A bhudadhaich s a dh' fhosgail  
An leabhar s an cridhe  
Dha fhìrinn a steach.

[TD 171]

SEBOA.

IEREMIAH XII. 7-12.

I.

O Eaglais na h-Albainn!  
Ma's ainm dhut Sebòa,  
Cha mhearrachd e' n aimsir  
Geur-leanmhuin an lò s' ort  
S tu breac air gach doigh ann  
An còta s an cruth;  
S tu breac air gach doigh ann  
An còta 's am ballaibh  
Le cuibheasaich fheòlmhor  
Tha 'n dòigh ann san talamh  
Us foirmeilich phròiseil  
Gun bheo ann n'an anam  
Us cealgairean mòra  
Lan eolais gun aithne;  
Do tharruing na h-eòin ort  
Tha 'n tòrachd air t' fhuil.

II.

Air dhut bhi mar speclair  
Do gach eun bheir fanear thu

[TD 172]

Fodh chasaid s foir-éigin  
An eucoraich mhallaicht  
A shalaich ort t' éideadh  
S do sgèimh bho 'n leth muigh  
A shalaich do sgèimh leis

A mheuchd ud chur mar riut  
'N am buill ann san fhion-lios  
Mar chrionaich gun abhull;  
Cha 'n 'eil thu mar Ephraim  
Oir s léir dhut tre shealladh  
Na fulteinean liath seo  
Tha 'stíallach feadh t' earraidh,  
S mòr t' fheum air glan léinidh  
Ri' d' chreubhaig bhi drudt.

III.

S mor t' fheum air do léinidh  
Ma d' chreubhaig bhi glan ort,  
Oir b' àill leis an diabhul  
Sgeig fhiacal s ball fanoid  
A' dheanamh air t' iarmad  
S do chriathradh 'n a ghuit,  
Gun ghràs tha bho Dhia air  
A shiol-chur 'n an anam  
Nach dearbhar gun diachainn  
Có iad riut a leanas,  
Fo anacothrom riaghlaidh  
Nimh dhiomhair na h-ainiochd  
Us diachainnean fiadhaich

[TD 173]

Bhitheas pianntail do-labhairt  
A rannsaicheas giar iad  
Bho mhiairean gu bun.

IV.

Ma's e ort 's gu'n gairmear  
An ianlaith tha fuileachdach  
Feumaidh tu t' armachd  
Mar dhearbhadh air t' fhulangas  
S ceannard do shlaint anns  
Gach càs a bhi mar riut;  
S ged dh' éireadh do nàmhaid  
Le ràs gu ro ghuineidich  
'Chogadh le ghràisg riut  
Mar sgràl dheth na cuileagan,  
S t' armachd-s' o' n àirde  
Bhitheas tàbhachdach urramach  
S leat-sa 'bhuaidh làraich  
S an càs cha bhi cunnart dhut,  
Molaidh tu an gras bheir  
An t-slainte sin dhut.

V.

Bidh Criosc air do cheann  
S théid do naimhdean air iomain leat  
Riut g e b'e dh' éireas  
S an t-sréip cha bhi buinig dha;

Có thug air buaidh ann an

[TD 174]

Suasaid chaidh ris?  
S an-aoibhinn gu bràch do  
Mhòr àireamh nan ceannairceach  
'Dh'éireas an àird riut  
Gach là gus do theannachadh,  
Naimhdean a ghìlòir 'tha  
Gach lò dhut ro-anshocrach,  
S léir sgrios ro phiantach  
Mar dian iad grad aithreachas  
'S crioch dhoibh gu iochdar  
Slochd phiantan gun iochd.

VI.

B' òr fiorghlan thu 'cheud uair  
O'n bheinn chaidh a tharruing,  
Ach t' fhàileadh ro bhreun  
Thug mi-sgéimh us droch smal ort,  
Tre'm feumar gun dearmad  
Do dhearbhadh gu tric;  
Nuair théid thu san t-sùcan  
'N teas dùmhail an teallaich  
Air t' uachdar thig sgùm ort  
Gach grùid ort bha falaicht,  
S bidh t' uamhas ort druigheach  
Nuair dhùisg e air d' fhaireach',  
S fàth aoibhneis ás ùr dhut  
Na d' ghrunnd nach do dh' fhan e,  
Ach dusgadh air t' uachdar  
Gu d' dhruaib uat a sgath.

[TD 175]

VII.

Ta thus' air do chlaonadh  
An cleamhnas ro-mhor ris  
An t-saoghal féin-mhealltach  
N geall air saibhreas s air mór-chuis,  
G iarraidh samhchair neo-iomchuidh  
Air bunchar gun taic,  
Mar bha Lot air son chaorach  
'Mhiannaich raontaichean Iordan,  
Rinn a tharruing 's a shlaodadh  
Gu co-chrìch ri Gomòrrah,  
S ged nach d' lean e ri 'n aingidheachd  
Rinn e cleamhnas ri Sodom,  
Cleamhnas b' éiginn d'a thréigsinn  
S grad leum thar a chomhnard  
Bha 'n a ribe ro mhòr dha  
S tre throcair dol as.

VIII.

Amhghar Iòseiph air dì-chuimhn'  
Leigeadh riamh gus a seo leat  
Dh' easbhuidh ionnlaid us àraich  
Bha thu 'n tràilleachd ro dhoilich,  
Ann an cuibhrichean iaruinn  
S am fiaclan luchd-truid;  
S an olc leat gu'n gearrte  
Dhiot san àmhainn na cordaibh  
Chuir cuing ort ro laidir  
S nach tàireadh tu comhnadh

[TD 176]

Nan anamannan gràsmhor  
'Bha sàraicht 'n an deoirdidh  
S gu 'm biodh Iubilee àghmhor  
Us gairdeachas còmhlaadh  
Agad féin s aig a phàirt sin  
Trid an slaint tho'airt 'mach.

IX.

Ach ma theid thu do'n fhùirneis  
Gus do stiùir chur air fògradh,  
Bidh feum air do chrùsbal  
'Bhi dùint agus còmhdaicht,  
Mu'm falbh thu na d' smùid ann  
An tùs dhut bhi ruith;  
Faodaidh freasdalan dorcha  
'Bhi doirbh leat s ro dhoilich  
Faodaidh coigrich ro dhalma  
Gaoth nam balg chur 'na doineann  
Ach tre éibhleagan blàth  
Tionndaidh gràs i gu d' chothrom  
Tha d' fhear riaghlaidh an gràdh dhut  
S cha dean namhaid do dholaidh  
Gus an glanar air falbh uat  
Do shalachar s do sgioird.

X.

Ann san teine bho 'n gluaisear  
A suas a chum glòir thu

[TD 177]

Cha 'n fheum thu do shuacan  
S an uair sin a chòmhdaich;  
Theid an deo a tho'airt suas leat  
Chum do shuaimhneis gu h-ait;  
Is seud fior-ghlan mar òr thu  
'Bhitheas an comhnaidh a dealradh  
Ann am fianuis Iehòbhain  
'S bhitheas ro òirdhearc na 'shealladh  
'S théid an uair sin do fhàlluinn

Uat glan còmhladh a sgaradh,  
'S théid do shuacan a chomhdach  
Fodh 'n fhod ann san talamh  
Gus an glanar fa dheòidh e  
Gu ro ghlormhor gun smal.

XI.

Thachair dhuibh-se mar tharladh  
Roimh àm an àirc ri linn Noaih  
N uair a mhiannaich Mic Dhé dhoibh  
Mar chéilidhean pòsda  
Do nigheanan dhaoine  
Gach aon diubh bean uchd;  
An sliochd riu a fhuair iad  
Dh' fhàs 'n am fuamhairean mòra  
'Chuir an aithrichean suarach  
N uair a fhuaradh leo fodhp' iad,  
Gu 'n robh 'n tìr air a lionadh  
D 'an trid-san le fòirneart,  
Nì a tharruing sgrios mhìllte

[TD 178]

Air an t-saoghal glan-còmhladh  
Ach am beagan a mhàin dhiubh  
'Chaidh a thearnadh trid uisg.

XII.

Na cuibheasaich uaibh-se  
Riamh cha d' fhuair litir-dhealaich  
S an sliochd ead'raibh a fhuaradh  
Dh' fhàs 'n am fuamhairean allaidh,  
Oirbh tha 'g iarraidh an uachdar  
Gus bhur bualadh fò 'n smachd;  
S e sin 'patronage' bhrùideil  
S an 'intrusion' fhòir-éigneach,  
Cha 'n e easbuidh na Gàidhlig  
No lànachd na Bèurla  
Thug dhomh 'n ainm'chadh s a chànan-s'  
Ach an càs bhi cur feum air,  
Gu bhi dìteadh gach fòirneirt  
S gach seorsa breith éiginn  
A tha 'n aghaidh na firinn  
Mar nì nach eil ceart.

XIII.

Tha na cuibheasaich thalmhaidh  
Ga do leanmuinn 's riut ceangailt  
Ged is fior gur feall-ainm dhi  
Eaglais Alb' oir' a ghabhail;  
Nuair 's luchd-àicheadh air Criost iad

[TD 179]

Mar Ard-Riaghlaир a feachd,  
S ann is cosmuil an dòigh-san  
Ann na 'n comhradh 's na 'm barail  
Ri cleamhnан Lot ann an Sòdom  
Rinn le 'm beòil dheth ball-fanoid,  
Us ri aingidh 'n t-seann-saoghail  
Nach do dh'aontaich ri earail  
S ri searmonan Nòaih  
Air son tràcair do'n anam  
Ach chuir cùl ris an àirce  
S nach do thàir innte steach.

XIV.

Ciod a b' aobhar nach d' thainig  
Siol Adhaimh gu Noah  
A dh' obair gu làidir  
Le 'n làmhan gu 'chòmhnnadh  
Gu togail na h-àirce  
Gus an tearnadh o'n tuil?  
Gu togail na h-àirce  
Gu tearnadh an anam  
Bho'n leir-sgrios a thàinig  
Air na dh' àitich an talamh,  
Ach an t-ochdnar a mhàin dhiubh  
'Chreid an là bha riu teannadh  
S ghabh an dìdeann o'n bhàs sin  
Air càch a thainig le cabhaig,  
N uair a chuartaich na tuinn iad  
Tigh'nn na 'm mill air am muin.

[TD 180]

XV.

S fior gur deacair ri àireamh  
Gach ceann fàth mu 'n d' eascòrd iad  
Mur e nach do dh'fhàg e  
Le tàire fiadh Ghòphair  
S nach robh cumachd mar b'àill leo  
Réir an ailghiois gu tur;  
S gu 'n robh riomhachd us càileachd  
Ro àrd luchd na mòrchuis  
Cho uasal s nach b' fhiù leo  
An teàrr bhi fodh 'n sroinibh,  
S gu 'n salaicheadh i àilleachd  
Us dealradh an comhdaich,  
Oir b'e 'm feum-san do 'n àirce  
Bhi 'n a Bàt' air son spòrs daibh  
Bha ri bainnsean 's ri pòsaidh  
Ith, òl us ri cluich.

XVI.

Oir bhruadair mi aon uair  
Mi bhì mar ri Noah  
S gu 'n d' thainig dream fhaoin dheth

Na daoine bha 'n Sòdom  
A dh' fhanaid gu h-aotrom  
Le 'm baoth-chainnt gun tuigs',  
Ag radh ris a ghòraich  
S a notion thoirt thairis,  
E dh' fhaicinn na h-àirce  
Gun dàil chum na mara

[TD 181]

S a deanamh 'na gàbairt  
Gu bhi ghnàth aca tarrainn  
An aolaich 's na h-otraich  
S nach sòradh iad faradh  
Gu todhar nam planntan  
Thug an sannt orr' a chur.

XVII.

Gu 'n d' thainig dream àraid  
'S thu'airt iàdsan gu'm b'ait leo  
Nan deanadh e'n aird riu  
S a lamh 'chur san aitreibh  
A b'àiill leo 'chur suas a'  
Cur suarach na tuil,  
S a' gealltuinn nach diobradh  
A chaoidh dha luach aisig  
S e tharruing le marmor  
S chlach àluinn am pailteas,  
Gu'n caistealan àrda  
Chur an aird an sar-mhaise,  
S gur mòr bhiodh thoil-inntinn  
Na shaoibhreas s na 'bheartas  
Seach bhi'm bròn mu theachd sgrìob  
Bha gun chinnt gun fhios c'uin'.

XVIII.

Cuid do cheann'chean Thìris  
Bhi sìor chur air sparraigdh  
An àirc 'dheanamh dìreach  
Dh'aon chrìch airson malairt,

[TD 182]

S gun e 'bhi cho brònach  
'Na 'ònar na 'bun;  
S gu'm faigheadh iad còmhlan  
Gu'n còmhnhadh gun għainne  
Do shaoir us do ràmhàichean  
Sàr-mhath gu marachd,  
S gu'm fàsadhb iad greadhnach  
'N co-bhoinn gu ro-ealamh  
Le'n ceannach s reic spréidhe  
S gach seud bu ro allail,  
S a grad chur air snàmh

Chum an àill thoirt gu buil.

XIX.

Fhreagair Noah gu léir iad  
Gu sèimh s gu sàr mhacant  
A mhuinntir gun chéill!  
Deanaibh éisdeachd ri m' fhacal,  
Cha mhor bhur fàth bòsd  
As bhur sòlas gun bhun,  
S gun agam do m' theaghach  
Gu léir ach aon seachdain,  
Gu teicheadh o'n léir sgrios  
Sinn féin innt a għlasadh,  
S ar druideadh fo 'didein  
O'n dile tha teachd oirnn,  
S tuil-dhorsaibh nan speuraibh  
Gu léir tighinn mu'r clraiginn  
Us tibirt na doimhne  
Os an cionn biodh sìor chur.

[TD 183]

XX.

S na creutairean truagha  
'Chuir suarach an earail  
Għrad thaom orr' an t-uamhas  
A nuas air an ceannaibh,  
Ag iadhadh m'an cuairt doibh  
S bu truagh a bha'n sgread;  
Bha'n tuil tighinn fo'm buinn  
S air an cinn a tighinn thairis  
Ag iomairt le'n làmhan  
S a' fagail na h-anail,  
S a' streap ris an airce  
S ràn bais aig gach anam  
Fo sheirm nan tonn bàthte  
S gun tearnadh ri 'thabhairt  
'Dol sios do'n t-slochd iochdrach  
A's dian-loisgeach teas.

XXI.

'N uair dhuisg mi o m' bhruadair  
S ann suas thug mi sealladh,  
Bha'n talamh lan aobhachd  
S gun dìl air ri 'amharc  
'N uair dhealradh a ghrian air  
Bu sgiamhach a chruth;  
Bha Noah air iobradh  
Na h-iobairt s fo 'beannachd  
Bha 'inntinn làn faoilte  
Fodh bhraon-bhogh a gheallaidh,

[TD 184]

Fo'n d' phlanndaich e fion-lios  
Gu riarachadh anam,  
Dheth 'n d'òl e gu 'mhiann  
Nì chuir nial air car tamuill,  
S a lomnochd do rùisg e  
Gu bùrt d'a mhac dubh.

XXII.

Ach thuig mi o 'n là sin  
S am pàirt e 's mi dh' fhairich  
An cleamhnas th' aig nàdur  
A ghnàth ris an talamh,  
S a chàirdeas ri pàirt  
Dh' fhaodadh nàir air a chur;  
Dh' aindeoin criaraidh gach amhghair  
Tuil àmhuinn gach teallaich  
Tre 'n téid iad 's an fhàsach  
Gu 'n nàdur a għlanadh,  
Gu bheil fuighleach air fhàgail  
An ait-eigin fallaicht,  
Air anamanaibh gràsmhor  
S ri 'n càileachd nach dealaich  
Gu 'm fàg iad fadheoidh e  
An Iordan san t-sruth.

XXIII.

Air an aobhar seo réisd  
O 's e féin am fear faire  
N uair a shal'clear a threud-san  
Nach feum iad an glanadh?

[TD 185]

S ged bheir e fàth bròin dhaibh  
Tha theo-chridh' lan iochd,  
S ged tha 'm freasdal seo gruamach  
D' a shluagh s d' a luchd teagaisg  
S e riaghladh-san shuas  
Bheir mu 'n cuairt e mar fhreagras,  
Do rùintibh a ghràidh  
Tha ro ghràsmhor d' a eaglais  
Bheir troimh gach geur àmhghair  
Gu sàbhailt am feasd i,-  
Fiù fultean a cinn  
Cha chaill è gun fhios.

XXIV.

Tha 'n Stàit air an là seo  
'G iarraidh 'n aird ort mar cheannard  
S tha 'n nì seo ga d' fhàsgadh  
Ri t' àirnean 's cha 'n annas  
Faicinn iuchraichean Chriosda  
Ga 'n spionadh o chrios  
Faicinn iuchraichean Chriosda

Ga 'n spionadh le ceannairc,  
S ag iarraidh bhi riaghladh  
Oighreachd Dha le ard cheannas;  
Na biodh eagal no fiamh ort  
Cum ri d' fhanuis gu daingean,  
Gabh deagh mhisneach na d' Shlanuighear  
Anns gach amhghair bhios mar riut  
Nì gach stoirm dhut na' shoirbheas  
Crioch do ghairm thu gu'n ruig.

[TD 186]

XXV.

Ged tha farmad do naimhdean  
'G iarraidh bann do cho-cheangail  
Ris an rioghachd a sgaoileadh  
Tha na 'dhaors dhoibh s na 'eallach,  
Eagal cuibhreach cuing Chriosda  
Air am miann bhi cur smachd  
Ge' do bhrist iad an aonachd  
Riut s a maoin uat a spannad  
Dh' fheuch an tarladh dhut claponadh  
'S taobh an t-saoghal a ghabhail;  
S mor gur fèarr dhuit bhi cuidheas  
Cobhoinn riu le d' sgaradh,  
S Criosc a leantuinn sna teinntibh  
Le gheimhlibh ort teannaicht,  
S fianuis dhileas 'tho'airt dhasan  
Mar t' fhear gràidh s do chultaic.

XXVI.

Gabh misneach s na fannaich  
Cha 'n àm dhuit to'airt thairis  
Tha gach nì aig do cheannard  
Fo 'cheannsail air talamh  
S gheobh thu fuasgladh o' d' theanntachd  
Na 'àm-san s fan ris;  
Na gabh lësan no campar  
Ris an dream tha ga d' theannadh  
Ciod an t-ioghnadh bhiodh ann duit  
Ged robh 'n t-àm riut a tarruing,  
Anns am fògrar o'n champ thu

[TD 187]

Mach feadh bheanntaibh us ghleannaibh,  
Tho'airt nan caorach 'bha caillte  
'Steach le d' laimh chum na mainnir  
'Giùlan masl' us cuing Chriosda  
'S onair fhiachail dhuit sin.

XXVII.

Na biodh geilt s na biodh sgàth ort  
Bi làidir s na fannuich

Tha t' fhear-pòsd thug a ghràdh dhut  
'Cur aird air a ghealladh  
Ann san fhreasdal seo 'n trath-sa  
Riut ag radhtainn le iochd:  
Leudaich ionad do phailliuin  
Ann san fhàsach gu farsuing  
S brat comhdaich do bhuthan  
S do chùird leig am faidead  
Agus daingnich do chuailean  
Ga 'm bualadh gu daingean  
Tog iolach le luath-ghair  
Cha bhuannaich thu aimrid,  
Oir a mach air gach taobh dhiot  
Craobh sgaoilidh do shliochd.

XXVIII.

Na th' air t' iomcharan 'n tràth seo  
Ga d' fhàgail gun fhoistinn,  
A bhi trom le deagh àl  
Sin ga d' fhàsgadh le osnaich,

[TD 188]

S cha lughdaich do theanntachd  
Do chlann gus an tig:  
Tha toirrcheas gu bràch  
Do ghnàth 'dol air thoiseach  
Do anfhuinneachd nàduir  
'Bhios sàraicht neo-shocrach,  
Us pianntaibh ro dheuchainneach  
Deurach neo-choitchionn,  
Us ioghnaidhibh geura  
S cruaidh éigin bhios goirt dhuit  
Mu'm brist thu le eibhneas  
Ri cinnteachd do shliochd.

XXIX.

Ach t' amhghair cha chuimhnich  
Thu 'chaooidh às a dhéigh sin  
Le miad do thoilinntinn  
Us t' aoibhneas na d' chéile  
A dh' ardaich cho mor thu  
Mar og-mhnaoi s bean-uchd:  
'N uair chì thu do chlann  
Mar na planntaibh do 'n fhion-chrann  
Ag òl chum an sòlais  
N' a' s leòir a chasg iotaidh  
Do'n bhainne 's glan sògh  
'Chuir t' fhear pòsda 'n ad chiochan,  
S an siolachadh glormhor  
Ni t' oigridh fàs lionmhòr  
'Cur thairis le gairdeachas  
Làn bithidh do chup.

[TD 189]

XXX.

Do chairdean ro chaomhail  
Tha 'n aonachd riut ceangailt  
S tha 'n comhcheangal gaoil  
Ann san t-saoghal riut 'cheana,  
Mar bhraithrean an Criosa  
Gach aon diubh thig leat:  
Thig iad an comh-bhoinn riut  
Le aoibhneas gu geanail  
A' ghabhail comh-roinn dheth  
Do chuing air an amhaich  
'Chraobh-sgaoileadh a Bhiobuill  
'S gach tir tha gun aithn air,  
'Chur theachdairean dileas  
'Bhios saoithreach 'na 'n anam,  
A phlanndadh na firinn  
S gach tir tha fad as.

XXXI.

'N uair sgaoileas do gheugaibh  
O d' fhreumh air an doigh seo  
S gach sguab bidh na 'leusan  
Mar eibhleagan beotha,  
S bidh an gaisgeach ro mhor  
Us a dhirlach na 'ghlaic,  
Bidh an gaisgeach ro mhor  
S mic na h-oige na laimh-san  
Mar shaighdean geur beo  
Leagas fodhpà na naimhdean,  
Ga 'n lotadh s ga 'n leonadh

[TD 190]

Gu mor s iad fo 'n ceannsal  
Ag éigheach fo bhrón  
Airson trocair o'n aingeachd  
Us Ard-Rígh na glòire  
'To'airt treoir dhoibh us neart.

XXXII.

Bidh 'm focal gu drùiteach  
A' dùsgadh gach coguis,  
Ga 'n reubadh s ga 'n ciùrradh  
S a' rusgadh an lochdan  
Le 'n cridheachan brùite  
Air an glùinibh 's air chrith;  
Thig cinnich us sloigh  
S righre mòra le chéile  
Gu d' sholus ro oirdhearc  
Us glòir do ghrian éirigh,  
S thig anail nan gràs  
O cheithir airde nan speuran

A' dhusgadh chruaidh chnàmhan  
S gu 'n tàthadh ri chéile,  
'Chrith-ghluasad nan Iudhach  
G' a ionnsuidh na 'n ruith.

XXXIII.

Do naimhdean bha dùr  
Gu mirùnach ga d' tholladh  
Thig a' sleuchdadh fo mhùiseig  
Le'n umhlachd fo d' bhonnaibh

[TD 191]

Fo aithreachas drùiteach  
S an suilean lan uisg;  
S 'n uair chì am mor-shluagh  
Righ nam buadh a bhi mar riut  
S do naimhdean na 'n truaghain  
Fo 'n ruaig air an teannadh  
Bidh 'n cridhe air a luasgadh  
Làn uamhais na 'n anam  
Ag iadhadh m' an cuairt dut  
Gu luath airson beannachd  
A ghabhail sàr ghreim dhiot  
Le 'n laimh air do sgiort.

XXXIV.

Thig armait gun àireamh  
An àird fo do bhrataich,  
Nì dhuisgeas an Dragon  
Us ràs air a' gleachd riut  
Mar leomhan ro gharg  
Ga do shealg le 'dhroch bhriod;  
Thig fàidhean bréige  
S am fiadh bhéisd riut a charraid  
S an t-Anacriosd oillteil  
Le 'n treun fheachd s le 'n lannaibh,  
Ach tilgear le d' ghaирdean  
Gu làr iad 's ri talamh  
Le buille ro threun  
S iad cha 'n éirich le cabhaig;  
Tre chumhachd do cheannard  
Le d' laimh-s' theid an sgrios.

[TD 192]

XXXV.

Bidh Cuibheasaich thalmhaidh  
Na 'm bailbh gun bheul fosgait  
Us Foirmearlaich mharbhant'  
Mar shearç chrainn air grodadh;  
S bidh làir us boil' eanchainn  
Air cealgairibh dubh:  
S gach aon a lean iomhaigh

An fhiadh bheathaich mhallaicht  
Ghabh a chomharr' air' aoduinn  
No 'n aon àite b' fholaicht,  
S a ghradhaich an saoghal  
S a mhaoin tha neo-mhairionn,  
Bidh amhladh gu bràch orr,  
Us cràdh riu nach dealaich  
Mar lean iad an namhaid  
Gu bas ga ghrad chur.

XXXVI.

Gur truagh bhios san lò sin  
Gach seors' riut a dh' éirich  
S nach deachaidh na d' chòir  
Gus do chomhnadh na d' éigin  
Ach thus' a bhlaibh-bheumaich  
'S a dhìult dhut gach iochd:  
S do naimhdean ro fheolmhor  
'Chuir bron ort le'n sgallais  
Cuiridh 'n t-Ard-Righ do ghloir ort  
Bheir leonadh dha 'n anam;  
O d' laimh-sa gu'n òl iad

[TD 193]

Cupan dòlais d'an aindeooin,  
Chum am maslaidh s an dòruinn  
Ni's mò riu nach dealaich,  
Gu'n tuit iad leat comhladh  
Us beo iad nach tig.

XXXVII.

Bidh gairdeachas làn ann  
San là sin aig t' anam,  
Le glaodh na buaidh-laraich  
Gu h-ard anns gach teangaidh,  
'To'airt cliù do'n an Ard-Righ  
'G radh: Babilon thuit:  
'To'airt gloire do 'n Tì sin  
Na 'libhrigeadh beannuicht  
Thug buaidh air an t-sriopaich  
S a dhiol oirr' a h-an-iocdh;  
S co-fhreagraidh dha chéile  
Na nèamhan s an talamh  
Le aoibhneas nan ainglean  
S le seinn luchd na caithreim,  
S b'e 'n ceòl 'bhi ga 'n cluinntinn  
Oir 's binn bhios an guth.

[TD 194]

AN DAOI AGUS AN SAOI  
NO  
COMHRADH EADAR CRIOSDUIDH AGUS AINEOLACH.

I.

Criosduidh:-

S ann leam is truagh 's is cianail  
Bhi faicinn sluagh cho liomhor,  
Air bruach an teine shiorruidh  
S a' triall ann cho dlùth;  
Le 'n amaideachd mhì-chiallach  
Le 'n ceannairc us le 'n diarras  
Le 'n cleachdanaibh mì-chiatach  
Gun riaghailte gun tùir:  
Tha 'n aineolas cho lionta  
S nach gabh iad ris gur fior e  
Gu bheil trom mhallaich Dhia orr'  
S nach striochd iad s nach lùb;  
S cha chreid iad gur ceann-crioch dhoibh  
An slochd a tha gun iochdar  
A ghul s a ghiogsan fhiacal  
Fo phianntaibh s fodh thùrs.

[TD 195]

II.

Aineolach:-

Ged tha mi ga do chlàistinn  
Cha 'n 'eil mi saor us tàmailt  
Ag éisdeachd riut a ghnàth le  
Do thàire cho teann;  
Le d' ladarnas ro dhàna  
Le d' bhreth 'g a thoirt cho làidir  
Gun fhiog agad de thàrlas  
Do chach aig a cheann:  
Tha Dia ro iochdmhor gràsmhor  
An tràcairibh 's am fàbhar  
S nach leig E saoth'r a làmhan  
Gu bràch bhi air chall;  
S cha bheag an t-aobhar nàir' dhut  
Do chantanas s do ràdhtainn  
S nach cualas riamh s a cheàrn seo  
Ri 'r laithibh-ne a shamhl'.

III.

Criod.:-

S e'n t-aineolas ro bhaoth sin  
Fo dhalladh trom na draodhachd  
A chàirich Dia an t-saoghail-s  
Air inntinn na dream,  
Nach gabh an cuireadh faoilidh  
S an tairgs tha dhoibh o Chriosda  
Ged dh' earalaich e daonnan  
Gach aon diubh cho teann;

[TD 196]

S e dh' fhag an cinne-daonna  
Us thusa mar a h-aon diubh  
Nur barailibh cho faoine  
S 'n ur smaointibh cho meallt;  
S ged leughar dhuibh am Biobul  
Tha dorchadas 'ur crìdh-se  
Cho trom s nach creid sibh nì dheth  
Gach firinn a th'ann.

IV.

Ain.:—

S iomadh searmon sgriobht'  
Agus teagastg a bha prìseil  
A chuala mi ga 'liobhairt  
Ri m' linn ann sa chearn-s;  
S cho fad s a tha mo chuimhne  
Cha d' rinn mi riamh a chluinntinn  
Fior chosamhlachd do bhruidhne  
S do chainnteis an tràth-s',  
O mhinisteiribh sgìre  
S o sgoileiribh bha fìor mhath  
S a cholaisd a chosd tide  
S fhuair cinnt air na b' fhearr;  
S bu bheusach ciùin us siobhalt  
N an cleachdanaibh gach aon diubh  
S cha robh iad trom air daoine  
Gu dìteadh an gnath.

V.

Criosd.:—

S ro-aimideach do labhradh  
S cha 'n eil do chainnt ach clearbach

[TD 197]

Ga tarruing mar bhonn dearbhaiddh  
Air seanachas gun stà;  
Mar mhinisteiribh talmhaidh  
Gun eolas air ath-ghineamhuin  
S gun ghnè ach gliocas eanchainn  
Gun tairbh annt a tàmh;  
Tha cuid diubh tha cho aingidh  
S cho làn de nimh s de ana-meinn  
Gu 'n iarradh iad gu marbhta  
Luchd sealbhachadh gràis;  
Tha 'n diadhachd mar ni searbh leo  
S ro bheag iad mar chuis fharmaid  
Us iad fo bhinn an damnaidh  
Do 'n anamaibh gu bàs.

VI.

Ain.:—

Marbh phaisg ort a bhiasd!  
Grad theichidh mi as t' fhianuis

Cha bhi mi 'g eisdeachd bhriathran  
Cho fiadhaich ri an luaidh;  
O'n chaith tu ás do riaghailt,  
S gun dhearbhadh gur a fior e  
Gu 'm faigh mi iomadh fianuis,-  
Gheibh ciadan de shluagh  
Bheir comhdach mar an ceudna  
Air a mhinisteir bhi diadhaidh,  
Gu bheil e ciùin us siobholt  
Us lionta de thruas;

[TD 198]

Thaobh cneasdachd ri luchd diolain  
Cha tug e 'n t-seisein riamh iad  
Mor ùbhladh dhiubh cha d' iarr e  
Cha b' fhiach leis bhi cruidh.

#### VII.

Criosd.:—

N è sin do bheachd m' an diadhachd?  
Ma 's e 's ro bheag mo chiatamh  
Dhe d' bharail us tu 'fiaradh  
Cho dian o na chòir;  
Bhi brosnachadh luchd diolain  
S e dh' fhàgas Satan riaraicht  
Bhi 'g àrach bith an Diabhoil  
Us miannaibh na feol':  
Tha ministeiribh lionmhor  
Cho aineolach air Criosda  
Riut féin s bu leor a mhiad e  
S tu cian fad o'n ròd;  
Cha 'n ioghnadh ged robh 'n t-iasg sin  
A tharruing iad 'n an liontaibh  
S a mhearrachd mar an cianda  
O 'n 's iad-s' an cinn seoil.

#### VIII.

Ain.:—

Hut! hut! hut! hut! mo nàire!  
Bi 'd thosd us grad bi samhach!  
S na cluinneadh neach gu bràch uat  
G a raitinn a 'd chainnt;

[TD 199]

O 'n tha thu na d' chuis ghràin dha  
Do dhillsibh s da do chairdibh  
S gach comunn leis 'm bu ghràdhach  
Do phairt greis ro 'n àm s';  
S ann tha thu na d' bhall àbhachd  
Do n' sgoileirean a 's àirde  
Fhuair foghlum agus àrach  
Ni 's fearr a measg Ghall:

Cha d' dhìt iad riamh le tàire  
Luchd macnus na ceol gàire  
S cha d' mheas iad mar dhroch ceaird  
Bhi ri bàlachan danns'.

IX.

Criosd.:-

Bha Pilat 'n a bheachd féin s e  
Gun ionnsachadh mar éis air  
S bu duin' e bha ro ghleust  
Agus foghlumt an cainnt;  
Cha teagamh nach b' fhear-leughaidh  
Bha ealant agus gleusd e  
An Ladin, ann an Greigis  
Le chéil us an Eabhr':  
Bu sgoileir a bha geur e  
Ged bha e dorch an léirsinn  
Oir choilion e na dhéigh sin  
Gu léir a bhi dall;  
'N uair sgiùrsadh aon Mhac Dhé leis  
Air eagal diomba Chésair

[TD 200]

S thug thairis e gu cheusadh  
S a reubadh air crann.

X.

Ain.:-

Cha teagamh nach robh Pilat  
'N a sgoilear math da riribh  
Gu leughadh agus sgriobhadh  
An caochlaidh do chainnt;  
Ach solus air a' Bhìobul  
S na reachdan a thug Maois dhuinn  
Cha b' aithne dha 'n a inntinn  
'N a 'chrìdh no 'na 'cheann;  
Cha 'n ionnan sin us daoine  
O'n òige chosd an ùin' ris  
Ga 'fhoghlum 'n a mhìneachadh  
Brìghmhòr gun mheang;  
S mi-reusanta ri smuaintinn  
S do neach a bhi ri saoilsinn  
Gu 'n tàrladh e gu 'm faodadh  
A h-aon diubh bhi meallt.

XI.

Criosd.:-

Bha Pharasaich us Sgriobhaich  
Us seanairean mi-naomha  
Làn eolais air a' Bhiobull  
S lagh Mhaoris ach aon srann  
Cha d' thuig iad dheth gu dìreach

[TD 201]

'N a shusbaint s ciod bu bhrìgh dha  
Cha b' aithne dhoibh s do thaobh sin  
Bha 'n aoghaireachd dall:  
Bha cuid an aghaidh fìrinn  
An t-soisgeil, cho lan mì-ruin  
S gu'n d' àicheadh iad am firean  
Ga 'iobradh d' an sannt;  
Us muinntir fuitteach staonach  
A thiodhlaiceadh dhoibh dìreach  
Gu masladh chur air Criosa  
Gu dion an cuid feall.

XII.

Ain.:—

Nach truagh dhut a bhi 'n dùil  
Gur cosmuil ar cinn-iùil-ne  
Ri Pharasaiich us Iudhaich  
Bha brùideil gun truas  
Us creidmhich bha cho dùr riu  
Nach d' aidich riamh le càram  
Mac Dhia 's a chuir an cùl ris  
Ga 'dhiultadh le fuath:  
Cha 'n ionnan s daoine ciùine  
Tha teagasc dhùinn o'n chùbaid  
Na 'n searmoinibh le dùrachd  
S le 'n impidhibh do 'n t-sluagh  
Ma chreideas sinn s tighinn dlù dha  
Nach cuir e aon air cùl dinn  
S ar peacaidh 'thoill a dhiùmadh  
Gu 'n ionnlaid e uainn.

[TD 202]

XIII.

Chriosd:—

Bha seanairean 'san là sin  
A tagradh gu 'm b'e Abram  
An Athair s air a sgàth-san  
Gu 'm b' iàdsan clann Dhia  
S na 'n oibrigh rinn iad àicheadh  
'N uair dhiùlt iad Mac a ghràidh-san  
A dhearbh gu 'm b' iàd Mic Shatain  
Bha 'n gràdh dha droch mhiann:  
S tha aoghairean gun ghràsan  
Ga 'aideachadh an tràthsa  
Na 'm bilibh ach ga 'àicheadh  
S ga 'chàineadh gu dian,  
Le 'n cleachdaidhean ro ghràineil  
S dha phobull naomh to'airt tàire  
Mar mhealltairibh a mhàin tha  
Mi-nàrach gun chiall.

XIV.

Ain:-

Cha 'n iognadh leam gu dearbh  
S cha mhiosainn féin gu 'm b' ana-meinn  
Ged dhùisgeadh annta freamasachd  
Ri searbas cho mor,  
S a tha gach neach tha falbh uath  
Le tàir air an cuid searmoin  
A' cleachdadadh riu le stararaiche  
Do anacainnt gun dòigh;  
Us nach eil neach riu dheal'cheas

[TD 203]

Nach tòisich na 'm buill aimlisp  
Ri 'n càineadh mar bheathaich bhalbha  
S mar mhairbh tha gun deò;  
S mar mhadaidh alluidh 'n anamoich  
S luchd-tuarasdail s ghaoil airgid  
Gun iùl s gun spéis do anaman  
A thearnadh s tho'airt beò.

XV.

Criosd:-

Cha chàineadh s cha chainnt fheargach  
Do phobull Dhé 'bhi dearbhadh  
O'n Sgriobtur thug mar ainm dhoibh  
Coin bhalbha gun stà,  
Gur sionnaich ghuineach gharg iad  
Sugh chnamhaibh dhaoine marbha  
Tha lan do bhréin' s do shalachar  
Ro shearbh s 'na chùis ghrain:  
O'n droch luchd teagaisg marbh ud  
Rinn Criosd a threud a thearbadh  
Gun éisdeachd ri 'n cuid searmoin  
Neo-tharbhach gu bràch;  
Bha 'n geur thaois ghoirt ro chealgach  
Làn nimh mar phuinnsein marbhtach  
S b'e 'm beus a bhi geur leanmhuin  
Nan anamanna fhuair gràs.

XVI.

Ain:-

Tha fhios gu 'n d' labhair Criosda  
'N co-shamhuil sin do bhriathraibh

[TD 204]

S do chainnt ri muinntir fhiadhaich  
An-diadhaidh gu dearbh,  
Ach cha do shaoil mi riamh  
Gu 'n robh buntannas aig sion dheth  
Ri minisdeir bha 'g iarruidh  
Bhi sliochdadadh na 'ainm;

S mas e 's gur nì tha fior gu  
Bheil minisdeirean diabhluidh  
An diugh ann tha gun diadhachd  
S 'ga fiaradh le 'n cealg,  
A thuilleadh air na ciadan  
Bu mhise 'n creutair cianail  
Nach d' aithnich air an rian iad  
A riamh gu leas m' anm'.

XVII.

Criosd.:—

Thubhairt Criod le mionnan cinnteach  
Mar beirear duine rithist  
Nach comasach a chaoi dhà  
Gu 'm faic e righeachd Dhé;  
S an dàna leat a shaoilsinn  
Mu 'n Dia a chaoi nach caochail  
Gu 'n àicheadh leis an nì seo  
Thubhairt fìrinn a bhéil?  
S am faic thu féin a h-aon dheth  
Na minisdeirean baoth ud  
A bha thu dian a' saoradh  
Le strì s le faoin eud

[TD 205]

Fo choslas gu 'n do shaothraich  
Fìor ghras an Spioraid Naoimh orr'  
Ga 'n iompachadh o'n t-saoghal  
S ga 'n aonadh ris féin.

XVIII.

Ain:—

Aidicheam gu dearbha  
Gu 'n robh iad riamh na 'm balbhain  
Mu iompachadh air anama  
S ath-ghinmhuinn nan gràs;  
S is cosmhul nach do shealbhaich  
Iad féin e 'n uair a dhearmaid  
Iad urrad agus dealbh dheth  
Riamh ainmachi' do chàch  
S do thaobh an caitheimh aimsir  
O'n taobh a mach cha 'n aithnichte  
Gun chaochladh orr' a' tearbadh  
Air falbh o'n cuid ghnàth,  
S bha sinne riamh ag earbsa  
Bho 'n teagastg gu 'm bu tearmann  
Ar n-oibre féin gu 'r tearnadh  
O fhearg an Tì 's aird.

XIX.

Criosd:—

S c' è 'n coslas air an aobhar-s  
Gu 'm faodadh e bhi feumail

Do neach a bhi 'g an éisdeachd  
S iad féin cho ro dhall?

[TD 206]

S cho aineolach gun léirsinn  
Air co-cheangal na réite  
S air Soisgeul a chroinn cheusaidh  
S an éifeachd a th' ann;  
S gun eòlas mar an ceudna  
Air lagh nan oibre féin ac'  
Leag fearg us mallachd Dhé air  
Gach cré tha fodh bhann  
Us faic gur fior an sgeula  
Gu 'bheil iad féin s an treud tha  
Ga 'n leantuinn s tha to'airt géill doibh  
Gu léir an staid chaillt.

XX.

Ain:-

Cha 'n 'eil mi nis ga d' àicheadh  
Cha diochd leam fhad s a ràinig  
Mi 'cathachadh gu dàna  
Gun làire gun fhiamh;  
Thaobh co-cheangail na slàinte  
S ceud chumhnant lagh nan àitheantan  
Cha d' eadar-dhealaich iàdsan  
Do chach iad le rian,  
'S ro chosmhuil leam os bàrr an  
Droch oibre féin bhi 'g raidhtinn  
Nach d' thàinig feart no gràsan  
O 'n àird orra riamh;  
Ma dh' fhoghnas bristeadh Sàbaid  
S mi-mheasarrachd le 'n d' fhàgadh  
A nis iad 'n an cùis ghràin domh  
S mo chàil uap a' triall.

[TD 207]

XXI.

Criosd:-

S cha 'n iognadh ged robh 'n sluagh  
Tha fo theagasaibh nan truagh ud  
Fo dhoille throm s fo dhuathar  
Gun uallach mu 'n Slàinr;  
S eiseimleiribh suarach  
An cleachdaidhean ro thruaillidh  
Mar thaic a' cumail suas  
Gach olc, buaireas s droch ghnàth  
D' an mhisg thug iad srian fuasgailt  
S gach ana-miann san do għluais iad,  
Neo-mheasarrachd s mi-stuamachd  
Gun uamhas gun sgàth;  
S gun 'n coguis bhi 'g am bualadh

Airson an aingeachd uaibhrich  
A bha 'cur gàir an cluasaibh  
An t-sluaign a fhuair gràs.

XXII.

Ain.:

A mhic s a dhalt! mar chual thu  
S mi féin bha roimh 'n uair seo  
S a chunnaic mar bha 'n gluasad  
Mì-stuama gun sréin;  
Tha fhios dut gu 'm bu bhailteach  
Do m' shamhuil sa bhi m' an cuairt doibh  
Aig bangaidibh dhaoin-uaisle  
Far am bu dual gu biodh féisd;  
'S mar thu'airt am fear mu 'n duanaig

[TD 208]

Bu mhath leo teth us fuar e  
S aig mac-na-brach bhiodh buaidh chor  
S nach gluaiseadh iad ceum  
S bhiodh cuid le 'n spors 's an uair sin  
A' slaodadh aon air ghruaig dhiubh  
S bhiodh cuid 'sgeith fion na 'dhruablich  
Mu chluais cuid diubh fhein.

XXIII.

Criosd.:

Is cuimhn' leam féin gun dearmad  
Bho chionn ré seal do aimsir  
Air Sàbaid aon bhi falbh dhiubh  
Gu sealg s e fodh 'n phòit  
S ged bha mi féin thaobh m' anma  
Gun chùram, ghabh mi gairisinn  
Le 'n d' thug mi 'ghunn' air almsadh  
Le cealg ás a dhorn;  
Ach ged bha 'mhisg na 'eanchainn  
Bha 'n sluagh uaith 'g iarraidh searmoin  
Ach e-san smid cha labhradh  
Mar ceannachte dha stòp;  
Ach neach a' tuiteam marbh dhiubh  
Fo'n deoch an sloc no 'n salchar  
Cha 'n fhaca mi ach 's dearbht' leam  
Seanachas do bheoil-s'.

XXIV.

Ain.:-

Cha 'n 'eil thu féin gun chluasan  
S nach cuala tu mu 'n truaghan

[TD 209]

Bha beagan tìm roimh 'n uair seo  
Le uaislibh ag òl?

Mar chuir a' mhisg 'n a bhruaillean  
A cheann mar neach fo 'n tuaicheal  
S gun neach an taic r' a ghualainn  
Nach gluaiseadh o 'n bhòrd:  
Bha iosgaidean air luaths-chrith  
Air chor 's an uair a ghluais e  
Gu 'n d' ràinig e 'n a luaithrean  
Gu gruaidh taobh an ròid;  
S gu 'n thuit e far na bruaiche  
S an tiotadh thug e fuaim a'  
Cur smuid as an torr luathaidh  
Le tuaineal na pòit.

XXV.

Criosd.:—

Do bhrìgh gu 'n d' thug thu t' aonta  
Cho fad seo fhéin do 'n fhìrinn  
Nach aidich thu gu saor dhomh  
Ri d' thìm s fad do ré,  
Nach b' aithne dhut diubh h-aon bha  
Do thoradh air an saothair  
Na dh' iompaich neach o 'n t-saoghal  
Gu Criosda Mac Dhé:  
S na peacaidhean tha daonnan  
G an cleachdadadh a measg dhaoine  
S gach aingeachd mhì-naomha  
S gach baoth ghloir gun chéill,  
S ged tha na h-uilc seo millteach

[TD 210]

Us sgriosach do na milltibh  
Am fac' thu riamh co phill uath  
Ri 'n linn-san ga 'n tréigs'?

XXVI.

Ain.:—

O 's fios dhomh nì 's is léir dhomh  
Saor-shoisgeul a chruinn cheusaidh,  
Nach cuala mi o 'm beul-san  
Ri m' ré fad mo lò;  
Us nach robh bhuaidh no dh' éifeachd  
Na 'n teagasg na chuir éigin  
Air aon gu 'n t-olc a thréigsinn  
Bu bheus doibh o 'n òig;  
Us cha 'n e sin gu léir ach  
Luchd-misg us mionn us breugaibh  
S luchd comuinn doibh s is treud doibh  
N co-réit riu s co-chòirdt':  
S o 'n aobhar-s' do m' thaobh féin dheth  
Ge b' e ciod dhomh dh' éireas,  
Cha 'n fhaic iad ball air m' eudainn  
Ga 'n éisdeachd ri m' bheò.

XXVII.

Criosd.:—

Tha neach an siud ag éirigh  
'N uair chunnaic e gu 'n ghéill thu  
S tha argumaidean treun, ar  
Leis féin, aig air doigh  
Air taobh na h-eaglais steighichte

[TD 211]

S e 'n dùil gu 'n dion e h-euceart  
Le dìteadh mhiad s a thréig i  
Le reusan o 'n fheoil:  
S cha 'n fheud mi teich o eudainn  
Gun choinneamh 'tho'airt d' a chéile  
S uat 's éigin domh dol ceum ach  
An géill e fadheoidh:  
Ach guidheam beannachd Dhé dhut  
S gu soirbhich a Mhac féin leat  
'Dhoirt fhuil air a chrann-cheusaidh  
An éiric a shloigh.

AN DARA PAIRT.

Moderate:—

Air do mo chluais bhi 'g éisdeachd  
Do chomhraigdh ris an eilldeir  
O 'n cualadh mi ni-éigin  
Dhuisg m' eud gu tighinn beo  
Air taobh na muinntir shèimh sin  
Na moderats s an cléireachd  
Tha 'fulang tàire gheur bho  
Na threig i dheth d' sheors':  
S mu 'n tòisich sinn ni 's déine  
Ri deasboireachd mu déidhinn  
S nach aithne dhomh 'n troimh chéile  
Bho h-aobhur an tòs  
S ann chleachdas sinn ar reusoin

[TD 212]

Us geallaidh mi 'na dhéigh sin  
Nach aontaich mi le bréig ach  
Gu'n géill mi do'n chòir.

II.

Criosduidh:—

Mo thruaigh an Eaglais steighicht  
A dh' fhàs a nis 'na Mesech  
S luchd-fuath do shìth 's cinn-fheadhna  
D'a cléiribh s d'a slòigh;  
S i dorchar mar bhùthaibh Chedair  
Nan coigreach borb mhi-reusannt,

S an duibhre throm gun léirsinn  
S gun ghréin ach fo neoil  
Oirr' thainig àm an-éibhinn  
Nuair chuir i uaip' a céile  
Tha h-anam air a tréigsinn  
B'i chreubhag gun deo;  
S e cliu a nis s cha bhreug e  
Gilboa gun driuchd nèimh oirr'  
A bha aon uair na 'Betel  
D'a treud nach toir lòn.

### III.

Mod:-

Tha thus' an dràsd dhith diumbach  
Us chaill thu dhith do churam  
Mar mhoran ann san duthaich  
Gun diù dhith s gun spéis;  
Ged dh' fhuasgait bho na chrùn i

[TD 213]

S ged thilgte bun os cionn i  
Cha mhòr a chuir an cùl rith  
Air 'sùil am biodh deur;  
S ged bhiodh na lean gu dlù rithe  
Mar shagartaibh nan Iudhach  
Dh' iarr Criod a lot s a sgiurrsadh  
A dh' ionnsuidh chruinn-cheus,  
Gu'm foghnadh do mhi-rùn doibh  
Na dh' fhuiling ar cinn-iùil-ne  
Bho 'n sgaradh o' na chùbaid  
Na dhiùlt dhi 'bhi 'géill.

### IV.

Criod:-

Nach ionnan ur cinn-iùil-se  
Us sagartaibh nan Iudhach  
Rinn Criod a chur air cùl  
Le mi-rùn us féin eud?  
Cha chionntaich iad dh' aon rùn riu  
'To'airt maslaidh le cion diù dha,  
Dheth uachdrannachd ga 'spùilleadh  
S a chrùn dheth gu'n reub:  
Glòir shiorruidh 'n uair a dhiùlt iad  
'N geall sòlais beagan ùine  
'N uair thilg iad ás an cùirt e  
Mar dhiùbhaidh gun spéis:  
S a reachdan mar rinn Iudas  
'N geall airgid s beagan ionndais  
A shaltairt air, to'airt dùlain  
Do ughdarras Dé.

[TD 214]

V.

Mod:-

Cha 'n fhaod mi bhi na m' bhalbhan  
Ag éisdeachd ri do sheanachas  
Tha tuilleadh s geur s ro dhalma  
Ro shearbh agus dàñ;  
Cha chreid mi nach boil'eanchainn  
A's grunnd do chainnt cho garbh rithe,  
Tha falt mo chinn air ghairbhsin  
Ri anagloir cho geàirrt',  
Mu mhiniesteiribh ainmeil  
'Tha fileanta na 'n searmoin  
Us tràcoireach do anaman  
Ga 'n tearbadh gu slàint;  
S cha 'n uilear leam a dhearbhadh  
Do chainnte dhomh gun dearmad  
Bhi firinneach mu 'n earb mi  
Nach cealg tha na d' dhàn.

VI.

Criosd.:-

An creid thu ann san Dia do  
Nach aithne breug a dhianamh  
Bhi fìrinneach na 'bhriathraibh  
Gun fhiaradh gu bràch?  
S an creid thu gur h-e 'riaghailt  
Réir fhocail d' a chuid iochdrain  
A bhuineadh dhoibh bhi 'g iarraidh  
Gu 'n riaghlaadh a ghnàth?  
S an creid thu 'n t-innleachd iorcalt

[TD 215]

Le 'n mhealladh Adhamh us 'iarmad  
Thug mallachdaibh us piantaibh  
Ro lionmhòr air àl?  
S an creid thu 'n dalladh iota  
S an t-aineolas a lion iad  
N uair ghabh iad cuing an diabail  
S lagh Dhia chur gu làr!

VII.

Mod.:-

Creideam gur a fior sin  
Gu 'n chaill sinn comunn Dhia 'n uair  
A pheacaich sinn gu cianail  
An ciad uair an Adhamh;  
S gu 'n thoill sinn mallachd siorruidh  
Us fhearg san ifrinn iochdraich  
Us truaighibh timeil lionmhòr  
Us piantaibh a bhàis;  
Ach nochd e iochd neo-chriochnach  
S a throcair bhi cho fialaidd  
'N uair thug e aon mhac Criosda

Thug dioladh 'n ar n-ait;  
S nach truàgh mus nì tha fior e  
Gu 'm biodh luchd àicheadh Chriosda  
A' cosnadh stìpein bhliadhnaile  
'To'airt sgéil air a ghràidh.

VIII.

Criosc.:—  
Gu deimhin féin is fior sin  
S is ceart do chainnt s do bhriathraibh

[TD 216]

Gur bochd an ni s gur cianail  
Ach s fior e ri 'ràdh:  
Bha Iudas 'dianamh sgial air  
S a ghaol 's an sporran iata  
Ach 's bochd gu 'm biodh iad lionmhor  
Ga dhianamh 'n ar là:  
San eaglais steighicht 'sa bhliadh seo  
Tha àireamh air gaol Chriosda  
A' searmonachadh gu briathrach  
Na 'n gniomh iad ag ràdh:—  
Beir uainn beir uainn e stiall e  
S far dhuinn ar stipein bhliadhnaile  
S e César ar Righ riaghlaideh  
Ach Ios' binn cha 'n àil.

IX.

Mod.:—  
Mas e s gur ni tha fior sin  
Do m' thugse tha e diomhoir  
S cha 'n 'eil mi féin ro riaraicht  
Le briathraibh cho searbh;  
S cha chreid mi gur e 'n Diadhachd  
Is ughdar do mhi-riaghailt  
A dhuisgeadh leis na ciadan  
A thriall uainn air falbh;  
S gun chearn sna tìribh iar seo  
Nach eil an drasd air lionadh  
Le coinnspeidean mhi-chiallach  
Ro dhiarasach garbh;

[TD 217]

S an Sasunn mar an ciadna  
S nach mor s gach cearn s a Chriosdachd  
Le deasboireachd mu Dhiadhachd  
S mu dhiol Eaglais Alb'.

X.

Criosc.:—  
Nach creid thu gur a fior e  
Gu 'n thaghadh cuid o shiorruidheachd

Le Dia ga 'n to'airt tre Chriosda  
Gu siochaint ris féin;  
S gu 'n d' fhàg e cuid do 'n diabhol  
Ged thug e gairm gu fial doibh  
Nach àill leo teachd gu stroichdad  
D' a bhriathraig chum réit;  
S c' e 'n linn bho linntibh chian  
S nach robh co-luchd-oibre Dhia  
Agus oibricean an-diadhaidh  
A dian ghleachd ri chéil?  
S chiad fhuil a dhoirteadh riamha  
S an deasboireachd mu 'n Diadhachd  
Bha eadar Mac An Diabhuil  
Us fianuis Mhic Dhé.

XI.

Mod.:—

Aidicheam gu slàn gur  
Fìor na tha mi 'g ràidhtinn  
Ach s iognadh leam mar tharladh  
An tràthsa 'n ar là  
Mu mhoderats gun ghràsan

[TD 218]

Mar their sibh féin mu 'n phàirt sin  
A theagaisg sinne a ghnàth  
Riamh o làithibh ar n-oig;  
S na soisgeulaichibh gràsmhor  
Mar their sibh rium mu 'n phàirt sin  
A dhealaich riu s a dh' fhàg iad  
Mar bha iad o 'n tòs;  
Ach ciod a rinn dà phàirt diu  
S an tùs gu 'm b' iad na braithrean  
A rugadh o 'n aoin mhathair  
Thug àrach dhoibh s lòn?

XII.

Criosd.:—

Bha Iacob us Esàu  
N an sliochd an aoin mhàthar  
S a h-asaid 'n uair a thàinig  
Fhuair Iacob a shaors;  
Chòir-bhreith a réir Esàu  
'N uair thuit i sin air Iàcob  
Bha 'm beannachadh an tàth rithe  
S gu bràch iad cha sgaoil;  
S cha d' dhealaich iad ri Iàcob  
Ge b' eigin da s an là sin  
Gu 'n sgaradh e bho mhàthair  
S a bhràthair araon,  
Mar thàrladh ann san là so  
Do shoisgeulaichibh gràsmhor  
S do Mhoderats Mic Hagair

Fior thràillibh na daors.

[TD 219]

XIII.

Mod.:—

Ciamar a dhearbas tù dhomh  
Gu 'n chuireadh Criosd air cùl leo  
S gu 'n d' reic iad e mar Iùdas  
S a chrùn dheth gu 'n reub?  
S gu 'n thilg iad ás an cùirt e  
S dheth uachdranachd gu 'n spùill iad  
A' saltairt air le dùlan  
Do ughdarras Dhé:  
'N uair 's ann 'n a ainm na 'n ùrnuigh  
A thagras iad gu dlu ris  
An Athair gu to'airt iùil doibh  
S an stiùireadh na 'cheum;  
Na 'ainm a' teagasg dhùinne  
Ar dòchas 'chur le cùram  
Na 'fhalangas s le dùrachd  
Mar ughdar na réit.

XIV.

Criosd.:—

Nach aidich thu gu 'm b' chòir dhoibh  
Deagh fhocal fior a bheoil-san  
A ghabhail chum an seòladh  
Na 'orduighean féin?  
S nach ann do reachdan foirneart  
No laghaibh naimhdibh feolmor  
Gun aithn' air Dia s gun eolas  
Bu chòir dhoibh bhi géill;  
Ach shaltair iad fo 'm brogaibh

[TD 220]

Air uile reachdan òirdhearc  
Us dhiùlt iad mar fhear pòsd e  
S a ghlòir le neo-spéis;  
Us reic iad am fein chòir ann,  
An geall air stipein mòra  
S ri reachd a naimhdean chòrd iad  
Chum dòruinn doibh féin.

XV.

Mod.:—

Nach fad an tìm s na linntean  
Romh 'n àm-s' a dh' aon an Righeachd  
S an Eaglais am bann diongmhalt  
Us daingnicht le chéil?  
S ciod an t-olc a dh' inntric  
S chaidh eatorra san linn seo  
S nach faodadh iad bhi innte

Le cuinnseasaibh réidh?  
'N robh 'n Eaglais riamh fo chuing aig  
Ard uachdrunachd na Righeachd  
Gu 'n reachdaibh féin chur innte  
S dhoibh striochdadadh d' a réir?  
S mu bha nach mor an t-ioghnadh  
Nach fad bho chuidich daoine  
Us minisdeirean Chriosd i  
Romh 'n tìm seo gu léir?

XVI.

Criosc.:—  
Cha d' chord an Eaglais riamh  
Air an Stàid a bhi riaghladh

[TD 221]

Ach thàinig innleachd diabhlaidh  
Thug pian dhith us cràdh;  
A' phàtronage aindiadhaidh  
Le 'n thòisich fòirneadh iorcalt  
Le uachdranaibh fiadhaich  
Air iochdranaibh thlà;  
'Cur theachdairean gun Dia orr'  
A dh' aindeoin le'n cuid diorras  
S ga 'm bagradh mur a dianadh  
Iad striochdadadh do 'n ràs;  
Bha 'n stìpean ac' r'a dhioladh  
Us thug an lagh mar rian doibh  
A tho'airt do neach bu mhiann leo  
Ge b' bhiast e 'n a ghnàths.

XVII.

Mod.:—  
S nach b' iongantach nach d' fhàg iad  
An Eaglais air an là sin  
S an d' rinneadh lagh na patronage  
Ghràineil chur suas?  
S mus fòirneart bhi ga chàradh  
Air eaglais air an là seo  
C' ar son nach d' rinn iad àicheadh  
Na 'thràth fad o'n uair-s?  
C' ar son nach d' sheas iad laidir  
A' nochdadadh nach bu traillean  
Do'n Stàid iad ann sa chàs seo  
S a' raidhtinn gu luath:—

[TD 222]

Nach leigeadh iad an làmhan  
D' an aindeoin air an ailghios  
Air minisdeir gun ghràs  
Gus a charamh air sluagh.

XVIII.

Criosd.:—

Nuair thainig lagh a phàtroin  
S e Moderats gun ghrasan  
Bu lionmhor ann an aireamh  
San là sin gu mor:  
Tha fios agad gu 'm b' àbhaist  
An cuis bhi eadar fhairtidh  
Gu'm biodh an guth a b' aird'  
Aig an àireamh bu mhò;  
Ghabh Moderats an ann-righ,  
O' s iad an taobh bu laidir,  
Na 'chumhachan gu slan ris  
Gu sàth thoirt do 'n fheoil;  
S bha fianuisean an t-sluaighe  
Na 'n guth 's na 'n gniomh ga 'àicheadh  
S cha chàireamh iad an lamhan  
Air tràillibh gun deò.

XIX.

Mod.:—

C' è nis mar a thainig  
An troimhe-chéil' cho laidir  
S a dh' éignich iad g' a fàgail  
Na 'fasaich lom fuar?

[TD 223]

Mar their cuid nach fearr i  
Na closach mharbh ro ghraineil  
Fo bholadh breun a bhàise  
'Nuair a dh' àicheadh i 'n t-uan;  
Mas pàtronage dh' fhag fàs i  
S a dhubh fo neul a bhàis i  
'Ne nach robh 'n dream a dh' fhàg i  
Fo 'n bhàs gus an uairs'?  
No 'n e iad féin ga 'fàgail  
Is grunn doibh gus a raidhtinn  
Gu 'm bheil i nis aig Baal  
'N a fardaich gun tuar?

XX.

Criosd.:—

Ged bha lagh a phàtroin  
S an eaglais fad o 'n là seo  
S e Moderats an àireamh  
Bha mhàin dha to'airt geill:  
S ann dh' éignicheadh an trathsa  
Na soisgeulaichibh ghrasmhòr  
Bho 'n Stàid a chur an lamh air  
Còir àraidih Mhic Dhé  
S 'bhi tabhairt suas do'n Bhàn-righ  
An riaghlaadh sin a dh' fhàg e  
Aig eaglais féin mar dh' àithn' e

Le lamh a luchd-dreuchd:  
Us righichidh an Slanuighear  
Air oighreachd féin dha àicheadh  
Ga spionadh ás an lamhaibh

[TD 224]

Gu dàn le laimh threun.

XXI.

S mar thubhairt mi riut mar tha e  
Cha d' chord soisgealaiche gradhach  
Mar eaglais ri lagh patroin  
Air dha bhi na 'dhaors;  
S nach soilleir dhut romh 'n là seo  
Gach uair a chuir e'n sàs iad  
Na 'n teanntachd gu'n do dh' fhàg iad  
I 'shabhaladh 'n saors?  
Ach 'n uair a thachradh pàtroin  
Bhi fàbharach 's a chàs sin  
Se soisgeulaich a b' fhearr leo  
Do ghnath dha 'n cuid daoин;  
Us cha bu leisg s a chàs seo  
Le minisdeiribh gràsmhor  
Ged leigeadh iad an lamhan  
Air braithribh ro chaomh.

XXII.

Thaobh co-cheangal co-chordaidh  
Se còir na Stàid an còmhnuidh  
An eaglais o gach fòirneart  
A chòmnadh s a dhion;  
S gach sochair dheth 'm bheil còir aic  
S cuis-shiobhalt chur air doigh dhi  
A riaghladh air dheagh steornadh

[TD 225]

Réir ordugh an Triath:  
S cuis-Spioradail a sheoladh  
Cha bhuin do'n Stàid s cha 'n eòl dith  
S ann bhuineas e 'lagh sòlaimte  
Ro oirdhearc Ios:  
S b' e 'n t-uamhas a bhi 'n tòir  
Gu'n suidheadh cnuimheag fheolmhor  
Air caithir Chriosd gu seoladh  
Mu ordugh tigh Dhia.

XXIII.

Mod.:—

Tha mise dall na m' inntinn  
S tha àireamh mhòr na m' chuimhne  
Do sgriobtuiribh a' Bhiobuill  
S am brigh dhomh cha 'n eòl,

S fàth eagail domh da riribh  
Nach d' thuig mi riamh ach clì iad  
Us fiach an dian thu dìchioll  
Gu 'm mìneachadh dhòmh:  
S gu h-àiridh mu 'n an nì seo  
An tràths thug aobhar strì dhuinn  
S dean leudachadh car tìm orr'  
S ni mì fuireach stòld,  
Ag éisdeachd riut s bi dileas  
S nach ceil thu nì do'n fhìrinn  
Gu nochdadadh gu neo-chli dhomh  
Fior chinnteachd do sgeoil.

[TD 226]

XXIV.

Criosd.:-

Dean foighidinn ma tà rium  
S gu dileas o ghrunn m' àirnibh  
Cha cheil mi dh' fhìrinn càil ort  
An tràsa dhomh 's eol:  
Us innseam nì gun dàil dut  
Bhios feumail chum do tharr'neadh  
Bho thuisleachadh gu stàtuibh  
Naomh Ard Righ na glòir;  
Ma dheonuicheas e ghràs dut  
S a bheannachd féin o'n airde  
Gu chò-chur riut gu slàinteil  
S gu tabhachdach beo;  
Us tagair ris le spairn-ghleachd  
Tre chreidimh 'na mhac gradhach  
A dh' fhàg a cheartas sàsuicht  
A ghràs ort gu 'n dòirt:

XXV.

Nach creid thu gur h-e 'n Slànuighear  
Is Righ air cathair Dhabhaidh  
Ach gu 'n robh naimhdibh bàsmhor  
Ga àicheadh mar Righ?  
S nach faic thu mar bha Sàul  
Mu 'n d' iompaichte tre ghràs e  
'Geur-leanmhuinn Ios san là sin  
Le àr air na naoimh?  
S mar rinneadh le Caiàphas  
A dh' iarr a chur gu bàsa

[TD 227]

A bhi cogadh ris an Ard-Righ  
Gu dàna 'na ghniomh,  
Ghabh riaghladh chùisean arda  
Na h-eaglais ann na 'lamhaibh,—  
Ni dh' fhag i 'na stoc mhabhta  
S na 'fàsaich gun Chriosd:

XXVI.

Ged bu sgoileir arda  
Bha 'm Pòl m' an d' thaineadh gràs air  
Bu thoibheumach ro dhàn e  
Na 'nàmhaid do Ios;  
S bu mhinisdeir do 'n t-Sàtan  
Gu cur an aghaidh gràis e  
E féin an dùil thar chach  
Bhi toirt bàrr an deagh ghniomh;  
S m' an dhùisg a choguis nadurr'  
S a bhrollach aig Gamaliel  
A dh' earalaich a bhraithribh  
Bha namhadach dian,  
Air eagal gu 'm faight' iàdsan  
Le cur nan naomh gu bàsa  
Dian chogadh gu h-ann-dana  
Le 'n lamhaibh ri Dia:

XXVII.

Nach d' thruaill am peacadh nadurr'  
Na h-uile do shliochd Adhaimh?  
S cha leighis dad ach gràs iad  
O ghràdh an Aird Thriath;

[TD 228]

S mar chuala tu mar tha  
Gur h-e 'n taghadh theid a thearnadh  
Laìgh doille throm o 'n namhuid  
Air cach a dhiùlt Criosc;  
S nach d' thubhairt an t-Abstol Paul  
Gu robh searmoinichibh àraid  
Ri gheimhlibh-san 'cur amhghair  
Gu cràdh o dhroch crioch?  
S nach léir dhuit féin an trathsa  
Gu bheil ministeirean aig Satan  
Cho cinnteach 's a tha àireamh  
Fhuair gras dhiu aig Dia?

XXVIII.

'N luchd teagaisg tha 'n staid nadur  
Fo mhallachd Dhia s na 'n traillibh  
S fo chuibhrichean aig Satan,  
C' e de stà th' ann do 'n t-slogh  
Bhi 'g éisdeacad riu s gun chàil annt  
Ach doill nan dall a thairneas  
Do 'n t-slochd iad o nach tearnar  
Gu bràth iad ni 's mò?  
S mur tig ath-bhreith nan gras orr'  
Fuil anamannan neo-bhasmhor  
Gheibh Dia na 'n sgriob san là ann  
San dealraich a ghlòir:  
Nis freagair mi mus àill leat

Us feuch riut fein s ri càch e  
Mus fìrinn tha mi 'g raidhtinn  
Seach faileas nan sgleo.

[TD 229]

XXIX.

Mod.:—

S e tosd us fuireach samhach  
Thaobh m' aineolais an-dana  
Ni buineadh dhomh fo nair' oir  
Chaidh spàrr na mo bheul:  
Us cha 'n e sin a mhàin domh  
Is aobhar broin an dràsda  
Ach m' fhaireachadh aig m' àirnibh  
Ga m' chràdh gu ro gheur;  
Mo leon gu 'n thuit mi 'n Adhamh  
S gu 'n thruailleadh mi na m' nàdur  
S mo pheacaidh gniomh ro ghraineil  
S a bharr orr' gu leir:  
Mar mheall na daill gun ghràs mi!  
Nach d' fhoillsich binn mo bhàis domh  
Ach cliù do 'n Rìgh a's airde  
Gu bheil slaint 'n amar Dhé!

AN TREAS PAIRT.

I.

Criosd.:—

Nach eil e soilleir réidh dha  
Do thugse s dha do reusan  
A nise mar a dhéilig  
Na cléiribh gun ghràdh,

[TD 230]

Ri lagh na h-Eaglais Steighichte  
S mar reub iad ás a chéil' i  
S do lagh an t-saoghal gélleadh  
Le spéis (aobhar chràidh)?  
S gur ionnan doibh s mur dh' éirich  
Do shagart na h-an-éibhinn  
'Dhiult Criosd mar Righ s a cheus e  
S ghabh César 'na àit;  
Le Pilat s fianuis bhréige  
Fhuair binn a bhàis a sheuladh  
S nach faodadh an lagh féin doibh  
A cheusadh gu bràch.

II.

Ach s léir dhomh nis gu réidh  
Mar tha lagh na h-Eaglais Stéighichte  
S lagh Patronage us Chésair

N aimhréit air gach doigh  
S na Moderats gun reason  
Mar bhrist iad lagh na cléire  
Nach gabhadh ri luchd reubainn  
Do threud gu to'airt lòin:  
S e sin an ni o 'n d' éirich  
Gu 'n thog iad cuis gu César  
Ach càch a rinn foir-éiginn  
Le euceart ro mhór;  
S cha 'n iognadh leam a réisd e  
Na soisgeulaichibh treubhach  
Ghabh Criod mar Righ ga tréigsinn  
Tre spéis d' a naomh ghloir:

[TD 231]

III.

Tha cuimhn' agam an trasa  
Air cainnt bha miosg nan Gaedhil  
Mar shean-fhocal bha gnàthaicht  
A thainig gu m' bheul:-  
Gur iomadh òg-bhean àillidh  
A phos ri bodach granna  
Air ghaol a mhaoin s a thàin  
S da 'm 'ghrain 'anail bhreun:  
Is ann mar sin tha pàirt dheth  
Na lean ri lagh a phatroin  
Do 'n t-solus tha iad gràineil  
S ged tha tha lon crè  
Na 'n leasraidh s mhiannaich iàdsan  
A leanmhuin air a sgàth sin,  
Oir b' annsa leo brù shasuicht  
No gràs us glòir Dhé.

IV.

Air Criodha rinn iad dìreach  
Mar rinn Delila mhìllteach  
Air Samson an treun fhìrean  
Bha 'cridhe dha lan gó;  
'N uair sharaich i e daonnan  
Ag radh nach d' thug e gaol dith  
Nochd ise gur gaol striopaich  
A bh' innt' s nach gaol pòsd;  
'N geall airgid ghabh i 'n t-innleachd  
Gu thabhairt suas do 'n mhuianntir  
Bha naimhdeil dha na 'n inntinn

[TD 232]

Gu'n d' rinn iad dheth spòrs:  
S co ionnan sin san linn seo  
Rinn Moderats air Criodha  
'N geall mhansaibh, chlìbibh s stìpein  
Gu meudachadh sòigh.

V.

Ged rinn iad dheth ball àbhachd  
Thig falt a chinn gu fàs air  
Ni buill a chuirp fàs làidir  
Le tàbhachd s le buaidh:  
S na truaghain a tha 'n trasa  
Ri deanamh feala-dha dheth  
'N an-eibhinn thig 'n uair dh-fhàisg's iad  
An lamhan gu cruaidh:  
Na puist air an do thog iàdsan  
Am baidealan s am bàbhuinnean  
O 'n sheall iad mar cheol-gàir air  
Le tàire 's mor uaill:  
S ann spionas e le spairn iad  
A nuas 's bidh hurra hàrr' ann,  
S cha 'n fhaic thu nì na 'n àit  
Ach nochd lathraich us luaithr'.

VI.

Nach cuala tu mar tharladh  
Mu thimchioll Achterardar  
S na sgir dhe 'n gairmear Mànnoch  
S Cùlsamoin mu thuath?

[TD 233]

Chaidh spannadh chuir air pàirt ann  
An seanoireachd nan cearn seo  
Le lagh an t-Seanaidh Aird  
Chionn na 'àithn' iad nach d' għluais;  
Do bhrigh le lagh a phatruo  
Gu 'n d' rinn iad le laimh laidir  
Droch theachdairean gun għräs  
Chur le smàig air an t-sluagh;  
Us shumain iad am mħathair  
S chuir cùirt an t-Seisein càin orr'  
Le smachd a chur fo thàire  
Bha àbaisteach cruaidh.

VII.

Cha robh sin dad ni b' fhearr  
No beul-aithris s na droch-ghnathaibh  
Bh' aig seanairibh gun għräs  
A rinn tàir air lagħ Dħia;  
Do thaobh an neach an-dana  
Bha 'mallachadh a pharant  
Dh' iarr Maois a chur gu bäs  
Ach rinn iàdsan a dhion;  
Oir choisrig iad an aird e  
Mar thiodħlacadh ro àraidiħ  
Do theampull Tigh an Ard Righ  
Fo sgaile deagh ghniomh;  
Ged s corpach bh'ann o'n lamhaibh-s

Cha ghabhadh 'n lagh gu bràch ris  
Mar iobairt ach do 'n bhàsa  
A réir àithntean an Triath.

[TD 234]

VIII.

Gu ceart mar rinn thu innse  
Mu 'n chorbach mar tha sgriobhte  
An deigh do Mhaoris a dhìteadh  
Fo binn lagha Dhe,  
Rinn seanairean a mhì-ruin  
N uair choisrig iad a rìs e  
A shaoradh o'n a bhinn sin  
Le 'n innleachdaibh féin,  
S mar sin a rinn gu dìreach  
Na minisdeirean briobail  
Do 'n chuid a smachdaich firinnibh  
Chriosd le 'n lagh féin;  
N uair choisrig iad a rithist iad  
A steach air amhach Iosa  
Do 'n eaglais le lagh saoghalta  
Ri 'n d' àon iad gu réidh.

IX.

S e siol na nathrach dearbht' iad  
A rinn an lagh a' spealgadh  
A tha fodh bhinn an damanaidh  
S ath-ghinmhuinn o'm beoil  
Cha chualas riamh na 'n searmoin  
Na minisdeiribh marbh seo  
A dh' fhàg cho crion ar n-anama  
Fo shearg na h-eigh reòt,—  
Nach d' mheall iad sinn le 'n anamiann  
Gus pobull Chriosd a dh' fhalbh uath

[TD 235]

Ga 'n diteadh mar luchd anagna  
S mar chealgairibh mòr?  
S nan creideamaid an seanachas  
S e their iad m' a luchd leanmhuinn  
Nach eil dad annt ach salchar  
Us anabas gach slòigh.

X.

S a mheud s tha tighinn fo dhùsgadh  
Fo bhuaidh an t-soisgeil dhrùightich  
S a thòisicheas ri ùrnuigh  
Fo churam gu geur;  
Riu ròichdidh iad o'n chùbaid  
G an càineadh gu droch mhùinnteach  
Airson gu 'n gabh iad iompaidh  
S tighinn dlù do Mhac Dhé;

S e 's brìgh d' an cainnt mi-rùin:-  
O! luchd-misg us mhionn us shùgradh  
Na faiceamaid 'cur cùl sibh  
Ri 'r grùidealachd bhreun:  
Mu 'n coisinn sibh ar diumadh  
Gun ghrainealachd san duthaiche  
Cho mor binn ri luchd urnuigh  
Tha tionndadh ri nèamh.

XI.

S nach sona nis an dream sin  
Le Criost mar Righ fo 'n geimhlibh  
Fo bhuaidh a ghaoil ghabh greim dhiubh  
'Na choimhneas s 'na thruas;

[TD 236]

'Dol suas le crùn do dhroighnich  
Do nèamh na gloir' làn aoibhneis  
Le trompaidean nan ainglean  
A seinn le binn fhuaim:  
S faic doruinn mhor nan aingidh  
Lean Herod mar an Roigh-san  
S an t-saoghal-s' iad ge greadhnach  
Bidh 'n teinn-san bith-bhuan:  
Le chrùn s dheis' dhealrach loinreach  
'Dol sios do 'n ifrionn oillteil  
Gu siorruidh measg nan deamhnaibh  
Fo ghainntir na truaighe.

XII.

Ain.:—

S ciod e do bheachd mu 'n t-seors ud  
Tha cuid a deanamh bosd asd'  
Mar shearmanichibh mòra  
S am beoil nach do għluais,  
Air taobh na muinntir oirdhearc  
Thog fianuis 'n aghaidh foirneirt  
S a dh' àicheadh sochair fheolmhor  
'N geall gloir tho'airt do 'n Uan;  
Ach dh' fhan gu socair còmhnard  
Mar bha iad s a rinn còrdadh  
Mu 'n Stàid a bhi toirt òrduigh  
Us seòl daibh gach uair;  
S cuid eil' an tùs na comhstri  
Thug leum o'n Staid le streòdaig

[TD 237]

S a phill a rithist d' an deoin ri  
S ri phòs 'n dara h-uair?

XIII.

Criostd.:—

S e seo mo bheachd mu 'n t-seors ud  
Gu bheil dà nì ro shonraicht  
Thug buaidh orra 'n uair chòrd iad  
Ri foirneart mhì-cheill!  
Mic Anaik bhi ro mhòr leo  
Seach earbs á neart Iehobha  
S iad fein na 'm fionnain-feoire  
Le bhi beo na 'n neart féin:  
S o mhiann ri 'm pòitibh feola  
Nach d' sgaradh riamh o'n tòs iad  
S gu 'm b' shaibhreas e bu mhòr leo  
No bron le sluagh Dhé;  
Tre 'n phill iad gu tir Ghoisein  
Tha nis as eugmhais Ioseiph  
'Na fearann daorsa bhròinich  
S 'n a tòrr slochdaibh cré,

XIV.

Ain.:—

An e do bheachd nach d' fhàg e  
S an eaglais steighicht an trasa  
Aon idir dheth shluagh grasmhor—  
A bharr air na daoī—

[TD 238]

Do 'n ùrra coinseas samhach  
Bhi aca mar a ta iad  
S bhi seasmhach taobh an t-Slan-fhir  
Gun bhàigh ris a ghaoid;  
S am Bill ud tha mi 'clàistinn  
A phassig aig a Pharlmaid  
Bheil e cho mór na 'm fàbhor  
S bhi mhàin air an taobh?  
Oir chluinn mi cuid ag raidhtinn  
Gu 'n robh uil' iorrtuis chàch ann  
Ach nach do leig an t-àrdan  
Doibh tamh ris an t-saors'.

XV.

Criosd.:—

Ma ta cha 'n fheud mi raidhtinn  
An d' fhàg no nach do dh' fhàg e,  
Ach s nì their mi ma dh' fhàg  
Gu 'n tog gràs annt' a cheann;  
S theid teine riu nach bàth iad  
Gu 'n tog iad fianuis dha-san  
Mar toir iad buaidh tre ghras innt  
Gu fagail air ball;  
S mu 'n Bhill ud nam biodh stà annt  
M biodh Siorrachd Rois mar tha i  
S achd Parlmaid s lagh Pàtroin  
G am fàsgadh gu teann?  
'Cur aoghairean gun ghràs orr

Le arm s le luaidhe o lamhaich

[TD 239]

S nan seasadh sluagh 'g an àicheadh  
Gu 'n spàirrt i troimh 'n ceann.

XVI.

Ain.:—

Bha mise dall ach s léir dhomh  
A nis gur fior do sgeul-sa  
S bu mhise brùid gun reusan  
Nach d' ghéill dith o 'n tòs;  
Is ioghnadh mar tha creutair  
Do dhaoine 'leugh no dh' éisd ris  
A Bhiobull nach grad thréig iad  
O 'n éisdeachd ni 's mò;  
S ni soilleir tha dhomh féin e  
Gur gadaichean s luchd reubainn  
Dhiarr dorus cho ro eillteil  
Gu leum do na chrò;  
S nach ann a nuas o nèimh  
Ann an ughdarris Mhic Dhé  
'Thainig dortadh fuil co ceutmhor  
An eucoir cho mor.

XVII.

Criosd.:—

S ni uamhasach gu dearbh tha  
Mu chuideachd mhòr nan tàbh ud  
Us luchd nan sleagh tha falbh leo  
Le farbhas do-luaidh;  
Le 'n gunnaichean s le 'n armaibh  
G an cur a steach air anamaibh

[TD 240]

A dh' aindeoин ge cho searbh 's tha  
'N cuid searmoin do 'n cluais:  
Nach geur an nimh s an ana-meinn  
'Bhi sparradh ni gun tairbh orr  
A mhain gu cosnadh airgid  
Do chealgairibh truagh?  
Le faobhar na geur leanmhuinn  
'To'airt doruis do choin bhalbha  
Troimh chorpaibh dhaoine marbha  
S troimh eanachainn an t-sluaigh.

XVIII.

Ain.:—

Gu deimhin s fior do sheanachas  
Ged mhios mi 'n tùs ro shearbh e  
Cha chan mi chaoidh gur anacainnt  
Ro gharg e gun chiall;

B'e cuideachd mhòr nan tàbh agus  
Luchd nan sleagh gu dearbh iad  
S e 'n teisteanas sna Salmaibh  
A dh' ainmich dhoibh Dia  
S e 'm bagradh riu a labhradh—  
Thoir achmhasan gu garbh dhoibh—  
Is deimhinn leam nach dearmaid  
E dhearbh chur an gniomh;  
Oir s ifrinneach a chealg dhoibh  
Tha cleachdadadh ni cho aingidh  
Bhi 'cur an céill gur h-anamaibh  
A thearnadh an crioch.

[TD 241]

XIX.

Ain.:—

Tha misneachd mhòr air pairt  
Gu bheil easaonachd ro laidir  
S an Eaglais Shaor an tràsa  
Bheir cradh dhoibh mar traogh;  
Thaobh mhnathan a bhi g radha  
Gu bheil còir ac' air mhodh àraig  
Bhi 'gairm luchd dreuchd mar chàch dheth  
'N co-bhraithrean araoan;  
Nach bochd ma bhios na mnai sin  
Nàm cogaidh ri feachd namhuid  
'To'airt aobhair do 'n eascàirdean  
Bhi tàir air na naoimh?  
S iad ullamh mar Mhic Labain  
S cho geur gu bhi ga 'n càineadh  
S a séideadh bagraidh s àir mar  
Bha Saul s e fodh 'n chaothach.

XX.

Criosd.:—

Air sochairibh na slàinte  
Tha còir aig mnaibh grasmhor  
Co ionnan ri fir ghraidh  
Air compairt riu s gach cuis;  
Ach 's tosd an nì chaidh àithn' doibh  
San Eaglais ge b'e c' àite  
Ann san cruinnich iad chur aird air  
Ni àraigheas ùr:  
S e dh' àithn an t-Abstol Pòl doibh  
Bhi feoraich ce mar tharladh

[TD 242]

Dheth 'm firibh s gun an àrd-ghuth  
A chlaistinn s a chùirt:  
S do bhrìgh gu'm buin doibh nàisneachd  
S e 'n dleasdanas s a chàs seo  
An lathair fhir bhi samhach

S brat-sgail air an gnuis.

XXI.

Ain.:—

Tha argumaid aig moran  
'N a h-aghaidh air an doigh seo  
Gu 'n bhrist i air a boidean  
Ro sholuimt gu saor,  
A ghabh iad an àm ardaich  
Mar shearmonaichibh trocair  
Ri 'n co-thionail 'n uair phòs iad  
Le cordadh us aont  
S gu 'n d' aidich iad le 'm beoil  
Gur e teagasgan us ordugh  
Na h-Eaglais fhad s bu bheo iad  
Bu sheol doibh gach aon  
S gu 'n seasadh iad gu comhnard  
Gu 'dion gun chlaonadh ròine  
S bho smachd a reachd gu stold  
Nach b' e 'n deoin dol a thaobh.

XXII.

Tha aineolas us duathar  
Air inntinnibh an t-sluaigh le

[TD 243]

Bhi creidsinn gach ni tuaitheal  
O'm buachailllean dall:  
S cuid eile tha trè 'n uabhar  
An aghaidh breithnich uaignich  
Ag radh mu'n dream theich uapa  
Gu'n għluais iad gu meallt,  
S gu'n thilg iad 'chuing dheth 'n guaillibh  
A bhoidicheadh aon uair leo  
A' għiulan tromh gach cruaidh chàs  
Le cruadal gu teann:  
S dheth 'n àireamh tha fear tuaileis  
Tha daingneachadh bheachd thruaillidh  
Am fairfeach air an cual thu  
Bho Chuairtear nan Gleann.

XXIII.

Ach tuigeam cainnt a bheil-san  
S an grunnd o bheil i g éirigh  
Tha eud mu'n Eaglais Steighicht  
Ag eirigh o'n chall  
'Thig air mas e s gu tréigear  
S gu'm fàg an Staid dhith féin i  
Gu'n caill e roinn do shéimh  
S a ghloir féin ann na gheall;  
S cha ruig e leas o 'n aobhar-s'  
Bhi mìnneachadh a sgéil domh  
Tha bhrigh cho soilleir réidh dhomh

O reusonaibh teann;  
S cha 'n iognadh leam a réisd  
A shuil mhiannaich a bhi 'n deigh air

[TD 244]

Mùr mealaich dheth na leumas  
O mhéir fir na crann.

XXIV.

S ann their iad riut le mùiseig  
Gur cainnt gun mhodh gun mhùineadh  
Tha 'd' bheul us briathraibh diùmaidh  
O ghrunnd 's beag is fiach;  
S cainnt chàinidh tha mi-nàrach  
Nach lot nach craidh s nach ciùrr iad  
A th' ann a chionn d' an taobh-san  
Nach d' iompaich iad riamh;  
Ach 's coma dhut co dhiù  
Bheir an Sgriobtuir dhoibh lan dùlan  
Tha deanamh soilleir dhùinne  
Gur bruidibh gun chiall  
An dream rinn Criosa dhiùltadh  
S ro aithnichte d' ar suilibh  
Gach neach a chur an cùl ris,  
Gur brù dhoibh is Dia.

XXV.

S e Moderats gun bhuaidh sin  
Chur oirnne riamh a chuarach  
G' ar cumail leis gach tuaileas  
Fo 'n duathar s a cheò  
An uair 's iad fein na truaghain  
A bhris a chuing dheth 'n guaillibh  
S an cumhnant mhionn rinn fhuasgladh  
S 'chuir suarach am bòid

[TD 245]

O! 's iad a rinn an tuairgneadh  
S a thilg le 'm bogha tuaitheol  
S ghabh patronage na truaigh 'chur  
A bhuaachaill o 'n chrò  
S b' i nis an Eaglais fhuar i  
B' i 'n Icabod ro ghruamach  
N uair chuir i 'n àirc fad uaipe  
S a dh' fhuadaich i 'ghlòir.

XXVI.

Ach soisgeulaich nam buadhaibh  
Thog iad suas gu luath i  
Le lunnaibh air an guaillibh  
Le luaghair s binn cheòl;  
Na trumpaideirean fuaimneach

Ag imeachd roimhp' o'n uair sin  
'To'airt caismeachd o na h-uaighibh  
Do 'n t-sluagh gu tighinn beò;  
'S m 'am pill iad far an ruage  
Théid Philistich a bhualadh  
Le plaighibh dhiu nach fuasglear  
Le cluais laoigh òir;  
S theid Iericho fo uamh-chrith  
Gu 'n tuit i le mòr luasgadh  
Us ge b'e thogas suas i  
S e 'n truaghan is mò.

XXVII.

Theid suaicheantas gu luatha  
Ann sin a chur suas leo

[TD 246]

S bidh brataich ard nam buadha  
A sior luasgadh 'na gloir;  
S thig cruinneachadh nan uaislean  
Us dumhloas an t-sluagh th' aic'  
Fo 'fasgadh 'ghleachd gu cruidh leis  
An Uan thug iad beo;  
An aghaidh na thug fuath dha  
S a dhioladh gach iumruagaidh  
A rinneadh air an t-sluagh leo  
G an tuaиргheadh gu mor;  
· · · · ·  
S iad ait fo ghlaodh nam buabhall  
O feuch nach b' iad na truaghain  
Chuir uap i d' an deoin.

XXVIII.

Tha neul air eiridh suas orr'  
S tha 'm pàilliun àir a għluasad  
Gu īmeachd air a chuairt us  
Tha 'n sluagh dol 'na dhéigh,  
S fodh 'm brataichibh gu buadhach  
A chogadh ris na h-uabhrich  
S bidh Gog le fheachd fo uamhas  
Ga 'm bualadh gu treun;  
S theid Amoraich a ruagadh  
S cha nochdar bàigh no truas doibh  
S am maoin theid tho'airt uapa  
Eadar bhuar agus spréidh;  
S bidh Israel an uachdar  
A roinn na creich le luathghair

[TD 247]

'To'airt glòir do 'n ceannard uasal  
Thug buaidh ann san t-sréip.

XXIX.

Thig bratach camp treibh Iudaih  
O'n aird an ear gu dusgadh  
S thig bratach Dhain le durachd  
Dha ionnsuidh o thuath;  
S thig bratach camp Reùbain  
O'n airde deas gu sunntach  
Le neart us treis na' cultaic  
Bheir spùill air luchd fuath;  
S camp Ephraim thig gu surdail  
O'n aird an iar le 'n ùr lann  
Le 'n treun dheich milltibh diùlnach  
'N an dumhladas sluaigh;  
S co 'n namhuid cho mi-runach  
Do n armaitibh bheir dùlan  
S Ard-Righ nam Feart ga 'n stiùireadh  
Air an cùl le lan bhuaidh?

<eng>NOTE.—Four verses follow but the MS. is illegible.</gai>

[TD 248]

FODH CHAMPAR AGUS FODH CHÀS.

[THA TOISEACH AN DAIN AIR CHALL.]

I. PAIRT.

XII.

Ge b' mhòr bha m' ùidh ann  
An ionndas truaillidh,  
Thug e dhomh dùlan  
O thus mo ghluasaid,  
S a dh' aindeoin durachd  
O dhùil ri buannachd  
An nì bu run leam  
Thoirt leam cha d' fhuair mi.

XIII.

S an fhreasdal chaomh  
Thachair tìm roimh 'n uair seo  
Gu 'n d' thainig firinn  
A bhiobla luachmhoir,  
An cainnt ar tire  
S bhean nì dheth 'n fhuaim rium  
Mun d' bhean ri m' chridh  
Bhean air chinnt ri m' smuaintibh

[TD 249]

XIV.

S an tùs mo spéis da  
Bha beum an t-sluaigh orm,  
Ga m' mheas gu léir-

Troimh chéil' a' m' bhuadhaibh;  
Mi 'luchd na h-euceirt  
Na m' chreutair fuathar  
S mi dianamh eibhneis  
Dheth 'n naimhdeas fuar rium.

XV.

Ach greis na 'dhéigh sin  
Cha b' aobhar uaill domh  
Bhi ga mo reubadh  
Le beumaibh fuar chainnt,  
S ann bha gach creutair  
Gu léir mu 'n cuairt dhiom  
'To'irt meas thar m' fhéich orm  
Aig meud mo thruais diubh.

XVI.

S bu mhor mo spéis, ar  
Leam fein s mo luaidh dha  
S dheth bhi ga 'leughadh  
Dhomh fein s do thruaghain  
'Bha tighinn ga 'eisdeachd  
S mi fein fodh uaill dheth  
Bhi 'm barail cheudan  
Gu 'm b' chreutair nuadh mi.

[TD 250]

XVII.

Bha 'm meas s an spéis dhomh  
Thar m' fhéich 'san uair sin  
Airson nach b' léir dhaibh  
Na m' eudann uaigneas  
Mo chridhe bhrein bha  
Gu léir làn truailleachd  
Ga m' fhalach diomhair  
Fo rian gach buairidh.

XVIII.

Bha iomhaigh 'n eud  
Us i féin cho uailleil  
Ag iaraidh géill dhith  
S gach ceum an gluaisinn  
S mo mhor fhéin spéis  
Mar an ceudn' cho uabhairach  
Ag iaraidh eirirt  
Fo sgéith mo dhuathar.

XIX.

Cha b' léir do chreutair  
Fo'n ghréin 'bha gluasad  
Gach nì do 'n ghéill mi  
Le speis gu h-uaigneach,  
S na meallaidh threun dhomh

Gu léir bha buailteach  
S ga 'm falach féin fo 'n  
An sgéimh bh' air m' uachdar.

[TD 251]

XX.

Tha 'n fhéin gu daonnan  
Na 'h-àl miannach  
Air gloir gach aon uair  
S air faotuinn riaraich  
S i ghnàth gun mhaoil ach  
Fo fhaobhar ciocrais  
S gur lom an raon air  
Nach faod i dioghlum.

XXI.

Ri fulang naimhdeis  
Bidh roinn do ghloir aic  
S n àm airc us teanntachd  
Cha chaill i deorachd;  
S n àm goirt us ganntair  
Ge fann bidh lòn aic  
S an lanachd saibhreis  
S e àm a sòlais.

XXII.

Bha mi gun chiall s rinn  
Sin riamh mi-stà dhomh  
Le'n d' rinn mi diochuimhn'  
Chuir sios fo nair mi  
Gu'm b' ghibhtibh iasaid  
Dhomh tiodhlaic s talaint  
S nach maireadh siorruidh  
Ach Criosd s a lanachd.

[TD 252]

XXIII.

S rinn mi dhiubh iodhaill  
Nì 'phian s a chraidi mi  
Eugsamhla 'n iomhaigh  
Us shliochd mi mhain doibh  
S ge b' ghibhtibh feumail  
Gu léir tre ghras iad  
Mhill mis orm fein le  
Neo-speis s le gràdh iad.

XXIV.

Rinn mi orr' dì-meas  
Da rìreabh s tair orr'  
Cha d' rinn mi 'n iobradh  
Do 'n Tì o'n d' thainig,  
Chum gloir a ghaoil-san

Thug aon a ghraidh uaidh  
Gu tearnadh dhaoine  
O'n daorsa thràilleil.

XXV.

Thaobh meud an t-suaimhneis  
A fhuair mi 'm pairt diubh  
Chaidh m' inntinn luaineach  
Cho luath an gràdh dhoibh  
Tre innreachd buairidh  
Bha cluainnteachd laidir  
Ga m' tharruing uaidh-san  
S á cuan na lanachd.

[TD 253]

XXVI.

S ann rinn mi falbh leo  
Tre chealg mo naduir  
A ghearradh shail'gibh  
Gu tearmann tàmha  
S rinn m' inntinn mharbhanta  
Dearmad laidir  
Le 'n d' mhilleadh m 'earbsa  
Nuair dh 'fhalbh mo lamh-thuagh.

XXVII.

S ged 's ann an coingheall  
Gu dearbh a bha e  
Cha dean sin m' an-fhiach-s'  
Ni 's minbh' r'a phàidheadh  
S mo chulaidh anfhann,—  
Ni shearg gach là mi—  
S nach faod mi tairgs' 'tho'irt  
Gu gairm gu snamh oirr'.

XXVIII.

S i nis orm falachaidh  
Ach s dearbh leam c' àit anns  
'N do thuit an t-arm seo  
Air falbh o' m' lamhan  
Ach s ni tha doirbh dhomh  
Ath-ghairm an aird oir  
Mar tig i'n uachdar  
Tre bhuaidh an fhàidh.

[TD 254]

XXIX.

Us cha 'n 'eil ni dhiubh  
Nach d' rinn mo chasaid  
Us m' fhagail dìte  
Le m' fhior chion faicill  
Tre 'n dh' fhàg iad shios mi

S gun fhianuis agam  
A dhianadh dian dhomh  
S gach sian ga m' agairt.

XXX.

Gu 'n dh' fhàg iad spùillt'  
Agus ruisgt' gun bhrat mi  
Tre m' easbhuidh càraim  
S nach d' chum mi agam,  
'N criochaibh s an rùn s' air  
Dheagh ghrunnd bha cearta  
S nach d' leig mi dhiom  
Gu 'n d' rinn iad mo chreachadh.

XXXI.

S mo chlachadh dh' iarr iad  
Gu pian gun mhaiteadh  
Tre m' pheacaidh dhiomhair  
Us ghniamh mo latha;  
S cha d' fhàg iad sion dhomh  
Mar fhianuis beatha  
No cuspair dionaidh  
Ach Criod s a' mheadhon.

[TD 255]

XXXII.

S ge tric mi 'g iomlaid  
Tre iomrall céille  
S gach tonn ga m' thulgadh  
S 'to'irt urchair gheur dhomh  
S gach ni bha ionmhuinn  
Leam ga mo thréigsinn  
S gun ghnè san iomlan  
Ach ionmhas bréige.

XXXIII.

Ghabh mi le aoibhneas  
Cuid roinn do m' ionnsuidh  
Do mhaoin na h-oighreachd  
S air chinnt bha dùil leam  
Nach tigeadh aimbeairt  
A chaoidh air m' ionndas  
S an àit 'thighinn saibhir  
S ann chinn mi struigheil.

XXXIV.

Gu 'n d' thainig teinn orm  
Dh' fhàg m' inntinn bruite  
S ghabh gaidhir greim orm  
Mar shaighdean ciùrrteach;  
Mo bhun s mo dhruim  
Bha ri caoidh gu tursach  
Bha 'ghort a' m' bhroinn

S gun mo dhruim ach ruisgte.

[TD 256]

XXXV.

Bha m' éideadh barlagach  
Granna duaichnidh  
S mo ghort a fàs,  
'Bagradh bais gach uair orm;  
Ach siud a mhàin  
Cha b'e chraidd cho cruaidh mi  
Ach m' athair ghràidh bhi  
Cho ard an gruaim rium.

XXXVI.

Ach rinn mi cuimhne  
Fo m' inntinn bhroinich  
Air m' athair caoimhneil  
Bhi dh' inntinn theo-chridheach  
S cho anabarr saibhir  
S bhiodh cuibhrionn lòin domh,  
S thug sinn orm pilltinn  
Tre chinnt air trocair.

XXXVII.

Ach ge bu uair leam  
A dhol na 'chòmhdhail  
Le m' éideadh ghraineil  
S mo chail bhi strothail,  
Thug m' éigin barr leis  
Na bha ga m' leonadh  
S chaidh mi na 'làthair  
Mar bha mi 'm' dheoiridh.

[TD 257]

XXXVIII.

S O! 'n t-ioghnadh ard neach  
Cho àille gloir ris  
Gu 'n gluaiseadh àirnean  
A aird a mhòrachd  
Le innigh ghraidd tha  
Cho lan do thròcair  
Gu teachd a' m' dhàil  
A' cur faint le poig orm.

XXXIX.

Bha cuid dheth m' bhraithribh  
Us ràs ro mhòr orr'  
Airson cho grasmhor  
S a bha e dhomh-sa,  
A' cur m' uilc 'na 'làthair  
Bha graineil feolmhor  
S iad dha ga m' chaineadh

Oir b' àill leo m' fhogradh.

XL.

S ged bh' ac ri radhtinn  
O laithibh 'n oige  
Nach d' bhrist iad àithne  
S nach deach iàd thar ordugh  
Is meallta tha mi  
O phàirt dheth 'n comhraidh  
Mar d' mhiosg an ardan  
Le 'n gràin' do m' neoghlain'.

[TD 258]

XLI.

Ach m' athair gràdhach  
Ged bha mi neo-ghlan  
Cha d' mhùth e fàbhar  
No ghrasaibh dhomh-sa  
S gun mhaill' na dàil  
Thug e àithn d'a òglaich  
A chulaidh b' fhearr  
'Tho'irt an làthair gu m' chomhdach.

XLII.

S gu cur lamhainnean  
Us càraid bhrog orm,  
S laogh biadht gu m' shasachadh  
S lanachd soigh dhomh;  
S le danns' us gairdeachas  
Ard le ceol-bhinn  
S bha mi luath-ghaireach  
Gu slan s lan sòlais.

XLIII.

S n uair dh' iarr mi m' bhoid  
S mi gu stold air m' ionnlad  
Laigh mi na m' sheomair  
S mo chomhla dùinte  
S luigh cadal s clò orm  
Ro mhòr us dusal  
Le foistinn fheolmhòr  
Ni leon s a chiùrr mi.

[TD 259]

XLIV.

Oir 'n uair a thainig  
M' fhear graidh da m' dhusgadh  
Bha m' fheoil ga 'aicheadh  
Ach gras gun mhùchadh,  
Gu 'n chuir e lamh orm  
Thug do m' nadur dùlan  
Thug beo mo ghrasaibh

S a dh' fhàg iad ùrail.

XLV.

Ged labhair a bheul rium  
Bha m' fhein ga 'dhiùltadh  
Gu 'n chuir e'n céill domh  
Le reusan drùidh teach,  
Na braoin do dheuchainn  
N àm éirce dhruidh air  
S dhomh b' éigin éiridh  
Us leum ga ionnsuidh.

XLVI.

S ged shil mo mhioraibh  
O 'làimh na 'glaiseadh,  
Mior ruiteach chubhraidh  
A dhruidh air m' aigne;  
N uair fhuair mi chùl rium  
S gun 'ghnuis bhi agam  
Chosd sin dhom deuraibh  
Beoil-bheum us tarcuis.

[TD 260]

XLVII.

S ma bha mo nador  
Le gràin' ga dhiùltadh  
Bha nise m' airnibh  
Fo chradh ga 'ionndrain;  
S cha 'n fhaoduinn àrach  
S mo chàil ro lunndach  
Dha diultadh éirigh  
N uair dh' éigh e'n tùs rium.

XLVIII.

Ged bha mo ghrasaibh  
An tràths air dusgadh  
Cha d' riaraich iàd mi  
An ait' fir m' ionndrainn;  
Bha acras, paiteachd  
Us gradh ga m' chiùrradh  
S nach lianadh càil mi  
Ach fàilt a għnuise.

XLIX.

S 'n uair dhuisg e suas mi  
O m' shuain le cabhaig,  
Chaidh mi na m' thruaghan  
M' an cuairt do 'n bhaile  
N luchd faire fhuair mi  
S gun truas le an-iochd  
S ann lot s a bhual iad  
Mi cruaidh le 'n lannaibh.

[TD 261]

L.

S ged bha seo cruaidh orm  
Cha b' uair dhomh fann 'chadh,  
S a miosg nam buachaill  
M' an cuairt do 'n bhalla,  
Chaidh mi s cha d' fhuair mi  
Gnè fuasglaidh mar riu  
Ach 'n àite truais rium  
Iad uam thug m' fhalluing.

LI.

S ged chuir seo fuachd orm  
Cha b' uair 'to'irt thairis  
S m' fhear gaoil bhi uam,  
Neach nach d' fhuair mi shamhuil;  
S le 'm fagail għluais mi  
Ceum uath car tamuill  
S 'n Tì dh' iarr mi fhuair mi  
Thug luaidh do m' anam.

LII.

S fhuair mi deagh chliu  
Mar ol ungaidh luachmhoir,  
Us chuir mi ùigh orm  
S mi 'n dùil s an uair sin,  
Nach tigeadh spùill air  
S ni 's mù nach truait e,  
Ach mheall mo dhuil orm  
Ni dh'ùraich gruaim dhomh.

[TD 262]

LIII.

S bu shonas àigh leam  
A bha ro luachmhor  
Bhi 'n comunn graidh  
Ri luchd gràis ath-nuadhaich;  
S bu shòlas àraidh  
A bha do-luaidh leam  
Bhi 'n caidreamh blàth riu  
As aird s an uaingneas.

LIV.

Ach ghabh an namhaid  
Ceann fàth an uair sin,  
Fear casaid gnathaichte  
Nam briathraibh truasail,  
Rinn m' fhalluing graineil  
Do phairt s cho duaichnidh  
Do chuid dheth m' chairdean  
A dh' fhàg mi suarach.

LV.

S gach ni bu rùn leam  
As ùr a ghlacach  
Bha mar chuilc-bhruite  
Gun lùths gun taic dhomh;  
S bha iad cho siubhlach  
Ri driuchd na maidne  
S a' faotuinn sgiathaibh  
Gu triall air astar.

[TD 263]

LVI.

Mo lusan sgàileach  
Bha fas gu h-ùrail  
S bhiodh m' aiteas lan  
'N uair bha 'm fàileadh cubhraidh  
S 'n uair bhuailt gu làr iad  
Aig aird mo dhiù dhiubh  
Mo fhrionnas naduir  
Bha fàs ro dhiumbach.

LVII.

S 'n uair bhithinn saoibhir  
Bhiodh aimbeart dlù dhomh  
S 'n uair mò bhiodh m' aoibhneas  
Bu chinnteach turs' dhomh;  
S 'n uair b' fhearr mo shuaimhneas  
Bhiodh truaigh ri 'chul dhomh  
S ri linn mo shoirbhis  
Bhiodh doirbheas ùr dhomh.

LVIII.

Cha d' fhuaireadh stor leam  
Gun seol cur ás da  
S cha d' fhuair mi sòlas  
Gun bhior bhi faisg air,  
Cha d' fhuaireas gloir leam  
Gun sgleo chur masl air  
No solus oirdhearc  
Gun neoil thighinn trasd air.

[TD 264]

LIX.

Och s dubh mo sgeimh  
Fo shal breun mo naduir  
S mo bhroin tha 'g éirigh  
O m' euceart lathail;  
Mar bhuthaibh Chedair  
Gun dàimh gun chairdeas  
Gu dubhach deurach  
Fo éislean craiteach.

LX.

Ach 's sgiamhach tha mi  
Le slainte shona,  
Thug fear mo ghraiddh dhomh  
Tre ghras gu toileach;  
Mar chùirtnibh finealt  
S ro riomhach Sholaimh  
S i geal ro fhior-ghlan  
Mar ghrian an t-soluis.

II. PAIRT.

I.

Na gabhaibh gèimh dhiom  
A mheud s thug gaol domh  
Ge dorch tha m' eudann  
Tre bheum chloinn daoine,

[TD 265]

Oir dh' amhraic grian orm  
Thug dhiom dreach m' aoguis  
Geur leanmhuinn fhiadhaich  
Rinn m' iomhaigh chaochladh.

II.

Bha mic mo mhathar  
Mo bhraithribh bréige  
Am feirg ro ard rium  
S an grain tre eud rium,  
Thug le 'n laimh ard dhiom  
Gach cail ach seudan  
Fir posd mo ghràidh air  
Nach d' thair iad meur chur.

III.

Air fion lios chaich  
Ann an call' b' fhear gleidht' mi  
Ach air a chiuird mi  
Cha b' ard lamh fheuma,  
S tre easbhuidh phàirtibh  
A bharr air deagh sgil  
A steach do 'n gharadh  
Bhrist aireamh bheistibh.

IV.

Bha famhan mùgach  
Ri bùireach diamhair  
Mu fhriamh chrann ubhlan  
Rinn diubhal s mi-stath,

[TD 266]

S cha b' léir do m' shuil iad  
Fo 'n uir gu h-iosal  
Gu 'n d' nochd an ruamhar  
Cuid dhiubh o'n iochdar.

V.

S bha naraich lubach  
Le 'm puinnsean teumnach,  
Gu nimheil ciùrrtach  
'To'irt luthais o gheugaibh,  
Ga 'n lot gu bruiteach  
S gu drùidh teach beumnach  
Ga 'n searg fo 'n ùr ros  
Gu dur le 'n geur ghath.

VI.

Bha sionnaich shiubhlach  
Feadh chuitibh diamhair  
Le 'n seoltachd chuilbheartach  
A's ciurrail fiacal  
Air crannaibh urail  
Ri spuill s ri diobhuil  
S air toraidh chubhraidh  
G òl sugh nam fion dhearc.

VII.

Tha sgitheach s draighneach  
Ro mhillteach sàiteach  
Us drisibh geura  
Miosg dheug a ghàraidh;

[TD 267]

N àm bhi ga 'n spionadh  
S e dion ro àraidh  
Bhios ann mur reub  
Am fear gleidht a lamhan.

VIII.

Na geig bhi seargadh  
Air falbh fo 'n duilleach  
S na h-og-chruinn anfhann  
O'n cealg bhi fulang  
Bha sin gu dearbha  
Leam anabarr duilich  
S chur sin mi 'n amhluadh  
Cur m' anama 'n cunnart.

IX.

N uair nochd an uile bheist  
Ud buirb a nadur  
Bha mi fodh iomaguin  
S fo dhuilichinn chraitich  
Nach faodainn iomachar

Ged dh' fhuilinginn tair ris  
Tre 'n thilg mi urchair  
Nach d' chuimsich pairt diubh.

XII.

Bha naraich shnàgach  
An lathair fo m' bhannaibh  
Ag iarruidh fàth gus  
Mo shail a tholladh

[TD 268]

S gu breith air earr orr  
Cha tarruinn cromadh  
Ach orra stampadh  
Gu 'n ceann a phronnadh.

XIII.

Ach m' fhion-lios fein rinn  
Gu leir mi dhearmad  
S dh' fhàs fheanntag geur  
S cuid dheth m' gheugaibh aimrid  
S dh' fhag sin mi 'n deigh laimh  
Car ré do aimsir  
Fo leth-trom s éislean  
S mo sgeimh air falbh dhiom.

XIV.

Miosg fhamhan dall leis  
Nach gealtach solus  
Us narach naimhdeil  
Us droighnich s connusg  
Us shionnach mealltach  
Le 'n annsachd lonachd  
Us mhadadh allta  
Dha 'n sanntach folachd.

XV.

Cha 'n ioghnadh réisd  
Ged robh m' eugaisg duathar  
S ged robh mi reubta  
Le creuchdaibh luaidhearr;

[TD 269]

Oir dh' iarr na beisd seo  
Gu leir mo chaitheamh  
S bu bhlasd a fheusd leo  
Mo chré s mo bheatha.

XVI.

B'e 'm freasdal sonruicht  
Rinn doigh gu m' dhion uath  
S gach aon diu 'n tòir air

Mo leon s mo riasladh  
S mo shlugadh comhladh  
Na 'm beoil gu ciocrach  
'N uair fhuair mi seol  
Air tighinn beo o'm fiaclan.

XVII.

Ach gloir do 'n Léigh a  
Thug éiric fhala  
Gu leighis euail  
Le eifeachd glanaidh  
S leis nach bu déigh mi  
Gu leir 'tho'irt thairis  
Do m' fhior luchd-reubainn  
Gun speis dheth m' anam.

XVIII.

S e triath ro ardaicht  
A ghàrraidh fhiona  
Ni suas na bearnaibh  
Ged tha iad iosal,

[TD 270]

S gun lot no cradha  
Tha 'n dàn do 'n iarmad  
Nach dian e slan doibh  
Le sàr ghlan ioc-shlaint.

XIX.

S a nis mo bhraithribh  
S a chairdean dealaidh  
Ge dorch a tha mi  
Fo nàir us sgannal  
Tha seudan àraidih  
M' fhir-graiddh rium ceangailt  
Nach d' fhuair an namhaid  
'Bha 'n àit air falaicht.

XX.

S ged leig an namhaid  
Gu lathair ar callaid  
Cha tuit s cha 'n fhailing  
Gu bràth ar carraig,  
Sàr bhunait grasmhor  
Tha laidir daingean  
Bheir neart o'n aird dhuinn  
Us slaint mar bhalla.

XXI.

S dhuisg sin am fearg-san  
Gu garg ro ghuineach  
S gun mis' bhi dearbhte  
Fo m' armachd uile

[TD 271]

Gu dian a' sealg orm  
Gu m' mharbhadh buileach  
Le seoltachd dhealbhach  
Agus chealg nan sionnach.

XXII.

Tre easbhuidh céille  
S cho treun bha m' earb-s' ás  
Mo ghliocas féin s ás  
A ghleus bh' air m' armachd,  
S mi 'n duil nach éireadh  
Dhomh beud tre dhearmad,  
S o thoic nan coilltibh  
Nach pillt' air falbh mi.

XXIII.

S ged tha mo lamhan-s  
Le tàir' air fannach  
Cha 'n uair da 'r lamhan-s'  
An treas thoirt thairis  
O theachd a chàireamh  
Nam bearnaibh ballach,  
Rinn lochd mo shail orm  
A sharaich m' anam.

XXIV.

S ged thug am mealltair  
Oirnn sgriob bha duilich  
S ged dh' fheuch e innleachdan  
Ruinn bha guineach,

[TD 272]

S ged chuir e sinn ann  
An teinn s an cunnart  
S e Criod gach linn  
A chlach chinn s am bunait.

XXV.

S bidh deachaimh innte  
Nach milltear buileach,  
Mar dharach dileas  
'S bheil grìd mar chuilionn  
Ged chaith s ged phill e  
S ged chaill e 'dhuilleach  
Bidh siol ro naomh innt  
Mar bhrìdh a' fuireach.

XXVI.

S ged tha sinn cianail  
S ar n-iarmad tana

Mar bhacaid fhion-dhearc  
Nach fiach 'n ar barail-n'  
Tha falal firinn ann  
Sgriobht tha labhairt  
Ag radh nach mill e  
Sar chinnt am beannachd.

XXVII.

S thig gaoth á tuath  
S 'deas a's buadhaich anail,  
S thig grian gu luath oirnn  
A nuas le dealradh,

[TD 273]

Gu togail fuar-dheallt  
S eigh chruaidh na gaillinn  
S ni 'n t-earrach nuadh sin  
Le 'r snuadh a għlanadħ.

III PAIRT.

I.

Cha 'n eil s gach nì  
Tha mi dhuibh ag aithris  
Ach buaidh na fìrinn  
Ro naomh gun mhearachd,  
A bheir gach nì air  
An d' rinn i labhairt  
Na h-àm gu crìch  
Mar a chītear math leatha.

II.

S e buaidh na fìrinn  
A' ni bhios mairionn,  
S ann leithe a steighicheadh  
Neamh us talamh,  
Mar ris gach creutair  
Us cré 'm bheil anail,  
Thug bith us gnè dhoibh  
S gu léir għabb aithn orr'.

[TD 274]

III.

S i thug bith għlormhor  
A shloigh do ainglibh  
S a chuidich moran  
Diubh dhol na 'n deamhnaibh;  
'S a thilg iad comhladh  
Le ordugh daingnicht  
O inbh bha oirdhearc  
Gu bròn fo għeimħlibh.

IV.

S fo shlabhraibh dorcha  
Gu soirbh chuir teann iad,  
S ge geur an coirbteachd  
S an colg le gamhlas,  
Ge h-atmhor borb iad  
Fo thorraibh naimhdeis  
Tha 'n innleachd folachaidh  
Fo gairm s fo ceannsal.

V.

S i shuidhich Adhamh  
Am Parras fior-ghlan,  
Thug lagh dha 's nadur  
Bha làn ri h-iarrtus:  
S a cheadaich Satan  
A namhaid iorgalt  
A theachd gu thaladh  
Thug bàs air iarmad.

[TD 275]

VI.

Is ann fo' riaghlaigh  
Tha grian us gealach  
S gach reult s an iarmailt  
Tha 'n iar s an ear oirnn,  
S gach ainmhidh 'thriallas  
Feadh shliabh us ghleannaibh  
S gach eunlaith sgiathach  
Us iasg na mara

VII.

S i thog le h-ordugh  
An ceo o'n talamh,  
S a lion na neoiltibh  
Le stòr gun ainnis,  
Dheth faigh gach craobh  
Us lus maoth na 'n àmaibh  
Na braonaibh mìn-uisg  
A mhiad s is math dhoibh.

VIII.

S thug reachd do 'n fhairg'  
Air nach teid i thairis  
Ged sheid an stoirm i  
Le anabarr farum,  
S ged bheuchd a garbh thuinn  
Le gailbhinn gaillinn  
Tha crioch dhith dh' ainmichte  
Dearbht ro dhaingeann.

[TD 276]

IX.

Air àithn na firinn  
Theid gaoth na 'deannaibh  
Le smachd a h-impidh  
Gu 'm pill i h-anail,  
S le guth gu'n siochainntich  
Tuinn na mara  
Mar sgàthan liobhta  
Gu mìn le lainnir.

X.

S ann air a h-àithn  
N uair is àill le fhoillseach  
N tein-adhair dealrach  
O'n àirde a bhoillsgeas  
Us fuaim an tairneinich  
S àird a chluinntear  
S crith thalmhainn dh' fhàgas  
Nochd làraich oillteil.

XI.

Tha diabhuil threunmhor  
Gu leir fo cumhachd  
S fo smachd dhiubh legion  
S éiginn siubhal  
O bhi fòiréigneadh  
Nan creutair dubhach  
S bheir spioraid bhréige  
Dhith géill gu h-umhaill.

[TD 277]

XII.

S i cheadaich aon diubh  
Le h-aont air Saul  
Gu chur fo chaoch  
Ann an caonnaig laidir;  
S ge tric chaidh maoil air  
Roimh naomhachd Dhaibhi  
Cha d' chaill e fhaobhur  
Gu'n d' chlaoidh am bàs e.

XIII.

S i mar an ceund ann  
An laithibh Ahaib  
Chuir spiorad bréige  
A' 'm beul nam faidhean;  
Chuir impidh threun air  
Gu leum gu Ramat  
Gu'n d' lot fir ghleusd e  
Gu geur tre àirnibh.

XIV.

Dha cumhachd géillidh  
Na sleibhtibh garbha  
S an cruinne cé dha  
Guth treun nuair labharas;  
S theid puist na neamhan  
Le chéil air bhalla chrith  
S tiugh neoil us speuraibh  
Le reubadh gairbh-shneachd.

[TD 278]

XV.

S bu niarachd creutair  
Dha 'n stéigheach tearmuinn  
A geallaidh threunmhòr  
S gun bhréig chur earbs ann  
Ach s truagh thar sgéil  
Bhios luchd reubaidh 'n anma  
Tha breubadh treun  
Ri rinn gheur a dealgaibh.

XVI.

S gur truagh mar tharladh  
Cho beag s tha thoirt dhith  
S cho teann s a dh' fhag i  
Cho lan ro nochdta,  
Geall-daingnich bàis ann  
N àm plàighibh corporra  
S air ceartas siorruidh  
Romh fianuis coguis

XVII.

Bho h-òrdugh àraidh  
Do ghnàth tha tighinn  
Gach mallachd s bàs  
Ann a bha no bhios  
Gach doruinn s amhghair  
Us plaigh tha ruighinn  
Air gineil Adhaimh  
An trath s a rìs

[TD 279]

XVIII.

Cha 'n 'eil geur amhgar  
Cruaidh chàs no teanntachd  
No sòlas slainteil  
O chràdh s o naimhdibh  
Do chlann nan grasaibh  
A rinn i ghealltuinn  
Nach feum gu'n tarlar  
Gu lan na 'h-àmaibh.

XIX.

Is cha 'n 'eil tàir  
Mallachd plaigh no casgradh  
Air cloinn an t-Satain  
A rinn e bhagradh  
Nach tuit gu slan orr'  
Mur tair iad ás uap  
Tre ghairm a ghraidh  
Tha tre ghras a nasgaidh.

XX.

Tha cumhachd firinn  
Neo chriochnach buadhach,  
Gu rùn a crìdh  
'Tho'irt gu crìch mu 'n smuainich;  
S ro dhiamhain innleachd  
Gach aon le 'm fuath i  
Le dùil gu'm pill iad  
Le stri na 'cuairt i.

[TD 280]

XXI.

Cha 'n fheum i comhnadh  
O bheo-bhith chruthaicht  
S i fein na morachd  
S na 'gloir a' siubhal;  
Air cainnt a beoil  
Mar an tòs i thubhairt  
Cur buil gach lò  
S i gun seol air muthadh

XXII.

Tha riaghladh firinn  
S gach ni s a chruthachd  
O h-ordugh dìreach  
Gach ni tha sruthadh;  
Do 'n olc a's milltich  
Thug i lan lughachd  
S gun ni no creutair  
Nach géill dha cumhachd.

XXIII.

S e'n fhirinn shiorruidh  
Am fior chul taice  
Tha lanachd fialaidh  
Da fior luchd altrom;  
Tre chreidimh fior-ghlan  
Saor thiodhlac naisgte  
Gheobh anamaibh iotmhor  
An diol gun airceas.

[TD 281]

XXIV.

B'e 'n taic s an dìdean  
A bhi fo brataich,  
S b'e 'n sòlas inntinn  
A dian s a fasgadh  
Tha lanachd saor  
Do gach aon le 'n taitneach  
Bhi 'g earbsa cinnteach  
A chaoidh na 'beairteas.

XXV.

S 'n uair bheir i ordugh  
Do bheo us mharbhaibh  
Gu teachd na 'comhdhail  
Gur mor bhios farbhas  
Luchd aingeachd, dòbheairt  
Us chleocaibh cealgach  
Fo binn gun trocair  
Gu bron an damanaidh.

XXVI.

'N uair làn choimh-lionas  
I miann a h-innigh  
Gur àluinn sgiamhach  
Bhios fiamh a chruinni  
Aon osna chaoidh uaithe  
Cha chluinntear tuillidh  
Gach pian us daors uaith  
Tre 'n fhìrinn dh' imich.

[TD 282]

XXVII.

Cha chriochnaich saibhreas  
Toilinntinn tuillidh,  
Bidh lanachd aoibhneis  
A chaoidh ro mhilis,  
S bidh naoimh us ainglean  
A' seinn le 'n inneil'  
S co fhreagraidh neamhaibh  
Nan speur d' an iollaich.

[TD 283]

MARBHRANN DO MHAIRI MORISON

A DH'EUG FEBRUIRI 1836  
LE  
A PIUTHAR, EIBHRIC MORISON.

Fhuaras am Marbhrann seo bho nighean Mhairi, Mòr nic Ascaill,  
eadhon, Mrs. Robertson am Bearnarai na h-Earadh. Cha do ghabh  
Eibhric, piuthar Iain Ghobha, an t-òran seo a dhuine riamh ach aon  
uair do Chatriona nach maireann, piuthar do Mhòr nic Ascaill.

Is cianail muladach tha mi  
Bho 'n is gnàth dhomh bhi galach

O fhuair mi naidheachd á Beàrnarai  
Nach robh thu, Mhairi, san t-sealladh;

B' e mo mhiann a bhi làthair  
Nur chaidh do chàireadh san anart,

Gun mi bhith ann san làthaireachd  
Na aobhar chràidh leam a bharrachd.

Ged tha mise ga d' ionndrann  
Le cridhe brùite neo-gheanail,

Tarruing dheur o mo shùilibh  
S iad a' srùladh mar abhuinn,

[TD 284]

Cha 'n e sid aobhar no chiùrraidh  
Na tha drùthadh fo m' earradh.

Ach mo shoillse bhi mùchaidh  
Gus do chliù chur ga aithlis.

Gad robh ur cridheachan leòinte  
Thaobh na feòla s na fala.

Bho na chuireadh do chòrr  
Fodh an fhòd ann am falach

Far nach cluinn sinn do chòmhradh  
Cho fad s is beò sinn air talamh,

Cha 'n aobhar tioma no bròn e  
S gur ann a ghlòir a chaidh t' anam.

Gad tha mise ga d' ionndruinn  
Cha robh dhùinn ann ach earail

S tu-sa maille ri Criosa  
Rinn le fhuil phrìseil do cheannach,

Cha 'n eil mi 'n teagamh thaobh cinnte  
Gu bheil an nì seo na mearachd,

Bidh air an t-saoghal deagh-chuimhn' ort  
Gu'n deid an linne-sa thairis.

Ga bu tùirseach a mhuinntir  
A bha san oidhche sin mar riut.

Nur fhuair thu cuireadh an aoibhneis

Bha ro' laimh air a ghealladh:

[TD 285]

Is ann air an suilean bha'n doille  
Nach fhac iad soi(ll)se na sealladh.

S an uair a chriochnaich an t-seinn leat\*  
Bha na h-ainglean ga t'fhaire-

Tha againn mór aobhair iargain  
Air bean do chiatabh s do mhaise.

Ann am fòghlum na diadhachd  
Gu'm b'e do mhiann bhi ga'n cleachdad

Gu'n do ghiùlan thu fianuis  
A réir a riaghailt s a reachdan

O ghabh thu beachd orra 'n ciad uair  
Cha d' chuir thu rìamh orra masladh

Chaidh do threobhadh us t' àiteach  
Leis a ghàirdean bha neartmhòr

Dh 'a bheil an toradh a fàs ann  
Mar fhiar fodh bhlàth ris an dealta,

Shaor o chumhachd a bhàis thu  
S o uile phlàighean a pheacaidh

S o 'n fhuair thu 'n t' aiseag gu Pàras  
Thug gu sàbhailt thu dhachaидh

Tha do phàisdean bochd truagh dheth  
Is culaidh-thruais iàd ri 'm faicinn

<eng>\* She died in child-bed; ere departing she joined in singing  
the 49th Psalm, 14th-15th verses.<gai>

[TD 286]

'Caoidh an fhòghluim a fhuair iad  
S gu 'n thog thu suas iad an altrum:

Bidh sinn an earbs' ann san uair seo  
Gu bhi ga 'm fuasgladh á glasan

Ri tacsa gàirdean us gualann  
An Tì thug uatha co lag thu.

[TD 287]

BUANAICHEAN BHOAIS.  
LE MAIRI MORISON.

Séisd:

O nach tigeadh ead, b' fheàrr gu 'n tigeadh ead  
Is truagh nach tigeadh ead, is sinne bhi'ag\* deònach  
O nach tigeadh ead, b' fheàrr gu 'n tigeadh ead  
Is truagh nach tigeadh ead, tional nan dloghan.

I.

Tha sinn' ann san àm-sa fo dhubhar nam beanntan  
Us reòthadh a gheamhraidh 'teachd teann air ar còmhdaich.

II.

Tha sinn' ann am Beàrnarai mar lòchran bho Shàdoim  
Ag éisdeachd ar càinidh o phàirt-fhear luchd eòlais

III.

Thá 'n t-àite-sa duai'nidh, cha taghail daoin' uaisl' e  
A bheath' aca co truagh ris an t-sluagh a bha 'n Sòdom.

IV.

Us Iàin an gobha a' fàs umainn coma  
Is ann dhà nach bu chomain a chomunn uainn fhògradh.

V.

Is ann ort bhiodh an fhaoilte le maise na naomhachd  
Gur tric bhiodh na caoirich a' faotuinn gu leòir bhuat.

\* = bhitheadh.

[TD 288]

VI.

Tha Murchadh an Ceistear am páirt dhinn an teagamh  
Cha 'n urrainn d' a chreidsinn gu 'n do dh' oibrich dad còir ann.

VII.

Tha Murchadh an Tàillear air gabhuil dubh ghràin' air  
Cha dig e dha 'n àite ged tha bàs agus clò ann.

VIII.

Tha Iain Mac Coinnich s tha e dùbailt sa choire  
Cha dig e nar goire gad bheirte leis beo sinn.

IX.

Eoghain Mac Amhlaidh us Iain á Stranda  
Cha 'n ioghna ur clanna bhi dannsa le sòlas.

X.

S Bòas co fialaidh s gu 'n toireadh e siol dhuinn  
S gu 'n leigeadh e sios e gu biadh dha Naomi.

XI.

Nur sgaoileadh tu d' chearban ri taobh an dùn àrbhair  
Cha leigeas air falbh thu gun ealachan fo d' chleòca.

XII.

Sion gu h-uaigneach us deoir air a gruaidhean  
Ag caoidh an luchd buain, 'leigeadh dualan thro' meoiribh.

[TD 289]

XIII.

Is i Rut a bhean laghach a thainig nar deighidh  
Gu diasan a thaghadh an deighidh nan òglach.

XIV.

Nan digeadh an driùchd oirnn s gu 'n réamaid a dh'urnuigh  
Na 'làthair le dùrachd, gu sgiùrrte Rehoboam.

XV.

Nan dianadh sibh cabhag sna h-achaidhean geala  
S mis' air tighinn falamh o earrain Chlann Mhoaib.

XVI.

Nan gabhadh sibh cùram gu tighinn nan toobh-sa  
Gu lionadh ur sgùirdean an tùs na buain eòrna.

XVII.

Nam b' e curam a chumadh air n-ais sibh  
Nach nàir dhuibh bhi gealtach s an caisbheart bh' air Pòl oirbh.

XVIII.

O chón nach tigeadh ead, truagh nach tigeadh ead  
O nach tigeadh luchd leigeil nan dlòitean.

O nach tigeadh ead, b' fheàrr gu 'n tigeadh ead  
Is truagh nach tigeadh ead, is sinne bhi'ag\* deònach  
O nach tigeadh ead, b' fhearr gu 'n digeadh ead  
O gu 'n digeadh buanaichean Bhòais.

\* = bhitheadh.

[TD 290]

RANNAN DO 'N MHISG.  
LE EIBHRIC MORISON.

Gur trom a ta mi 'smaointinn  
An aon nì seo an comhnuidh  
Cho toileach s tha clann daoine  
Air faoinreadh gu dò-bheairt  
Fodh bhruid aig Dia an t-saoghail  
Iad daonnan na ròidean,  
Bu truagh gu 'n thachair aon uair

Gu 'n dh' aom iad leis còmhradh.

I.

A mhisgeir a tha treun  
O nan éisdeadh tu 'n dàn seo  
Is mi dh' aithriseadh co gleusd e  
S a dh' fheudainn a' d' làthair  
Nan gealladh tu bhi tréigsinn  
A bheus a rinn tràill dhiot  
A tharruing iomadh éis  
Agus léir-sgrios a bhàis ort.

II.

Ma dh' fhalphas tu far bainnse  
Us tu dall leis na dh' òl thu

[TD 291]

S gun caraid sam bith ann duit  
Air làimh ni do threòrach  
Gu'n gabh thu rathad cam  
Us gu 'n caill thu 'n sin t'eòlas  
Gur dòcha gur h-i a bheann  
Bhios fo d' cheann ann sa mhòintich.

III.

Nach dì-brigheil mar cheaird dhuit  
S aig daoine meas còir ort  
Bhi 'gnàth air beus na daoraich  
A' d' shlaod air na ròidean  
A' d' chuis fhanoid aig an t-saoghal  
Gu d' fhaotuinn san dòigh sin  
Air call do dhreach us t' aogaisg  
Us t' aodach na shròicean.

IV.

Ma théid thu 'n sin air chall  
Is cùis-chainnnte do 'n t-slògh thu  
Thu 'tuiteam anns gach allt  
S bidh do cheann air a leonadh  
Ma thachras dhuit san àm sin  
Gu'n caill thu do bhrògan  
Cha choisich thu ach mall  
S nach bi ann ach an deò dhiot.

V.

Nach maslach s nach mì-chiatach  
An riaghailt s an dòigh dhuit

[TD 292]

Do chàirdean chur gam pianadh  
Ag iaraidh gach sgeoil ort  
Nam faigheadh iad le rian

Gu 'm bu mhiann leotha breith beò ort  
S gun agad ach am blialum  
Air sliabh mar dheigh reòta.

VI.

Nach iongantach leam féin  
Thu bhi steidheadh cho gòrach  
A' cosg do chuid gun fheum dhuit  
S do theaghlaich cho dòlum  
Tu faigheil iomadh beum  
Bho gach beul tha ort eòlach  
Na d' thein'-thara s gun spéis  
Aig luchd-déiligidh còir dhiot.

VII.

Ma thachras dhuit na dhéigh sin  
Gu 'n téid thu 'n tigh-osda  
Is e 'their thu 'n sin riut féin  
O cha 'n fheud mi bhi 'm ònar  
Tha eagal orm roimh eud  
Us roimh bheud mo luchd-eòlais  
Nach goir iad dhiom ach breinean  
Gu léir fhad 's is beò mi.

VIII.

'N sin cruinnichidh iad mu 'n cuairt dhiot  
Gu h-uallach ad òrdugh

[TD 293]

Us glaodhar sibh air waiter  
Us buailear am bàrd ris  
Bidh tarruing air na cuachan  
Us fuaim air na stopan  
Bidh sgeith ann s cur mu 'r cluasan  
S gun truas aig neach beo ribh.

IX.

Nuair thòisicheas an t-sapaid  
Le bàrsaich s le poloich  
N sin teannaидh sibh ri càineadh  
Us tarr'ngear na dòrnaibh  
S ri mionnan tha ro ghràineil,  
An Sàtan ga 'r spreòtadh,  
S bidh freiceadan na sraide  
A ghnàth dianamh spòrs dhibh.

X.

Nuair bhios do bhean s do leanabaibh  
An ana-cothrom dòlach,  
Co-ionnan dhoibh thu marbh  
S tu bhi falbh leis an dòigh sin  
A' milleadh do chuid airgid  
Gun tairbhe dha d' chomhdhair\*

S gun ghealladh airson t' anama  
Gu sealbhaich thu tròcair.

\* r. = l.

[TD 294]

XI.

Nuair thuiteas tu na d' thràill  
S nach bi fàirdean na d' phòca  
Is cùis shuarachais us ghràin thu  
Le d' chàirdean an lò sin  
S a' muinntir a bha tàmadh  
Na thàir thu do stòras  
A fanoid ort gu làidir  
Is e àbhaist a seòrs' e.

XII.

Nuair thig thu na d' dhuin-uasal  
Theid sguab air do choinnleir  
Bidh coinneal ri do ghualain  
Dol suas leat an staidhre  
Theid deisealachd m' an cuairt dhioit  
Le uaisle gu coineil  
Nuair thig thu falamh fuar  
Cha bhi 'n uair sin ort foighneac.

XIII.

Cha 'n fhaca mi s cha chuala  
Le m' chluas re mo chuimhne  
Deagh thoradh no deagh-bhuaidh  
An deigh buannachd tigh-seinse  
S a dh' aindeoin na mòr-uaill  
Cuid a bhuanach air saibhreas  
Cha mheasar mar dhaoin-uaisl' iad  
Ge cruaidh leo a chluinntinn.

[TD 295]

XIV.

Nach maирг nach gabhadh gràin' dhibh  
Mar àiteachan còmhnuidh  
S cho minic s a bhios Sàtan  
A tàladh mor-shlòigh annt  
Chaidh aithris dhuinn m'an d'thainig  
An Slànaighear glòrmhor  
Nach faigheadh Moire a mhàthair  
Leis àite san tigh òsda.

XV.

Ged chuireadh daoine sios orm  
Le mì-rùn m'an òran  
Airson na tha e'g innse

Do mhì-mheas a phòiteir  
Tha gealladh ann san Fhìrinn  
Nach dìtear aig mòd mi  
S na scriobtaraibh toirt fianuis  
Gur fior a ta mo chomhradh.

XVI.

Cha ghabhainn uait mar mhì-chliu  
Le spìd no le tàir  
Ni thachradh ceart na mì-cheart  
Ged dh'innssinn an dàn e  
Cho fad sa bhiodh na fhìrinn  
An nì rinn mi ràitinn  
Cho ceart s a bhiodh e sgriobhte  
An clàr-innse na f-àintean.

[TD 296]

XVII.

Ach sibhse, ghillean òga  
Is e seòladh a b'fheàrr dhuibh  
Na seachnad sibh an t-òl  
A rinn moran na'n tràillibh  
Nach b'fheàrr dhuibh ăd us brògan  
Us còtaichean slàna  
Bhi agaibh gus ur comhdach  
Na pòcaidean fàsach.

XVIII.

Nan digeadh chugam grunn dhibh  
Air chumhnant san àm seo  
Le gealladh 'bhi 'cur cùl  
Ri luchd ciùil agus dannsa  
S ri misgeirean mi-chliùteach  
Nach b'fhiù libh mar shamhl iad  
Gu'n nochdainn-sa gun choomhnadh  
Gu rùisginn mo lann ribh.

XIX.

Nan cuireadh sin ort iumpaidh  
Gu tionndadh am bliadhna  
Gu'n teagaisginn le dùrachd  
Dhut ùrnaigh a dhianamh  
Bhi 'guidhe air do ghlùinibh  
An cùileigin dhiomhain  
Gu'n sileadh ort an driùchd  
A ni ùr-chrann dhe'n chrionaich.

[TD 297]

XX.

Nan cleachdadhus thu féin  
Ann an treubhantas ìnnntinn  
A' leantuinn ris a cheum sin

S tu 'tréigsinn t' anamiannaibh  
Is ann dut-sa nach b'an-éibhinn  
A réir mar tha'n fhìrinn  
S bhiodh toradh ort r'a fheutainn  
Mar gheug ann san fhion-lios.

XXI.

Cha'n fhaicinn dad a dhìth  
Air na's ciocharain dhà-san  
Nach faigh iad mar is miann leo  
A dhioladh o'n Ard-Righ  
Na chaisgeas an uil' iotadh  
Do dh'iocshlaint na slàinte  
An amar an ùr-fhiona  
Gu siorruidh nach tràigh dhoibh.

XXII.

Ged thigeadh daoi na h-oidhche  
Le foill ort na'm mìltibh  
Ga d' sparradh ann an goinntein,  
An geimhlibh nam priosan  
Bhiodh coinneal na do lainntir  
Dhe 'n t-soillse tha prìseil  
Is theanacaiste o laimh thu  
Na d' shaighdear do Criodha.

[TD 298]

XXIII.

O mhisgeiribh tha millteach  
Nach sibh a ghabhadh nàire  
Le aithreachas gu fìor  
Gu bhi pilltinn o bhur nàmhuid  
Nan gabhadh sibh ri Criodha  
Le 'miannach ur tearnadh  
Tha tairgs' us sonas siorruidh  
Do mhiad s nach dian tàir air.

[TD 299]

TÀLADH  
LE  
EIBHRIC MORISON  
DO DH' OGHA DO IAIN GOBHA.

Mairi Bell Nic Leoid, e. Mairi nighean Dhouill ic Leòid bha posda ri  
Mairi Morison, nighean Iain Ghobha.

I.

Chuirinn air an dàn sin dhì  
Is e gaol a màthar Mairi Bell

II.

Thug iad ainm na càraid ort

Bha do ghnàth na'n òighean

III.

Nan rëadh tu-sa ri luchd t'ainm  
Rëadh do chliù fad air falbh

IV.

Bhiodh tu 'n àireamh s am mor-ainm  
Na cuid dhiubh shealbhaich tròcair.

[TD 300]

V.

Bhiodh tu cluiche an teud bhinn  
Is binne fuaim an cùirt an Rì.

VI.

Bhiodh tu maille ris na naoimh  
A' seinn gu binn nan oran.

VII.

Fhuair Sion lot le d' bhàs  
Bu mhòr ionndruinn ort a ghnàth

VIII.

Bu cheann uidh' thu romh da phàirt  
A ruigeadh t'àite-còmhnuidh.

IX.

Thogainn fhìn thu air mo ghlùn  
A h-uile h-àit am faicinn thù

X.

Nighean an fhir bu mhòr cliù  
Ciataibh, iùil us eòlais

[TD 301]

ORAN AOIRIDH

LE

EIBHRIC MORISON

do ghilleann bha dianamh orain air Eoghan Mac Dhùghaill, Eilldeir,  
agus air Calum, brathair Iain Ghobha-Bha e san oran gu'n d'thainig  
muc-mara agus gu'n d'thug i na daoine air falbh air tàisdeal.

Seo am fonn bha na balaich a' dianamh:

O gu ma slàn a Chaluim  
Chaidh tu sheòladh le muice mhara  
Ghabh thu sios throimh chaol na h-Earradh  
Is thug thu 'n tabh fo d' cheann gun chrìch.

I.

"O gu ma slàn a Chaluim"  
O'n 'se 'chuid is fheàrr dhe'n ealainn

Is cinnteach leam nach eil mi am mearachd,  
Gur luchd fanoid rinn an seinn.

II.

Gad bhiodh Colum agus Eoghan  
Am muigh air druim na muice mòire,  
Gu'm bu chomasach Iehobhah  
Air bhi seòladh leò gu tir.

III.

Rinn e barrachd air Ìonah  
Ann an taisbeanadh a thròcair

[TD 302]

Cha do leig e beud na chòir-san  
Bha trì oidhche s là \*da broinn.

IV.

Ach nan d'readhainn-sa 'chur tòrachd  
Mach air-son an cuid-sa òran  
Gu'm biodh cuimhn' ac' air mo chomhraigdh  
Fhad s a bhiodh duine beò san linn.

V.

Gad a chruinn'cheadh iad dha 'r seòrsa  
H-uile aon a dhianadh òran  
Eadar seo agus crìch Leòdhais  
Sheasainn fhìn a'm' onrachd ribh.

VI.

Cha bu diol leam air mo rhàsar  
A shalach 'n ur fiasaig làidir  
S dhuraichdinn ge d' chuirinn bearn ás  
Brat dhe'n phràisich a thoirt dhibh.

VII.

Nam bu mhinisteir sa chléir mi  
S a bhi 'toirt tàire dha mo chléireach  
Bheirinn leantuinn air ur leinidh-  
Sibh ga m' éisdeachd, ri ur druim.

VIII.

Bha mi uaireigin dhe m' aimsir  
Ged nach bheil mi 'n diu ach seanabhean  
Is beag nach creicinn uaisl' an Tairbeirt  
Aig a mhargaidh airson briob!

\* = na

[TD 303]

LUINNEAG

DO'N MHISG  
LE  
EIBHRIC MORISON.

I.

Tha buaireadh san uisge bheath'  
Tha truailleachd nach còir a chleith  
Mo thruaigh e do dh'fhir s do mhnathan  
Tha e faighinn buaidh orra.

II.

Nur dhuisgeas fear na 'ròmhanaich  
Cha ghairm e Dia g'a threòrachadh  
Is e their e thoir mo dhòirneag dhomh  
S mo sgòrnan air dol bhuaithe.

III.

Nur theannas àd ri màgairean  
S a chìtear feadh a chlàtar ead  
Their iomadh neach ri tàire riu  
Ha? hà-ibh! cha chùis truais sibh.

IV.

Bidh fear a dhìth a chota dhiubh  
Us fear a dhìth a bhrògan diubh

[TD 304]

S fear eile le mheud s a dh' òlas e  
Gun chomhradh ach ri bruadar.

V.

Bidh cluich us mire us gaireachdaich  
Bidh pogadh s crathadh lamh aca  
Gu'n tòisich a fear làidir orr'  
Ag iarraidh làmh an uachdar.

VI.

Bidh fear a' cur na coinnle ás  
Dh'fhiach am foigh e greim air fear  
S fear ag éigheachd co'n sloightire  
Le foill a rinn mo bhualadh.

VII.

Bidh cuid diubh 'n greim air leadanan  
Us cuid diubh ag iarraidh teasairig  
Bidh spòrs orr' aig na freicidearan  
S a fear a's treasa 'n uachdar.

VIII.

Bidh ciabhagan ga'n geadadh ann  
Scròbadh air na leithchinn ac'  
Bidh dorn aig fear na h-eadrigin  
S fead mo bhun na cluaise.

IX.

Le aimideachd an eanchainnean  
Bidh iad air bheachd gu'm marbh ead cus  
S nach treas ead na na cailleachdagan  
Le'n dealgan aig an luadha.

[TD 305]

CUMHA NO MARBH RANN

DO

IAIN MORISTAN,

a bha na Chéistear aig an Eaglais Shaoir s na h-Earadh o àm an  
deàlachaidh, neach a bha fada roimhe sin na Fhear-Teagaisg soilleir,  
agus na 'Bhàrd os cionn nan uile bha beò na là, a fhuair bàs, 6  
Dec., 1852.

"Air chuimhne gu bràch bithidh am firean."

B'e Iain Gobha nan Dàn  
Bha 'sna h-Earadh a thàmh,  
Bhios mi 'g iomradh a'm' dhàن air an uairs':  
Neach rinn spiorad nan gràs  
'Chur air leth ann a là,  
Dh' ionnsaidh obair bha àrd agus cruaidh.

Gu bhi 'dearbhadh gach là  
Air peacaich bhorb agus dhàن',  
Gu 'n do thuit iad an Adhamh gu léir,  
N uair a bhrist e gu dàn'  
Cumhant oibre na 'r n-àit',  
Ni thug mallachd us bàs oirnn gu léir.

S gu bhi nochdadadh do 'n treud  
Innleachd glòrmhor na réit',  
Ann sa chùmhnant stéidhichte bhith-bhuan,  
Chum bhi saoradh nan truagh,

[TD 306]

Bha fo bhinn lagh gun truas  
A bha naomha, ceart, cruaidh agus geur.

S dàn' an ionnsaidh s is cruaidh  
Dhomh do chliù dhol g'a luaidh,  
A bha dileas a' d' ghluasad us treun,  
Fear do ghibhtean 's do ghràis  
Bha gun leth-bhreac a' d' là,  
Mar a dh'innseas do bhardachd a' d' dhéigh.

Dh' fhan mi fada na m' thàmh  
N dùil gu 'n iomradh ort Bàrd  
Bhiodh na chomas ni b' fheàrr no mi féin:

Dhioladh saothair do ghràidh  
Do na fìreanaibh àrd,  
Bha thu tuireadh gu cràiteach na 'n déigh.

Dan robh Domhull Munro,  
S Alecsander Mac Leòid,  
Agus Olla na Tòiseachd na 'n déigh,  
Triùir do fhìreanaibh treun,  
Bha mar sholuis nan speur,  
Sa ghabh toiseach an treud anns gach cruas.

A ruith le foighid an réis  
Tre iomadh amhgar bha geur,  
Ach gidheadh a bha treun sa thug buaidh;  
Nigh an trusgain gu léir,  
Am fuil ghlòrmhor Mhic Dé,  
Am bheil feartan us éifeachd bhith-bhuan.

B' ann do 'n dream ud thu féin  
A ruith le foighid a réis,

[TD 307]

An àm cogaidh us séisdidh ro chruaidh;  
Fhad s bhios Gàidhlig ga' luaidh,  
Bi'dh do chuimhne bith-bhuan,  
Mar an ceud fhear thaobh buadhan us geir.

Tha na h-Earadh gu léir  
Fo mhór chomain duit féin,  
Thaobh do ghliocais s do threubhachd gach uair,  
Bu cheann-feadhna' thu air sluagh  
A bha carthannach suairc,  
Le 'm bu duilich aon uair dol 'san t-sreup.

Fhuair thu eolas glan réidh  
Air a Bhiobull gu léir,  
A chuir armachd ro ghleusd ort mu'n cuairt;  
Sgiath a chreidhimh bha treun,  
'S claidheamh firinnean Dé,  
Leis an cuireadh tu 'm breugair gu ruaig.

Bha thu dìleas us treun  
A chur na fìrinn an céill,  
S tu gun stìpin s a' Chléir riut an gruaim:  
B'e do chleachdadadh a ghnàth  
A bhi beò air do cheàird,  
Is tu bha ullamh gu pàirteach' ri sluagh.

Bu tu Gaius còir  
An àm suidhe mu d' bhòrd,  
S cha b' i chuirn gun a còmhradh do thé-s';  
A bhiodh blasda le gràs,  
A chum teagaisg do chàch,

S a chum fòghluim do d' bhràithrean 's do 'n treud.

[TD 308]

Fhuair thu t' aran a ghnàth  
Le saothair chruaidh fad shia là,  
Agus fallas gun tàmh air do ghruaidh;  
An là fois bhiodh aig càch,  
Is tu bhiodh moch air do shàil,  
Agus b' ainmig leat tràth dol gu suain.

Bha thu gniomhach a' d' là,  
Na do ghairm 's na do cheàird,  
Bha thu tairis us tlà anns gach ceum,  
N àit bhi 'd 'éire air càch,  
Is tric a fhritheil do làmh,  
Do na coigrich s do d' bhràithribh na 'm feum.

Bha thu ciùin agus suairc',  
Ris gach nàbuidh mu 'n cuairt,  
Bha thu iorasal truasail gun fhéin,  
Bha féin-àicheadh a' d' ghluas'd,  
A rinn taitneach thu 'shluagh,  
Is maith a thuig thu gu 'n d' fhuair thu bhi treun;

S nach robh bonn air son uaill,  
Thaobh gu 'n ghabh thu na fhuair,  
Bho 'n neach a chum suas thu 's gach ceum,  
B' e do chleachdad a ghnath,  
Bhi toirt toisich do chàch,  
Is tu nach iarradh àit' ard air an fhéill.

Bha thu a' t' eiseampleir àrd,  
Do na creid'ich a ghnàth,  
Ann am falcal, an gràdh us an céill,  
Cha b'e t' fhasan a d' là,

[TD 309]

A bhi bearradh air càch,  
B' fhada a ghabh e o t' àbhaist 's o d' bheus.

Fhuair thu corp a bha treun,  
S inntinn shoilleir ro ghleusd,  
A rinn tulchuisseach geur thu do ghnàth,  
Nam biodh do bhudadhan s do ghéir,  
Aig neach gun ghliocas d' an réir,  
Bhiodh tu croiseil do 'n Chléir s do 'n Stàid.

Thilg an Sàtan a' d' dhéigh,  
Saighde teinnteach ro gheur,  
N dùil gu milleadh e t' fheum measg do shluagh,  
S dhuisg e bràithrean gu eud,  
Ni a chiùrr thu gu geur,

Ach bha gràs dhuit d'a réir chumail suas.

Fhuair thu drum a bha calm',  
Fo na h-eallaichean garbh,  
Gus an deachaiddh do dhearbhadh gu geur,  
Ann an àmhannaibh dearg,  
Rinn an rìgh teth na fhearg,  
Chionn nach d'thug thu d'a dhealbhsan glòir Dhé,

Thug ort ionnsaidh a Chleir,  
Ann an toiseach do réis,  
N duil gu'n tugt' thu fo ghéill le lagh cruidh,  
S cha deanadh Laideann no Beurl',  
Romhad gàradh gun leum,  
S thug thu àireamh do 'n treud aca uap'.

N uair bha doilleireachd s ceò,  
Còmhdach aghaidh nan slògh,

[TD 310]

S iad gun chùram ach còrdadh ri Cléir,  
Thog thu caismeachd ro chruaidh,  
Gur e sgrios doibh bu dual,  
Mar a teicheadh iad luath gu Mac Dhé.

Chaidh na 'n cabhaig an sluagh,  
Oir bha 'n Gohha ri fuaim,  
Bha na annas na 'n cluasan gu léir,  
S ged' bha naimhdean ro threun,  
Tilgeadh ribe roimh 'cheum,  
Tre 'n cheannard nach géill thug e bhuaidh.

N uair b'e teagastg na Cléir',  
"Bitheadh 'ur dichioll ro threun,  
Gu deagh oibríbh us déircibh gach uair;  
Bithibh siochail r'a chéil',  
Do dhaoin' uaisl' thugaibh géill,  
Gheibh sibh flaitheanas Dhé mar 'ur duais."

Bha luchd nan Colaisdean féin,  
Bha 'g agradh toisich dhoibh fein,  
Ann an seòladh an treud anns gach uair,  
Sa dh' aindeoin Eaglaisean-steidhicht',  
Agus Stìpin na 'n déigh,  
Bha iad gealtach roimh t'eubha gach uair.

Thaobh gu'm b' aithne dhoibh féin,  
Gu 'n robh do bhuidhan ro threun,  
S gu 'n robh 'n fhirinn ro réidh dhuit gach uair;  
Fhuair thu 'n armachd bh' air Pòl,  
Chuireadh crith air am feòil,  
Dh' aindeoin fòghluim us òir, agus uaisl'.

[TD 311]

An uair a chunnaic thu'n treud  
N iomairt-bhàthaidh ro gheur,  
Chuir do chaismeachd na sléibhte gu fuaim,  
Ghlaodh am foirfeach gu treun,  
"Tha Iain Gobha ás a chéill,  
S cha lean neach e ach creutair gun tuairm."

"Dhaoine gòrach gun chéill,  
Thugaibh ùmhlaichd do 'n Chleir,  
S bi'dh am baisteadh dhuibh réidh gach aon uair,  
S bi'dh an t-suipeir dhuibh saor,  
S deagh-ghean Bàilli us Maoir,  
Seasaidh uaislean 'ur taobh anns gach cruas."

Bha cinn-iùil air bheag céill,  
A' deanamh malairt do'n treud,  
A' cosnadh arain doibh féin a' sgrios chàich;  
Is gann bhiodh guth air Uan Dhé,  
A dhoirt fhuil phrìseil gu léir,  
Gu bhi saoradh a threud 'o na bhàs.

Thug Isàiah féin  
Dhuit buill-armachd ro gheur,  
Leis an deanadh tu euchd an cath cruaidh,  
S leis an cuireadh tu ruraig,  
Air do naimhdean mu 'n cuairt,  
Us bhiodh t' iolach ro fhuaimneach na 'n déigh.

Bu tu'n saighdear bha treun,  
Le do chlogad s le d' sgéith  
Agus armachd do Dhé ort mu 'n cuairt,  
S ged bu sgiobalta gleusd',

[TD 312]

Bu bheag t' earbs' asad féin,  
Ni a mhòl thu do'n treud s do 'n mhór-shluagh.

Bha do ghliocas neo-ghnàthaicht',  
Ann an ealainn s an ceàird,  
S ann an nitheannaibh nadurra féin,  
Sa nì bha diomhair air càch,  
Is maith a thuig thu tre ghràs,  
Ged nach tuigeadh ach pàirt uait do sgeul.

N uair a shoillsich o'n àird,  
Air do bhuadhannan àrd,  
Solus soisgeil na slàinte gu léir;  
Bhitheadh tu leughadh gun tàmh,  
Obair freasdail us gràis,  
Agus cruthachaidh nàdurra Dhé.

D' am bheil soluis nan speur,  
Agus talamh le chéil',  
Agus uisgeachan beuchdach a chuain,  
Ghairm guth cumhachdach Dhé,  
Mach á neo-ni gu léir,  
S chum a chumhachd na 'n ceumaibh iad suas.

Fhuair thu eòlas ro àrd,  
Air cumhnant glòrmhor nan gràs,  
Us air innleachd an tearnaidh gu léir,  
Dh' oibrich Iosa 'n ar n-àit',  
Le 'ùmhachd 's le 'bhàs,  
Tre na ghlòraich e ard bhudadhan Dhé.

Ged bha do bhudadhannan àrd,  
Na 'n culaidh-eagail do phàirt,

[TD 313]

A bha n' an éire 's na 'n sàrach do 'n treud,  
Bu tric bha t' earailean gràidh,  
Na 'n iuchair fhosgladh do phàirt,  
A thaobh iomadach càs a bha geur.

Chuir thu fiachan neo-phàight',  
Air do chinneach a' d' là,  
Is tric a sheas thu na pàirt ann sa bheum,  
Bha cuirp us anmannan sluaigh,  
A' cur ort mulaid us truais,  
Ni chuir chuig thu gu cruaidh us gu geur.

Is iomadh osna agus deur,  
A chosd an cunnart dhuit féin,  
N uair a chaidleadh iad féin air a bhruaich,  
S an dream a dhuisg bha iad féin,  
A' cur ort eallaich ad' réis,  
Ach bha taic' dhuit d' a réir chum thu suas.

Bha thu d' thrompaid dh' òr-buailt',  
Bheireadh cinnteach a fuaim,  
Chur na 'n earalas sluagh an àm feum,  
Bu tric fallas o d' ghruaidh,  
Air na raontaichean fuar,  
Far an tionaladh sluagh na d' dhéigh.

Oir bha 'n Eaglais 'san Airc,  
Mar ri Eli do ghnàth,  
Air do spiorad a ghnàth anns gach ceum,  
Bu tric ùrnuighean beò,  
Dol tre 'n tùisear do òr,  
Steach gu cluasaibh Iehòbhah o d' bheul.

[TD 314]

Bha e soilleir do d' shluagh,  
Nach ann o dhaoinibh a fhuair  
Thu an soisgeul a luaidh thu ri càch,  
B'e Commentary Phàil,  
Sheas do chreideas a' d' là,  
S cha be Scott, s cha be Hooker, no Pool.

Ge do thainig ort bàs,  
Chuir do bhilean na 'n tàmh,  
Sa thug fois duit o t' àmgharaibh geur,  
Tha thu labhairt do ghnàth,  
Ri do shluagh ann sna Dàin,  
S ris na truaghain rinn tàir air do sgeul.

Tha do Chéile fo thuirs',  
O na chaidh ort an ùir,  
Leam cha 'n annas a chùis ud gu dearbh,  
Chaill i Céile bha suairc'  
Sa bha dleasail gach uair,  
Gus an deach thu fo fhuar lic an éig.

Ged dh' fhàg thu dilleachdain mhaoth,  
A' d' dheigh gun airgead gun mhaoin,  
Bi'dh an gealladh d'an taobh daingean buan,  
"Fàg iad ormsa gu léir,  
S cumam suas iad na 'm feum,  
Agus bantraich le chéil fad an cuairt."

Bha do chreidimh do ghnàth,  
Ann an geallaibh a ghràis,  
A chum taic riut a'd' amhgharaibh geur,  
S fhuair thu null air an àth',

[TD 315]

Air do tharrain le nàmh,  
Tha fo chìs aig do bhràthair thug buaidh.

S fhuair thu seilbh air a chrùn,  
Chaoiadh nach caochail s nach mùth,  
Chrionchaich creidimh us dùil an làn sheilbh,  
Air an t-sonas bhith-bhuan,  
Tha 'sna flaitheanais shuas,  
Mar ri Ios' Ard-Bhuachaill' an treud.

[TD 316]

CLIÙ IAIN GHOBHA  
LE  
NIALL MOIREASTON, CLEIT-NA-DUBHCHA

I.  
BHO 'n is fear-fòghluim mi air a cheàird-sa  
Luchd brithimh Gàidhlig na tugaibh beum

Air cainnt mhi-fhiùghmhor neo-dhìreach lùbte  
Nach gabh dhomh dlùthadh no cur na chéil:  
Cha b' e cion dùrachd a thigeadh rium-sa  
N àm seinn a chliù-san nam biodh air éis  
Ach inntinn nàdmhorach us easbhuidh gràis oirr  
Gu 'n teid i ceàrr ann an cluith nan teud.

II.

S mo bhilean gràineil neo-thimchioll gheàirrte  
Gu faic sibh dàna dhomh bhi ri cainnt  
Air cliù na fianuis a dh' fhalbh o 'n fhion-lios  
Bu chliùiteach gniomhach am miosg nan crann;  
Bha eagal diadhaidh as deigh a lionadh  
Gu 'm biodh a chrònachd n' ar miosg neo-ghann  
Bu tric e 'g ùrnuigh 'dol ann an cùmhnant  
Airson ar \*cùmhnad aig cathair gràis.

\* = caomhnadh.

[TD 317]

III.

An ceistear cliùiteach bu mhór luchd ionndrainn  
A tha mi 'g iomradh air na mo dhàn  
Bu lionmhor sùil bha gu silteach srùlach  
An àm do dhùnad 's a' chiste chlàr;  
Bu lòchran iùil thu da dhuill gun sùilean  
Bhiodh gun tùr air a ghniomh a b' fheàrr  
A' ruith gu dìreach fo 'n t-slighe mhìlltich  
A dion nam mìltéan o dhìol a bhàis.

IV.

S o thog thu 'n aidmheil bu lòchran laist thu  
Nach cuireadh fras ás la doinionn gheur;  
Cho fad s a dh' fhan thu cha 'n fhacas smal ort  
Ach daonnan laist ann an ruith na réis:  
A' dol troimh 'n fhàsach gun eagal nàmhuid  
Ach spionnadh gràis ga do chumail treun,  
S tu ruith gu buaidheach gun easbhuidh luathais ort  
Gu 'n d' fhuair thu 'n duais a th' aig pobull Dhé.

V.

Bu dileas dùrachdach dha do ghairm thu  
Cha b' ionnan s fairnealaich nan ceann ard  
Nach b' urrainn cainnt ach gu mabach manntach  
Le raige teanga s an ceann cho làn:  
G iarraidh cus storas dha 'n inntinn fheòlmhor  
S i ciocrach, neò-ghanlan s an taic a ghnàth  
Air stéidheadh aotrum bhios dhaibh na 'fhaoineis  
Aig là an caochlaidh nur thig am bàs.

[TD 318]

VI.

Is ann ort a b' fhuathach luchd féin na h-uaille  
Bha 'g iarraidh suas gun dhol dha na chrò,  
Am miosg nan caorach le 'n eàrradh sgaoilte  
S gu fainichte an gaoid air gach taobh dhe 'n chleòc;  
Bu tric thu dearbhadh orr' ga bu shearbh leo e  
Gu 'm biodh tearbadh ann la a mhòid;  
Cuid gu oighreachd s am bitheadh an t-aoibhneas  
Cuid eil' dha 'n ghoinntir s am bitheadh am bròn.

VII.

Bha thu ainmeil s gach ceàrn an Alba  
Mar ghaisgeach calma le d' chlaidheamh geur  
Air taobh na còrach a' sgrios luchd dù-bheairt  
Bu tric thu còmhrag ri luchd mi-bheus:  
Bhiodh feachd na h-euceairt a' crith fo d' éisneachd,  
An coguis fhéin s i ga 'm bioradh cruaidh  
Bhiodh fallus drùidh teach a' sileadh dlùth dhiot  
Le spàирн 'to'airt cùnnntais dhoibh air an Uan.

VIII.

Bha tlachd us ciatachd le aoidh na diadhachd  
A' dearrsadh sgiamhach na d' aghaidh chiùin  
S bhiodh peacaich gharbha bu ghairge seanachas  
Le ùmhachd leanabail a' tighinn dhut dlùth;  
Gur tu bha eudhor air-son an treuda,  
Bhiodh faire gheur agad air an cùl,  
Bu tric thu 'g éigeach an cluas luchd éisdeachd  
A chungaидh fheumail a dheanadh cùis.

[TD 319]

IX.

B' e beatha d' àraich a h-uile Sàbaid  
Bhi 'g innseadh chàch gu 'n robh 'n t-slighe réidh  
Gu geat an àrois am faight' an t-slàinte  
O 'n chraoibh 'tha fàs ann le meas nach tréig:  
Fo dhuilleach àghmhòr gu 'm faughte sàmhchar  
O dhoinionn cràiteach s o àmhghar gheur,  
O ruaig an nàmhaid bh' air-son an tàrsuinn  
Le innleachd bàsmhor mar chreach dha féin.

X.

Do 'n osna 'dhùsgadh o 'n chridhe bhrùideil  
Air bheagan càrambu bheag do spéis,  
O chaidh ol-ungaïdh 'chur air do shùilean  
S nach togta cliù leat air luchd mi-bheus;  
O 'n bha thu èòlach mu 'n t-sionnach lùbach  
A chuir a chùl riut fo d' armachd gheur  
Bha 'n garaidh uaigneach ri d' linn 'san dùthaich,  
S o 'n dh' fhalbh thu dhùisg e ri spùill da féin.

XI.

Bha t'eagal diadhaidh to'airt air na mìltean

Air feadh nan sgìre gu 'n robh iad balbh,  
Mar an pheùcag an gath na gréine  
Le itean eugsamhuil nan iomadh dealbh;  
Oir bha thu ungte s do fhradharc dùbailt  
Ag gabhail dlù-bheachd air sligh an ceum  
S ged thigeadh Iudas le 'phòig a d' ionnsuidh  
Gum b' shuarach thu air droch rùn a mhèinn.

[TD 320]

XII.

Bu lìonmhòr bacach bha 'deigh a bhacail  
Le ainneart peacaidh do chum gu 'n tréigt',  
A bha thu seòladh gu Loch Shiloaim  
A chum an comhlachadh aig an Léigh;  
Leis an fhìrinn bu tric thu dearbhadh dhaibh  
Mar grad fhalbh iad gu 'n teid iad eug,  
Fo phlaigh na loibhre an là na féirge  
S nach beireadh tionchds' orr' a dhianamh feum.

XIII.

An àm dhut éirigh 's a choinnimh ùrnuigh,  
An sluagh a' dùmhachadh ort mu 'n cuairt,  
Bu chridhe cruaidh agus inntinn bhrùideil  
Nach dianamh lùbadh le d' ghuth san uair:  
Bu ghaisgeach treun thu gu innseadh sgeul dhoibh  
Mu chliù na h-éifeachd bha 'm fuil an Uain  
S air damanadh siorruidh nan gobhair fhiadhaich  
Air sgeiribh giara dol sios do 'n chuan.

XIV.

Thainig dorchadas air a cheàrn seo  
Le mùchadh bàsmhor o 'n rinn thu triall  
Do thìr Emàinueil am miosg do bhràithrean  
S tu 'dianamh gàirdeachas ann an Dìa;  
Chum ar tearnadh o chumhachd nàmhuid  
S o phìan na h-àmhuinn tha loisgeach dian,  
Bheir air na h-uamharraich gu loisgear suas iad  
Mar an asbhuaine nur thig a chrìoch.

[TD 321]

XV.

Aig là do chriochnachaidh fhuair thu t'iarratus  
Mar bu mhiann leat taobh thall a bhàis,  
Gach geallasadh fhuair thu 'n tubh bhos dha 'n uaighe  
Chaidh dhianamh suas dhut gu daingean slàn;  
Gath a bhàis chaidh a dhianamh ciùin dhut  
S an uaigh cha chum i thu fada sàs,  
Gu 'n dian thu dusgadh le glaodh na trompaid  
Roimh 'n crith gach dùil a chaidh ann san làr.

XVI.

Thainig Gàbriel o na h-àrdaibh

Us àithne làidir aic air do thòir,  
Thubhairt riut gu 'm b' fheàrr dhut thu rìoghachd àghmhor,  
Nach goid na mearlaich a steach na d' chòir;  
Fhuair thu 'n dileab s a chulaidh rìoghail  
S ainm an Rìgh oírr' gun smal gun sgleò,  
Cho buan ri sìorruidheachd a tha neo-chriochnach,  
Us t'aoibhneas sìorruidh nach crìoch a ghlòir.

[TD 322]

[Blank]

[TD 323]

<eng>LOAN WORDS.

LATIN.

<gai>Abharsair,<eng> adversarius  
<gai>Abstol,<eng> apostolus  
<gai>Achd,<eng> actum  
<gai>Achdair,<eng> anchora  
<gai>Adhaltras,<eng> adulter  
<gai>Aingeal,<eng> angelus  
<gai>Almsadh,<eng> eleemosyna (Gr.)  
<gai>Altair,<eng> altäre  
<gai>Annait,<eng> antitas, -atis (Stokes)  
<gai>Argumaid,<eng> argumentum  
<gai>Arm,<eng> arma  
<gai>Armailt,<eng> armamenta (?)  
<gai>Bach-thinneas,<eng> bacchus  
<gai>Bagaid,<eng> bacca  
<gai>Baisteadh,<eng> baptizo  
<gai>Beannachd,<eng> benedictio  
<gai>Béist,<eng> bestia  
<gai>Biobul,<eng> biblia  
<gai>Blasbheum,<eng> blasphemia  
<gai>Buabhal,<eng> bubalus  
<gai>Burgaid,<eng> purgatio  
<gai>Cainb,<eng> cannabis  
<gai>Cairt,<eng> charta  
<gai>Cairteal,<eng> quartellus  
<gai>Càisg,<eng> pascha  
<gai>Caisteal,<eng> castellum  
<gai>Càs,<eng> cāsus  
<gai>Cathair,<eng> cathedra  
<gai>Ceall,<eng> cella  
<gai>Ceist,<eng> quæstio  
<gai>Cìs,<eng> census  
<gai>Ciste,<eng> cista  
<gai>Clann,<eng> planta  
<gai>Cléir,<eng> clérus  
<gai>Coinneal,<eng> candela  
<gai>Coisrig,<eng> consecrare

<gai>Communn,<eng> communio  
<gai>Corcur,<eng> purpura  
<gai>Corp,<eng> corpus  
<gai>Créud,<eng> crēdo  
<gai>Créutair,<eng> creatura  
<gai>Crùn,<eng> corona  
<gai>Cùbaid,<eng> pulpitum  
<gai>Cùis,<eng> causa  
<gai>Cùp,<eng> cūpa  
<gai>Cùram,<eng> cūra  
<gai>Damnadh,<eng> damnatio  
<gai>Deachdadadh,<eng> dictatio  
<gai>Deamhan,<eng> daemon  
<gai>Deisciobul,<eng> discipulus  
<gai>Diabhol,<eng> diabolus  
<gai>Diospad,<eng> disputāre  
<gai>Dràgon,<eng> draco, ḍonis  
<gai>Eaglais,<eng> ecclēsia  
<gai>Easbuig,<eng> episcopus  
